 indefinitely alone and also with some of the above words

## PREPOSITIONAL PRONOUNS.

	<i>mi</i>	<i>tu</i>	<i>e</i>	<i>i</i>
aig } <i>at</i> . . .	agam	agad	aige	aice
ag } <i>pl.</i> againn	againn	agaibh*	aca*	
air, } <i>on</i> . . .	orn	ort	air	oirre
(for) } <i>pl.</i> óirnn	óirnn	oirbh	orra	
ann, <i>in</i> . . .	annam	annad	ann	innte
	<i>pl.</i> annainn	annaibh	annta	
as } <i>out of</i> . . .	asam	asad	as	aiste
a } <i>pl.</i> asainn	asainn	asaibh	asta	
bho } <i>from</i> . . .	bhuam	(bh)uat, (bh)uait	(bh)uait	(bh)uaipe
o } <i>pl.</i> (bh)uainn	(bh)uainn	(bh)uaibh	(bh)uapa	
de, <i>of, off</i> . . .	diom	diot	deth	di, dith
	<i>pl.</i> dínn	dibh	díbh	
do, <i>to</i> . . .	domh	duit, duit	da	di
	<i>pl.</i> dúnn	duibh	doibh	
eadar, <i>between</i> <i>pl.</i> eadarainn	eadarainn	eadaribh	eatorra	
fo, <i>under</i> . . .	fo than	fo thad	fodha	foipe
	<i>pl.</i> fodhainn	fodhaibh	fopa	
gu, <i>to</i> . . .	thugam	thugad	thuige	thuice
	<i>pl.</i> thugainn	thugaibh	thuca	
le, <i>with</i> . . .	leam	leat	leis	leatha
	<i>pl.</i> leinn	leibh	leó	
mu } <i>about</i> . . .	umam	umad	uime	uimpe
(um) } <i>pl.</i> umainn	umainn	umaibh	umpa	
ri, <i>to</i> . . .	rium	riut	ris	rithe
	<i>pl.</i> ruinn, rinn	ribh	riutha, riú	
roimh, <i>before</i> . . .	romham	romhad	roimbe	roimpe
	<i>pl.</i> romhainn	romhaibh	rompa	
thar, <i>over</i> . . .	tharam	tharad	thairis air	thairte
	<i>pl.</i> tharainn	tharaibh	tharta	
troimh, <i>through</i> <i>pl.</i> tromham	tromham	tromhad	troimhe	troimpe
	<i>pl.</i> tromhainn	tromhaibh	trompa	

\* Used also for *of us*.

	<i>mi</i>	<i>tu</i>	<i>e</i>	<i>i</i>
<i>Emphatic forms</i>	agam-sa	agad-sa	aige-san	aice-se
	pl. againn-ne	agaibh-se	aca-san	

## PREPOSITIONAL POSSESSIVES.

	<i>mo</i>	<i>do</i>	<i>a</i>	<i>ar</i>	<i>blur</i>	<i>an, am</i>
Aig, ag, at	'gam	'gad	'ga	'gar	'gur	'gan, 'gam
Ann, na, in	am	ad	'na	'nar	'nur	'nan, 'nam
Gu, to	gu m'	gu d'	g'a	g'ar	g'ur	g'an, g'am

## THE VERB.

The Gaelic verb has Voice, Mood, Tense, Number and Person. It differs from the English and Classical verbs in not having participles active, and in having two forms of the Ind. and Subj. moods, one used when the verb is or can be the very first word in the sentence, and the other when the verb comes after a particle, such as the interrogative particle *an* (*am*) and its negative *nach*, the negative *cha*, and the conjunctions *gun*, *nach*, *mu'n*, *mur*, and *na'n*. The form used after these particles is called the Dependent Form; the other is called the Absolute Form. For instance, *Buailidh mi*, I shall strike, becomes, when in the Dependent Form, *Am buail mi?* Shall I strike?

The Gaelic Infinitive is also peculiar: it is an abstract noun variously formed by the abstract suffixes *-adh*, *-chd*, *-t*, *-nn*, &c.

## THE VERB "TO BE."

Besides the Absolute and Dependent Forms, the verb "to be" has also an Assertive or Emphatic Form, viz., *is*, *as*, *Is gòrach thu* = 'Tis foolish you are: *is mi a rinn e* = it was I who did it

## INDICATIVE MOOD.

	<i>Absolute.</i>	<i>Dependent.</i>	<i>Assertive.</i>
<i>Pres.</i> 1, 2, 3	tha mi, thu, &c.	bheil (* - a for am, gu for gun)	is mi, tu, &c.
		beil (- am)	
		'eil (- nach, mur, chan)	Rel.as (a's), is or's
			<i>Dept. nil</i> (Am mi Cha mhi)
<i>Fut.</i> 1, 2, 3	bithidh or bidh mi, tu, e, &c.	bi bhi (- cha)	
<i>Past</i>	<i>Rel.</i> bhitheas or bhios bha mi, thu, &c.	robh mi, thu, &c.	bu mhi, tu, sinn, sibh b' e, b' i b' iad ( <i>aspirating nouns and adjectives</i> )

\* The sign - means after.



## SUBJUNCTIVE MOOD

<i>Absolute</i>	<i>Dependent</i>
(and after <i>cha</i> and rel. <i>a</i> ).	(after <i>am, nach, na'm, mur</i> )
1 bhithim, <i>I would be</i>	bithim
2 bhitheadh or bhiodh tu	bitheadh or biodh tu
3 bhitheadh or bhiodh e, i	bitheadh or biodh e, i
1 bhitheamaid or bhiomaid	bitheamaid or biomaid
2 bhitheadh or bhiodh sibh	bitheadh or biodh sibh
3 bhitheadh or bhiodh iad	bitheadh or biodh iad

## IMPERATIVE MOOD.

<i>Singular.</i>	<i>Plural.</i>
1 bitheam, <i>let me be</i>	bitheamaid
2 bi, <i>be</i>	bithibh or bioibh
3 bitheadh, biodh e, i, <i>let him be</i>	bitheadh, biodh iad

*Infinitive*—bith, *being*; a bhith, *to be*.

The verb "to be" has the impersonal forms *thàtar* (*thàthar*) and *beiltear*, there is; *bitear* (*bithear*), there will be, let there be; and *bhàtar* (*bhàthar*) and *robhar*, there was.

## CONJUGATION.

To conjugate a Gaelic verb the parts to be given are the imperative, fut. and past indicative, and the infinitive. With the regular verbs the imperative and infinitive are sufficient.

There are two conjugations—the Consonant Conjugation, where the verb begins with any consonant save *f*; the Vowel Conjugation, where the verb begins with a vowel or with *f*.

## CONSONANT CONJUGATION.

buail, *strike*.

## ACTIVE VOICE.

*Indicative*

	<i>Absolute.</i>	<i>Dependent.</i>
<i>Future</i>	1, 2, 3 buailidh mi, tu, &c.	buail mi, thu, &c.
	<i>Rel.</i> bhuaileas mi, tu, &c.	bhuail (- <i>cha</i> )
<i>Past</i>	1, 2, 3 bhuail mi, thu, &c.	do bhuail

*Subjunctive.*

	<i>Absolute</i>	<i>Dependent.</i>
	(and after <i>cha</i> and rel. <i>a</i> ).	
<i>Sing.</i>	1 bhuailim, <i>I would strike</i>	1 buailim, <i>I should strike</i>
	2, 3 bhuaileadh tu, e, i	2, 3 buaileadh

<i>Pl.</i>	1 bhuaileamaid	1 buaileamaid
	2, 3 bhuaileadh sibh, iad	2, 3 buaileadh

*Imperative.*

1 buaileam, <i>let me strike</i>	buaileamaid, <i>let us strike</i>
2 buail, <i>strike</i>	buailibh, <i>strike ye</i>
3 buaileadh e, <i>let him strike</i>	buaileadh iad, <i>let them strike</i>

*Infinitive* —bualadh, *striking* : a bhualadh, *to strike* :  
a' bualadh, *a-striking*.

## PASSIVE VOICE.

*Indicative.**Absolute.**Dependent.*

<i>Future</i>	1, 2, 3 buailear mi, thu, &c.	buailear mi, &c. bhuailear (— <i>cha</i> and <i>rel. a</i> ).
<i>Past</i>	1, 2, 3 bhuaileadh mi, thu, &c.	do bhuaileadh mi, &c.

*Subjunctive.*

<i>Absolute</i>	1, 2, 3 bhuailteadh mi, thu, &c.— <i>I would be struck.</i> and after <i>cha, a</i>
<i>Dependent</i>	1, 2, 3 buailteadh mi, thu, &c.— <i>I should be struck.</i>

*Imperative.*

1, 2, 3 buailtear mi, thu, &c.—*let me be struck, be thou struck,*  
*let him, &c.*

*Participle*—buailte, *struck*.

VOWEL CONJUGATION.—òl, *drink*. fàg, *leave*.

## ACTIVE VOICE.

*Indicative.*

<i>Fut. Absolute</i>	1, 2, 3 òlaidh mi &c.	fàgaidh mi, &c.
	<i>Rel.</i> dh' òlas mi, &c.	dh' fhàgas mi, &c.
<i>Dependent</i>	1, 2, 3 òl mi, &c.	fàg mi, &c. ( <i>but chan fhàg mi, &amp;c.</i> )
<i>Past Absolute</i>	1, 2, 3 dh' òl mi, &c.	dh' fhàg mi, &c.
<i>Dependent</i>	1, 2, 3 d' òl mi, &c.	d' fhàg mi, &c.

*Subjunctive.*

<i>Absolute</i>	1 dh' òlainn	dh' fhàgainn
	2, 3 dh' òladh tu, &c.	dh' fhàgadh tu, &c.
<i>Dependent</i>	1 òlainn	fàgainn
	2, 3 òladh tu, &c.	fàgadh tu ( <i>but chan fhàgainn, &amp;c.</i> )

*Imperative.*

<i>Sing.</i>	<i>Pl.</i>	<i>Sing.</i>	<i>Pl.</i>
1 òlam	òlamaid	1 fàgam	fàgamaid
2 òl	òlaibh	2 fàg	fàgaibh
3 òladh e, i	òladh iad	3 fàgadh e	fàgadh iad

*Infinitive*—òl, *drinking*; a dh' òl, *to drink*; ag òl, *a-drinking*; fàgail, *leaving*; a dh' fhàgail, *to leave*; a' fàgail, *a-leaving*.

## PASSIVE VOICE.

*Indicative.*

<i>Future</i> 1, 2, 3 òlar mi, &c.	fàgar mi, &c. ( <i>but chan fhàgar mi</i> )
<i>Past</i> 1, 2, 3 dh' òladh mi, &c.	dh' fhàgadh mi, &c.
<i>Dependent</i> d' òladh mi, &c.	d' fhàgadh mi, &c.

*Subjunctive.*

<i>Absolute</i> 1, 2, 3 dh' òlteadh mi, thu, e	dh' fhàgteadh mi, thu, e
<i>Dependent</i> 1, 2, 3 òlteadh mi, thu, e	fàgteadh mi, thu, e ( <i>but chan fhàgteadh, &amp;c.</i> )
<i>Imperative</i> —1, 2, 3 òlar mi, &c.	fàgar mi, &c.
<i>Participle</i> —òlte, <i>drunk</i>	fàgte, <i>left</i>

## PERIPHRASTIC TENSES.

By the use of the verb “to be” and the inf. with prepositions (*a', ag, at, and air, after, on*), at least as complete a staff of tenses can be formed as in English.

*Indicative Active.*

Pres. Progressive :	am striking = Tha mi a' bualadh, <i>i.e.</i> , I am at striking.
.. Perfect :	I have struck = Tha mi air bualadh, <i>i.e.</i> , I am after striking.
.. Perfect Continuous :	I have been striking = Tha mi air bhith a' bualadh, <i>i.e.</i> , I am after being striking.
Fut. Indefinite :	I shall strike = Buailidh mi.
.. Progressive :	I shall be striking = Bithidh mi a' bualadh
.. Perfect :	I shall have struck = Bithidh mi air bualadh.
.. Perfect Continuous :	I shall have been striking = Bithidh mi air bhith a' bualadh.
Past Indefinite :	I struck = Bhuail mi.
.. Progressive :	I was striking = Bha mi a' bualadh.
.. Perfect :	I had struck = Bha mi air bualadh.
.. Perfect Continuous :	I had been striking = Bha mi air bhith a' bualadh.

## Indicative Passive.

Pres. Definite : I am struck — Tha mi buailte.

„ Progressive : I am being struck = Thàtar 'gam bhualadh.

„ Perfect : I have been struck = Tha mi air mo bhualadh.

Fut. Indefinite : I shall be struck — Buaillear mi. Bithidh mi buailte.

„ Perfect : I shall have been struck = Bithidh mi air mo bhualadh.

Past Indefinite : I was struck = Bhuailleadh mi. Bha mi buailte.

„ Perfect : I had been struck = Bha mi air mo bhualadh.

Another method of expressing the passive in Gaelic is by the use of the verb “to go”—*thèid* and *chaidh*. The future in this case is *Thèid mo bhualadh* (lit. “My striking shall go, i.e., occur) and the past is *Chaidh mo bhualadh*.

## IRREGULAR VERBS.

ACTIVE VOICE.		INDICATIVE.		SUBJUNCTIVE.	IMPERATIVE.	INFINITIVE
		Future.	Past.			
<i>Bear</i>	<i>Abs.</i>	beiridh	rug	bheirinn	beir	beirsinn breith
	<i>Rel.</i>	bheireas				
	<i>Dept.</i>	beir, bheir	d' rug	beirinn	1 abram	ràdh
2 <i>Say</i>	<i>Abs.</i>	their	thubhairt thuirt	theirinn	2 abair	
	<i>Dept.</i>	abair	d' thubhairt	abrainn	3 abradh	
	<i>Abs.</i>	bheir	thug	bheirinn	1 thugam	tabhairt
	<i>Dept.</i>	toir	d' thug	toirinn	2 thoir	toirt
		tabhair		tugainn	3 thugadh	
4 <i>Come</i>	<i>Abs.</i>	thig	thainig	thiginn	thig	tighinn
	<i>Dept.</i>	tig	d' thainig	tiginn		teachd
5 <i>Go</i>	<i>Abs.</i>	thoid	chaidh	rachainn	rach	dol
	<i>Dept.</i>	teid	deach(aidh)	„		
	<i>Rel.</i>	ruigidh	ràinig, ruig	ruiginn	ruig	ruigsinn ruigeachd
	<i>Dept.</i>	ruig	d' ràinig	„		
7 <i>Hear</i>	<i>Abs.</i>	chluinnidh	chuala	chluinninn	chluinn	chluinntinn
	<i>Rel.</i>	chluinneas				
	<i>Dept.</i>	chluinn	cuala	chluinninn		
8 <i>See</i>	<i>Abs.</i>	chì	chunnaig	chithinn	faic	faicinn
	<i>Dept.</i>	faic	faca	faicinn		
9 <i>Do</i>	<i>Abs.</i>	m	rinn	dheanainn	dean	deanamh
	<i>Dept.</i>	déan	d' rinn	déanainn		
10 <i>Get</i>	<i>Abs.</i>	gheabh	fhuaire	gheabhainn	faigh	faighinn
	<i>Dept.</i>	faigh	d' fhuaire	faighinn		faotainn
PASSIVE VOICE.						PARTICIPLE
1 <i>Bear</i>		bheirear	rugadh	bheirteadh	bheirear	beirte
2 <i>Say</i>		theirear	thuirteadh	theirteadh	abrar	
	<i>Dept.</i>	abrar	d' thuirteadh	abairteadh		
3 <i>Give</i>		bheirear	thugadh	bheirteadh	thoirear	tugte
	<i>Dept.</i>	toirear	d' thugadh	toirteadh	thugar	
				tugteadh		
4 <i>Com</i>		thigear	thàineas	thigteadh	thigear	
5 <i>Go</i>		théidear	chaidheas	rachteadh	rachar	
	<i>Dept.</i>	teidear	deachas	rachteadh		
6 <i>Reach</i>		ruigear	ràineadh	ruigteadh	ruigear	ruigte
7 <i>Hear</i>		chluinnear	chualas	chluinnteadh	chluinntear	chluinnte
8 <i>See</i>	<i>Abs.</i>	chithear	chunnacas	chitheadh	faicear	faicte
		chitear	chunnacadh		faictear	
	<i>Dept.</i>	faicear	facas, facadh	faicteadh		
9 <i>Do</i>	<i>Abs.</i>	nithear	rinneadh	dheanteadh	déantar	déante
	<i>Dept.</i>	déantar	d' rinneadh	déanteadh	(déantar)	
10 <i>Get</i>	<i>Abs.</i>	gheabhar	fhuaradh	gheabhtheadh	faighear	faighte
	<i>Dept.</i>	faighear	d' fhuaradh	faighteadh		

## SEMI-AUXILIARIES.

The verbs corresponding to Eng. *may*, *must*, and *can* are *faodaidh*, *feumaidh*, *imiridh*, and *is eudar* or *jheudar*, and *is urrainn* (*domh*) ; dependent forms—*faod*, *feum*, and *urrainn*. Past tense—*dh' fhaodadh*, *dh' fheumadh*, and *b' urrainn*, with dept. forms for the first two—*faodadh* and *feumadh*, is the same as the subjunctive *dh' fhaodainn*, *dh' fheumainn*, and *b' urrainn* (*domh*). Thus—I may stand = *faodaidh mi seasamh*, where *seasamh* is the inf.

Defective verbs are *arsa*, quoth, as *ars' iad* = said they ; *theab*, had almost, *theab mi tuiteam* = I almost fell ; *feuch*, behold ! *siuthad*, proceed thou ; *tiugainn*, come thou ; *trobhad*, come hither ; *thugad*, get out !

## THE ADVERB.

Adverbs are formed from adjectives by prefixing *gu*, which has *h-* before a vowel, as, *gu math*, well ; *gu fìor*, truly ; *gu h-àrd*, highly, above.

The words *ro*, *glé*, and *fìor* qualify adjectives and denote a high degree of quality. *Cho*, with *ri* or *agus* as correlative, is equal to Eng. *as . . . as* : *cho luath ri cù*, as fast as a dog ; *cho luath agus* = as soon as. *Idir* and sometimes *ann* mean "at all."

## TIME.

<i>cheana</i> , already	<i>roimhe</i> , before
<i>fhathast</i> , fòs, yet	<i>riamh</i> , ever
<i>chaidh</i> , ever	<i>daonnan</i> , always

Phrases :—*a nis*, now ; *an dràsta*, just now ; *a rithist*, again ; *an diugh*, to-day ; *an dé*, yesterday ; *am màireach*, to-morrow ; *an earar*, the day after to-morrow ; *an eararais*, the second day after to-morrow ; *an nochd*, to-night ; *an raoir*, last night ; *an uraidh*, last year ; *am feasda* and *gu bràth*, for ever.

*Pronominal Adverb*: *cuin*, when.

PLACE.—*Pronominal* are *ann*, there ; *an so*, here, hither ; *an sin*, there ; *an sud*, yonder ; *a so*, &c., from here ; *as*, out.

<i>Rest.</i>	<i>Motion to.</i>	<i>Motion from.</i>
<i>shìos</i> , below	<i>a sìos</i> , down	<i>a nìos</i> , from below
<i>shuas</i> , above	<i>a suas</i> , up	<i>a nuas</i> , from above
<i>thall</i> , over	<i>a null</i> , nunn, over	<i>a nall</i> , from over
<i>a stigh</i> , inside	<i>a steach</i> , into	
<i>a muigh</i> , outside	<i>a mach</i> , out	
<i>uthard</i> , up	<i>an àird</i> , up	
<i>a bhos</i> , on this side	<i>a bhàn</i> , down	

NEGATIVES AND VERBAL PARTICLES.—*Cha* (*chan* or *cha'n* before a vowel), not ; *nach* asks a question negatively, *an*, *am*, *a'*, positively.

## PREPOSIT ON.

The Primary Prepositions are :—

aig, <i>at</i>	caular, <i>between</i>	ri, ris, <i>to</i>
air, <i>on</i>	fo, <i>under</i>	roimb, <i>before</i>
an, anns, } <i>in</i>	gu, gus, <i>to</i>	seach, <i>past</i>
ann an }	gun, <i>without</i>	thar, <i>across</i>
a, as, <i>out of</i>	le, leis, <i>with</i>	thun, <i>to</i>
bho, o, <i>from</i>	mar, <i>like</i>	trid, <i>through</i>
de, <i>of</i>	mu, <i>abo t</i>	troimh, tre, <i>through</i>
do, a, a dh', <i>to</i>	re, <i>during</i>	

These take the dat. case, with the following exceptions—*eadar*, *seach*, and *thar*, govern the accusative, i.e., the nom. case ; *gus* and *mar* similarly take the nom. of nouns definite (with the article or a genitive), as *gus a' chrìoch* ; *thar*, in the Southern dialects, and *thun* and *trid* govern the genitive.

The most important Compound Prepositions are :—

a chum, chum, <i>for the purpose of</i>	an aghaidh, <i>against</i>
a dh' ionnsaidh, <i>to, towards</i>	an ceann, <i>at the end of, among</i>
a réir, <i>according to</i>	an coinne, <i>to meet</i>
(a) bhàrr, <i>off</i>	mar ri, <i>with</i>
an déidh, <i>after</i>	mu choinne, <i>opposite</i>
air beulaibh, beul, <i>in front of</i>	mu dhéidhinn, <i>concerning</i>
air cùlaibh cùl, <i>behind</i>	mu thimcheall, timcheall, <i>about</i>
fad, <i>throughout</i>	mu 'n cuairt, <i>around</i>
air feadh, feadh, <i>amongst</i>	os cionn, <i>above</i>
air son, <i>on account of</i>	o chionn, <i>since</i>
am measg, <i>among</i>	

The above preps. except *mar ri* govern the genitive, which depends on the noun or adjective in the phrase.

## CONJUNCTION.

I. CO-ORDINATING :—

- (1) Cumulative : *agus*, *is*, *'s*, and.
- (2) Adversative : *ach*, but ; *gidheadh*, however.
- (3) Alternative : *no*, or ; *air neo*, otherwise.
- (4) Explanatory : *oir*, for.

## II. SUBORDINATING :—

## (1) Substantival :

a. Of Statement : *gu, gun (gum)*, that ; *gur, that*  
(with adj., nouns and pron.) ; *nach, that...not.*

b. Of Interrogation : *an, if, whether.*

## (2) Adverbial :

a. Time and Place : *nuair (an uair a)*, when ; *dar,*  
(= *do-uair*), when ; *mu'n* or *mus*, before ; *gus*  
*an*, until ; *far an (am)*, where

b. Condition : *ma, if* ; *mur*, unless ; *na'n*, if (false  
supposition) ; *ged*, though (= *ciod*, with same  
verbal dependence).

c. Reason : *o'n* since ; also *a chionn gu (gun, gum)*, *a*  
*thaobh gu (gun, gum)* ; so *bhrìgh, los.*

d. Comparison : *mar, as* ; *na, than.*





# GAELIC READER.

## PROSE.

### I.

#### DARA LITIR FHIONNLAIGH PHIOBAIRE G' A MHNAOI.

A MHAIRI, EUDAIL NAM BAN,—Gheall mi sgrìobhadh ad ionnsuidh, agus da-rìreadh is faochadh do 'm chridhe conaltradh beag a bhith agam riut. Chan 'eil thu fhéin no na pàisdean tiota as mo chuimhne. Am chadal no 'm fhair-eachadh tha sibh fa chomhair mo shùl agus ann am beachd m' inntinn. Is taitneach leam uaigneas gu bhith smaointeach' oirbh. Is minig a ghoideas mi mach san annoch, gu bruach an uillt, a tha dlùth do 'n àite sa' bheil mi, chum conaltradh dìomhair a chumail ribh: saoilidh mi gur e torman an uillt againn fhéin a th' ann, agus ceileireadh nan eun buchallach a dh' fhàg mi as mo dhéidh. Fhuair mi o cheann oidhche no dhà, bàta beig seileisteir a' snàma san linne, 's ge faoin e r'a ràdh, shìl mo dheòir, oir thug i mo lurachan gaolach, Lachann beag, am chuimhne. A Mhàiri, a ghràidh, ma dheònaicheas am Freasdal dhomh-sa dol dachaidh, cha bhi e soirbh mo chur a rithist o'n tigh. Tha mi taingeil nach d' thàinig móran riamh eadarainn, oir is gann gu bheil facal crosta no ath-ghoirid a labhair mi riut nach 'eil a tighinn gu m' chuimhne; 's chan 'eil e am chomas am fuadach; ach thoir thusa, eudail, maitheanas domh.

Bha mi seachdain ann an Glascho mu'n d' fhuair mi cosnadh. Chunnaic mi Rìgh Uilleam 's an t-Each Odhar—an Eaglais Mhór, an T'gh-eiridinn, 's am Prìosan. Chunnaic mi iad a' snìomh an tombaca 's a' chotain—a' deanamh nan gloineachan: chunnaic mi beairtean a' figheadh leo fhéin, 's a' falbh cho ciallach 's ged a bhiodh Iain Figheadair e

fhéin aig ceann gach snàthainn. Stad thus', a Mhairi 's mur toir mise dhuitse naidheachd, ma tha 'n dàn domh dal dachaidh. Bha mi ann an tighean móran d'ar luchd-dùthcha, agus b' iad sin, am bitheantas, na frògan dorcha as nach facas riamh guùis na gréine, cha b' ionann 's mo bhòthan bòidheach. A Mhàiri, a rùin, biomaid taingeil; cha b' i 'n fhaoineis a chuireadh do 'n bhaile mhór mi; ged nach bi againn ach a clearc bhadanach, maorach a' chladaich, fàile glan nam beann, agus sàmhchair bheannaichte, seach mar a tha iad ann an so, air an tachdadh le toit, 's air am bodhradh le gleadhraich. Cha d' fhuair mi fhéin cadal socrach, sàmhach o'n oidhch' a dhealaich mi riut. Shaoil leam gum biodh fois ann air là an Tighearna, ach mu'n gann a dh' éirich mi thòisich na cluig, 's ma thòisich, 's ann an sin a bha 'm farum—fonn air leth aig gach aon diubh—agus a h-uile h-aon a' strí có a b' àirde pong. A mach bhrùchd an sluagh, as a h-uile cùil agus caol-shràid, a' taosgadh a mach 'nam miltean sruth, agus saobh-shruth a sìos agus a suas air gach sràid, carbadan air an àis agus air an adhart, saighdearan le 'n drumaichean tartarach, agus na cluig a' cur nan smùid diubh. An e so, deir mise, Là na Sàbaid? O! nach robh mise aon uair eile ann an Uladal fo sgàile 'bharraich ri taobh an uillt shàmhaich, an t-athar àrd os mo cheann, na beanntan móra mu'm choinne—mo dhaoine, mo chàirdean, 's mo leanaban ri m' thaobh, sìth agus sàmhchair na Sàbaid a mach air an t-saoghal; fear teagaisg mo ghràidh fo sgàile na creige; anam gach aoin ann am fonn an Dòmhnach, agus an co-thional caomh, càirdeil, a' togail le Somhairle rùnach an fhuinn thiamhaidh a sheinn iad gu tric leis na daoine o'n d' thàinig iad!

'S mór an cothrom a th' aig na Gàidheil anns a' Bhaile mhór so; thigeadh iad o'n ear no o'n iar gheibh iad Gàidhlig an dùthcha fhéin ann an eaglais a' bhaile.

An saoil thu, 'Mhairi, nach do theab Para Mór agus mis' a bhi sa' phrìosan an oidhche roimhe. Bha sinn a dol dachaidh gu sàmhach, ciallach, gun fhacal as ar ceann: mise 'giùlan bocsa na pioba fo m' bhreacan, nuair a thainig triùir no cheathrar mu'n cuairt duinn, agus mu'n abradh tu seachd, spìonar uam bocsa na pioba, agus glacar mi fhéin air sgòrnan. Mar a bha 'n tubaist air Para Mòr dh' éirich e air càch le 'bhata daraich, agus rinn e pronnadh nam meanbh-chuileag orra. Bha clach-bhalg aig fear dhiubh, 's cha luaithe thug e srann aisde, na thàinig sgaoth dhiubh mu 'n

cuairt duinn, agus giùlainear air falbh sinn do dh' àite ris an abrar am *Police Office*. Ait' an uamhais! Tha oillt orm fhathast smaointeach' air. Daoine 'nan sìneadh air dall na daoraich thall agus a bhos, a' call fola, is mallachadh 'nam beul; mnathan—b' e sin an sealladh gràineil—air an dallan- aich, cuid diubh 'caoineadh 's a' rànaich; is cuid eile 'gabhail òran, agus, Ni-math d'ar teasraiginn! duine marbh 'na shineadh air an ùrlar. Dh' fheòraich mi fhéin, cho modhail 's a b' urrainn domh, c'ar-son a thugadh an so sinn. “Chì thu sin a thìota,” deir fear dhiubh 's e 'cur a làimhe ann am bocsa na pìoba. Thug a' phìob ràn brònach aisde, agus chlisg e mar gum biodh nathair innte. “Faodaidh tus', 'ille mhaith, a ràdh,” arsa Para Mòr, “mar thuirt an sionnach a bha 'g itheadh na pìoba, 'Is biadh 's is ceòl so dhomh-sa.'” Cìod a tha agad air, 's ann a shaoil iad gur corp leinibh a bh' againn, ach nuair a thuig iad mar a bha 'chùis leig iad as sinn.

Fhuair mi cosnadh, sa' chiad dol a mach, o thuathanach sè mìle a mach a Glascho. Thug e sinne agus sgaoth Eirionnach, agus dòrlach bhan leis. An uair a thàinig an oidhche chuireadh air fad sinn a laighe do'n t-sabhal. Is fad' o 'n a chuala mi mu leabaidh mhór na h-àirigh, agus da-rìreadh b' i so i—na mnathan air an dara taobh, agus na'm biodh meas ceart aig na mnathan orra fhéin, ghabhadh iad fàsadh an tuim a roghainn air a leithid a dh' àite; ach is iomadh aon a tha modhail, nàrach na 's leòir do réir coltais, 'nan dùthaich fhéin—cò ach iad, le 'm boineidean connlaich, le 'n gnùis-bhrat uaine a' cleith an aodainn—a tha gle shuarach m' an gnàthachadh nuair a thig iad gu Galldachd. Ged a bhiodh fichead nighean agam—chan e idir, a Mhàiri, gum bu mhiann leam an uiread sin a bhith ann—cha leiginn am feasd gu foghar' iad air an dòigh so. Gheibhinn doibh—nì tha soirbh r'a fhaotainn—cosnadh math, seasmhach, ann an teaghlaichean measail; ach an cur a mach am measg Eirionnach agus bhéistean, o bhaile gu baile, nar leig am Freasdal gum faiciun-se aon a bu mhath leam gu math air an dòigh so.

Dh' fhàg mi tigh an duine ud, agus fhuair mi fhéin agus Para Mòr cosnadh a mhaireas gu Samhain, ma chaomhnar sinn, ann an tigh an duine bheannaichte mu'n cuala tu Anna Mhór, nighean Eòghain 'Ic Ailein, cho tric a' labhairt -fear *Mr Ponton*. Tha deagh thuarasdal againn, agus cha bhi e cruaidh orm am màl a chur r' a chéile. An saoil thu, Mhàiri, nach faca mise bùth ann an Glascho, for nach robh sion

saoghalta ach boineidean connlaich, agus bha mi 'fèdraich luach an aodaich sgàrlaid a bhios anns na cleòcaichean. Chan abair mi 'bheag, ach chum thusa, eudail, sùil air na pàisdean, agus chan 'eil 'fhios ciod a dh' fhaodas tachairt. Tha tuiltean coimheach againn san àite so; bi furachail air Lachann. Slàn leat, a ghràidh; na bi fo iomaguin do m' thaobh; tha mi gun dith, gun deireas. Is e 'm Freasdal a chuir do'n teaghlach so mi, far a' bheil iomadh deagh chleachdadh r'a fhaicinn. Leig fios do'n Mhinisteir 's do Fhear-a'-Bhaile mar a dh' éirich dhomh. Chan abair mi tuilleadh air an àm, ach gur mi

D' fhear-pòsda dileas,

FIONNLACH MAC-AONGHAI.

## II.

### LONG MHOR NAN EILTHIREACH.

Air pilleadh dhomh air m' ais o I Chaluim Chille, thàinig sinn, air an aon fheasgar shamhraidh a b' àillidh a chunnaic mi riamh, do dh' àite tèarainte, fàsach, a tha ann an ceann mu thuath an Eilein Mhu'lich. Ar leam nach faca mi cala luingis idir a tha air a dhìon o éirigh fairge agus o chumbhachd stoirme mar tha e. Tha eilean fada caol 'ga chuirteachadh air an taobh a muigh, a' sgaoileadh a sgiathan gu càirdeil mu'n cuairt air gach soitheach beag agus long a tha 'g iarraidh fàsach na thaic o dhruim a' chuain, no tha 'feitheamh ri sìd mara gus an Rudha-mòr a ghabhail. Air an làimh dheis mar a chaidh sinn a stigh, tha 'm fearann ag éirigh gu corrach, cas. Bha sinn a' seòladh ri bile nan creag, agus bha geugan nan craobh a' lùbadh dlùth dhuinn. Thainig fàile a' bharrach oirnn air oiteag an t-samhraidh, agus bha mìle eun beag le'n ceileiribh binn a' seinn air gach preas, a' cur fàilte oirnn nuair a bha sinn a' seòladh seachad orra gu rèidh, samhach. Cha robh taobh a thionndaidhinn mo shùil nach robh 'n sealladh taitneach. Bha na beanntan àrda Mòrchuanach, 's iad uaine gu'm mullach; Suaineart le 'chnocaibh 's le 'thulaichibh bòidheach, 's an Leathar-Morthairneach a' deanamh gàirdeachais ann am blàtha an fheasgair shamhraidh. Aig ceann shuas a' chaoil chì mi,

“ A’ bheinn àrd is àillidh sgiamh,  
 Ceann-feadhna nam mìlte beann :  
 Bidh aisling nan damh ’na ciabh,  
 ’S i leaba nan nial a ceann.”

An uair a dh'lùthaich sinn a stigh, cha robh r'a fhaicinn ach croinn nan luingeas, am brataichean a' snàmh gu fann ris an t-soirbheas; 's cha robh r'a chluinntinn ach farum ràmh, is torman nan allt agus nan eas, a bha 'tuiteam o iomadh sgàirneach àrd do'n chala 'bha nis a' fosgladh gu farsaing romhainn. Bho thaobh gu taobh de 'n tràigh air an dara làimh, tha sràid de thighean móra, cho geal ris an t-sueachd; 's gu grad air an cùl tha uchdach chorrach chas, far a' bheil an calltuinn, an caorrann, agus an t-uinnseann a' fas gu dosrach, cho dlùth, dìreach os ceann nan tighean a tha fópa, s gu bheil an geugan, ar leat, a' lùbadh m' am mullach. Air bràigh' a' bhruthaich chì thu 'chuid eile de 'n bhaile eadar thu 's fàire, ionnus gur duilich dhut àite 's bòidhche agus is neo-chumanta 'fhaicinn. Ach 's ann a mach sa' chala bha 'n sealladh a b' fhiach 'fhaicinn; na ficheadan soitheach eadar mhór agus bheag, iomadh eithear caol le' n ràimh uaine, a' bhìrlinn rìomhach le siuil gheala, 's an long-chogaidh le 'croinn àrda, 's le 'brataich rioghail. Ach 'nam measg uile chomharraich mi aon long mhór a thug bàrr orra air fad. Bha iomadh bàta beag a' gabhail d' a h-ionnsuidh, is mhothaich mi gun robh iad a' deanamh deas g'a cur fa-sgaoil. Bha aon duine leinn a thainig oirnn aig cùlaobh Mhuile, is gann a thog a cheann fad an latha, a bha nis ag amharc gu h-iomaguineach air an luing mhoir so. “ An aithne-dhut,” thubhairt mi ris, “ ciod i an long mhór so?” “ Mo thruaighe,” a deir esan, “ 's ann domh is aithne; 's duilich leam gu bheil barrachd 's a b' àill leam de m' luchd-eòlais innte; innte tha mo bhràithrean agus móran de m' chaomh chàirdean a' dol thairis air imrich fhada, mhuladaich do dh' America mu Thuath; agus is bochd nach robh agam-sa na bheireadh air falbh mi cuideachd.”

Tharraing sinn a nunn g'an ionnsuidh; oir tha mi 'g aideachadh gu 'n robh toil agam na daoine blàth-chridheach so 'fhaicinn, a bha 'n diugh a' dol a ghabhail an cead dheireannaich a dh' Albainn, air tòir dùthcha far am faigheadh iad dachaidh bhunaiteach dhoibh fhéin agus d' an teaghlach. Chan 'eil e comasach a thoirt air aon duine nach robh san làthair, an sealladh a chunnaic mi 'n so a thuigsinn. Cha tig 'n là a théid e as mo chuimhne. Bha iad an so cadar

bheag agus mhór, o'n naoidhean a bha seachdainn a dh' aois gus an seann duine liath a bha trì fichead bliadhna 's a deich. Bu deistinneach ri 'fhaicinn an trom mhulad an iarguin inntinn—an imcheist, 's am bristeadh-cridhe a bha air an deargadh gu domhain air aghaidh na cuid bu mhò dhiubh, a bha 'n so cruinn o iomadh eilean agus earrann de 'n Ghàidh-ealtachd.

Bheachdaich mi gu h-àraidh air aon duine dall, aosmhor, a bha 'na shuidhe air leth, is triùir no cheathrar de chloinn ghillean mu'n cuairt da, a sheana ghàirdeanan thairis orra, iad a' feuchainn có bu dlùithe a gheibheadh a stigh r'a uchd, a cheann crom os an ceann, 'fhalt liath agus an cuaileanan dualach, donna-san ag amaladh 'na chéile, agus a dheòir gu trom, frasach a' tuiteam thairis orra. Dhlùth dha aig a chasaibh bha bean thlachdmhor 'na suidhe ag osnaich gu trom ann an iomaguin bròin; agus thuig mi gum b'è a fear-pòsda a bha 'spaisdearachd air ais agus air adhart le ceum goirid agus le làmban paisgte. Bha sealladh a shùl luaineach neo-shuidhichte, agus 'aghaidh bhuarite ag innseadh gu soilleir nach robh sìth 'na inntinn. Tharruing mi dlùth do 'n t-seann-duine, agus dh' fheòraich mi dheth ann an coibhneas cainnt, an robh esan ann am feasgar a làithean a' dol a dh' fhàgail a dhùthcha. "Mise," deir esan, "a' dol thairis! chan 'eil! Air imrich cha téid mise gus an tig an imrich a tha 'fèitheamh oirnn air fad; agus an uair a thig, có an sin a théid fo m' cheann do 'n chill? Dh' fhalbh sibh! dh' fhalbh sibh! dh' fhagadh mise 'm aonar an diugh, 'su dall, aosda, gun bhràthair, gun mhac, gun chùl-taice; agus an diugh—là mo dhunach, Dia 'thoirt maitheanais domh—tha thusa, Mhàiri, mo nighean, m' aon duine cloinne, le m' oghachan geala, gaolach, a' dol g'am fhàgail. Tillidh mis' an nochd do 'n ghleann ud thall: ach chan aithnich mi an làmh a tha 'gam threòrachadh: cha tig sibhse, a leanaban mo ghràidh, a mach an coinne an t-seann-duine; cha chluinn mi tuilleadh briagail 'ur beòil ri taobh na h-aibhne; 's cha ghlaodh mi tuilleadh, ged nach bu léir dhomh 'n cunnart, 'Fuir'ibh air 'ur n-ais o'n t-sruth.' An uair a chluinneas mi tathunn nan con, cha leum mo chridhe na's fhaide, 's chan abair mi, 'Tha mo leanaban a' teachd.' Có a nis a stiùras mi gu fagadh an 'tuim, 's a leughas dhomh an Leabhar Naomh? C'ait an ath-oidhch', an uair a théid a' ghrian fodha, am bi sibhse, a chlann mo rùin; agus có a thogas leam-sa laoidh an annuich?" "O

athair." ars' an nighean, 's i dlùthachadh ris. "na bristibh mo chridhe." "A' bheil thu 'n so, a Mhàiri?" a deir e; "c' àit a' bheil do làmh? Thig na 's dlùithe dhomh—m' eudail thu do mhnathan an domhain, is sòlasach lean do ghuth. Tha thu 'dealachadh rium:—chan 'eil mi 'cur ionchoir ort, 's cha mhò tha mi 'gearan. Falbh, tha mo làn chead agad, tha beannachd do Dhé agad. Bi thusa, mar a bha do mhàthair romhad, dleasnach. Air mo shon-sa, chan fhada bhithas mi ann. Chaill mi 'n diugh mo gheugan àillidh, agus is faoin an oiteag a leagas mo cheann; ach fhad 's is beò mi seasaidh Dia mi. Bha e riamh leam anns gach cruaidh-chàs, agus cha tréig e nis mi. Dall 's mar tha mi, tha e féin, buidheachas d'a ainm, a' toirt domh seallaidh air mo charaid is fearr air a dheas-làimh, agus 'na ghnùis is léir dhomh caomhalachd agus gràs. Tha mi sa' cheart am so a' faotainn neart gràis. Tha 'gheallaidhnean a' teachd dhachaidh gu m' chridhe. Faodaidh meanglain eile fàilneachadh—ach cha searg craobh na beatha. A' bheil sibh air fad làmh rium?" a deir e; "éisdibh; tha sinn a nis a' dealachadh; tha sibhse a' dol do dhùthaich fad' as, agus ma dh' fhaoidte mu'n ruig sibh i gum bi mis' ann an dùthaich àird-ghrianaich, far a' bheil dòchas agam gun coinnich sinn fhathast a chéile, far nach bi inrich no dealachadh a chaidh: cha bhi; oir chan 'eil sannt no ciocras òir air nèamh. Bithidh sinn an sin gu sìorruidh le 'chéile, agus gu sìorruidh le Dia ar n-athraichean, 's na tuitibh o aon deagh chleachdadh a dh' fhòghluim sibh. Moch agus amoch lùbaibh an glùn, mar a b' àbhaist duinn, agus togaibh an laoidh. Agus sibhse, mo leanaban, a bha mar shùilean agus mar luirg dhomh; sibhse a shaoil mi a chàireadh am fòid gorm tharam, an éiginn duinn dealachadh? Dia 'chuideachadh leam!"

Cha b' urrainn domh fuireach na b' fhaide; bha 'gheòla 'bha agus an seann duine a thoirt gu tìr a' tarraing suas ri cliathach na luinge; chaidh iadsan a bha 'feitheamh air a dh' innseadh dha gum feumadh e falbh. Theich mi uatha; cha robh e ann am chomas a bhith 'm fhianuis air an dealachadh bhochd.

Ann an deireadh na luinge, bha buidheann dhaoine a thuig mi bu luchd dùthecha, air an earradh; agus mhothaich mi o'n cainnt, gum b' ann o aon de na h-eileinibh tuathach a thàinig iad. Bha iad gu geur iomaguineach ag amharc a mach air son bàta beag a bha 'teachd a stigh an rudha fo 'siùil 's fo 'ràimh.

Cho luath 's a ghabh i steach do 'n chala 's a rinn i air son na luinge, ghlaodh iad a mach, " 'S e féin a th' ann—piseach air a cheann!" Bha aon neach am measg nan daoine so a bha a réir coslais na bu mheasaile na càch. An uair a dh' aithnich e 'm bàta beag so, chaidh e far an robh an sgiobair, augs mhothaich mi 'n sin gun do ghairmeadh orra-san a bha shuas anns na crannaibh, 's a mach air na slataibh-siùil, teachd a nuas, agus gun deachaidh stad air an uidheamachadh a bha 'dol air aghaidh chum an long a chur fa-sgàil. Dhlùthaich am bàta, dh' éirich seann duine àrd, uasal, dreachmhor a bha 'na deireadh, agus le ceum daingeann, làidir, ged a bha 'cheann cho geal ris a' chanach, dhìrich e suas, gun chuideachadh sam bith, ri taobh na luinge. Chuir an sgiobair fàilt' air le mór urram. Dh' amhairc e mu'n cuairt da, agus gu grad mhothaich e 'bhuidheann ghaolach a bha 'n deireadh na luinge, agus ghabh e g' an ionnsuidh. "Dia 'bhith maille ruibh," ars' esan, nuair dh' éirich gach aon diubh, le 'bhoineid 'na làimh, a chur fàilt' air. Shuidh e 'nam measg; air an luirg a bha 'na làimh, leig e car tamuill taic a chinn; agus mhothaich mi gun robh na deòir mhóra a' sruthadh a nuas air an aon aodann a bu taitniche leam 'fhaicinn a chunnaic mi riamh. Tharraing gach aon diubh mu'n cuairt da, agus shuidh cuid de'n chloinn aig a chasaibh. Bha ni éigin ann an coslas an duine bheannaichte so nach faodadh gun daoine a thàladh ris: bha de mhaitheas agus de chaomhalachd mu 'n cuairt da 's gum faodadh an neach bu lag-chridhiche misneach a bhi aige teachd 'na làthair; agus, anns an àm cheudna, bha de smachd 'na shùil agus 'na bhàthais, na bheireadh air an spiorad a bu dalma meatachadh 'na fhianuis. "Thàinig sibhse, le'r cead," ars' iadsan, "mar a gheall sibh: cha d' rinn sibh dearmad riamh oirnn ann an là ar teinn. Tha sinn an nochd a' dol a ghabhail a' chuain fo 'r ceann; 's mu'n éirich a' ghrian air na beanntaibh ud thall, bithidh sinne gu bràth as an sealladh. Is culaidh-thruais sinn an diugh—là ar dunach!" "Na cluinneam," ars' am ministear "a leithid so de chainnt. Bithibh misneachail; chan e so an t-àm dhuibh meatachadh; cuiribh 'ur n-earbsa ann an Dia; oir chan ann gun fhios dà-san a tha sibh a' dol air an turus so. 'S ann 'na fhreasdal fhéin a tha gach ni 'teachd mu'n cuairt: ach 's ann a tha sibhse 'labhairt mar gu'm biodh sibh a' fàgail r' ghachd an Uile-chumhachdaich, agus a' dol far nach ruigeadh a choibhneas athaireil oirbh. Mo thruaighe! an e so 'ur creidimh?" "Tha sin fìor," thubhairt iad; "ach an fhairge,



an cuan mor, farsaing!" " An fhairge!" fhreagair e; " c'ar-son a chuireadh sin sibh fo dhìobhail misnich; nach 'eil Dia r'a fhaotainn air a' chuan cho math 's air tìr-mór? Fo stiùradh a ghliocais, fo dhion a chumhachd, nach 'eil sibh cho tèaruint' air a' chuan 's a bha sibh riamh ann an gleann tìorail? Nach 'eil an Dia a chruthaich an cuan a' dol a mach air a thonnan uaibhreach? Chan éirich a h-aon diubh roimhibh gun fhios da; 's e féin a chaisgeas onfhadh na fairge: tha e mach air a' chuan ann an carbad na gaoithe, cho cinnteach 's a tha e ann an nèamh shuas. 'O! sibhse air bheag creidimh, c'ar-son a tha sibh fo eagal?' "

" Tha sinn a' fàgail ar dùthcha," fhreagair iad. " Tha gun teagamh," ars' esan; " tha sibh a' fàgail an eilein 's an d' fhuair sibh 'ur togail 's 'ur n-àrach; gu cinnteach tha sibh a' dol air imrich fhada; cha ruigear leas a chleith gu bheil iomadh cruadal a' feitheamh oirbh: ach cha d' thàinig so oirbh gun fhios duibh. A' fàgail 'ur dùthcha! an dubhairt sibh! A' bheil ceangal seasmhach aig mac an duine ri aon dùthaich seach dùthaich eile? Chan 'eil dùthaich bhuainealtach againn air thalamh; chan 'eil sinn air fad ach 'nar n-eilthirich; agus chan ann san t-saoghal chaochlaideach so a tha e air a cheadachadh dhuinn le Dia an dachaidh sin iarraidh as nach bi imrich."

" Gun amharus," fhreagair iad, " tha sin fìor, ach tha sinn a' falbh mar chaoraich bhochda gun bhuaichille, gun a h-aon ris an cuir sinn ar comhairle: 's a' dol fad' air falbh. O! na'm biodh sibhse." " Bithibh 'nur tosd," deir esan: " na cluinneam a leithid so de chainnt. A' bheil sibh a' dol na's fhaide o Dhia, na bha sibh riamh? nach e 'n Dia ceudna dh' fhosgail rosgan do shùl an diugh 's a dhùisg thu a suain na h-oidhche, a tha 'g oibreachadh taobh thall an t-saoghail? Cò 'sheas le Abraham nuair a dh' fhàg e 'thìr 's a dhaoine? Cò a thaisbein e féin do Iacob, an uair a dh' fhàg e tigh 'athar, 's a chaidil e muigh air an raon? Mo nàire! a dhaoine: c'ait a' bheil 'ur creidimh? An dubhairt sibh gun robh sibh mar chaoraich bhochda gun bhuaichille? A' bheil aon leanabh beag làimh rium an so. nach aithris na briathran sin,

' Is e Dia féin is buaichill' dhomh,  
Cha bhi mi ann an dìth?'

Nach esan, Ard Bhuaichille a chuid caorach féin, a thubhairt,  
' Na biodh eagal ort, a threud bhig, bi fo dheagh mhisnich, oir

is mise do Dhia.' Chan 'eil, gu dearbh,' deir esan, " tighean-aoraidh far a' bheil sibh a' dol; agus is dòcha nach 'eil minist-eirean ann; ach cuimhnichibh là an Tighearna. Cruinnichibh fo sgàil na creige, no fo dhubhar nan craobh; agus togaibh le 'chèile laoidhean Shioin, a' cuimhneachadh nach 'eil làthair-cachd Dhé fuaighte ri àite seach àite: gu bheil e r'a fhaotainn anns gach àite leò-san a dh' iarras e gu treibhireach ann an ainm Chrìosd—air mullach na beinne is àirde, aig bonn a' ghlinne is isle, no ann am meadhon a' bhaile-mhóir, no san teampull is dreachmhoire a thogadh riamh dha le làmhan. Tha gach aon agaibh comasach air Facal Dhé a leughadh; mar bitheadh, bu trom mo chridhe da-rìreadh, is bu bhrònach an dealachadh. Tha fhios agam gu bheil Biobuill 'nur cuideachd; ach gabhaibh uam-sa an diugh Biobuill ùra, air an ùr chlà-bhualadh, ann an tomad beag, soirbh r'an giùlan; agus cha shuaraiche leibh iad gu bheil 'ur n-ainmeannan sgrìobhte annta leis an làimh sin a bhaist an earrann is mò dhìbh, a thogadh iomadh uair ann an aslachadh as 'ur leth gu nèamh; agus a thogar fhathast ann an deagh dhòchas an ainm Chrìosd air 'ur son, gus an tig marbhantachd a' bhàis thairis oirre. Agus sibhse, mo leanaban beaga, am badan lurach de m' chuid uan, a tha nis 'gam fhàgail, thug mi d' ur n-ionnsuidhse cuimhneachan beag air mo mhór-ghràdh dhuibh. Dia 'gur beannachadh." " O!" ars' iadsan, " cia taingeil a tha sinne gum faca sinn sibh aon uair eile, agus gun cuala sinn fhathast 'ur guth."

Bha muinntir na luinge gu lèir a' tarraing na bu dlùithe air an àite san robh e 'na sheasamh; ma b' iad na seòladairean fhéin, ged nach do thuig cuid diubh a' chainnt, thuig iad gu 'm bu ghnòthach anama a bha 'dol air 'aghaidh. Bha uiread de dhùrachd, de bhlàths, 's de choibhneas 'na choslas agus 'na chainnt, 's gun do sheas iad gu ciùin, sàmhach; agus chunnaic mi iomadh aon diubh a' cleith nan deur a bha 'tuiteam a nuas air na gruaidhean as an tug iomadh latha garbh, o chionn fhada, an leanabas.

Thug an duine beannaichte a chòmhdach-cinn deth, agus sheas e nuas; thuig gach aon na bha 'na bheachd. Thuit cuid diubh air an glùinibh, is dh' amhaire gach aon air an làr, nuair a thubhairt e le guth, glan, fallain, " Iarramaid beannachd Dhé; deanamaid ùrnuigh." O! bu chruaidh an cridhe nach leaghadh, agus cha chùis fharmaid an spiorad sin nach gabhadh suim, fhad 's a bha 'n ùrnuigh dhùrachdach, theas-chridheach

'ga cur suas leis an duine mhath so, a bha nis e féin air 'ardachadh os ceann an t-saoghail so. Is iomadh dùile bhochd, lag-chridheach a fhuair misneach. Thuit a bhriathran mar dhrùchd an fheasgair, is fhuair na meanglain laga, fhann', fionnachd agus sòlas. Bu trom acain an cléibh, nuair a bha iad air an glùinibh, 's na h-osnaichean a dh' fheuch iad a chumail fodha : ach nuair a dh' éirich iad, air leam gu 'n robh misneach ùr r'a fhaicinn 'nan sùilibh troimh cheò nan deur goirt a bha iad a nic a' tiormachadh air falbh. Dh' fhosgail e Leabhar nan Salm, is thogadh an t-aon naomh cheòl a bu tùrsaiche 's a bu deuchainniche air gach dòigh, gidheadh a bu shòlásaiche, a chuala mi riamh.

Ràinig an fhuaim thiamhaidh gach long 's gach soitheach sa' chala. Cha robh ràmh nach robh air a phasgadh : cha chluinnteadh fead, no farum, ach an t-sàmhechair bheannaichte, mar a sheinn iad an dara Salm thar an dà fhichead aig a' cheathramh rann :—

- “ Tha m' anam air a dhòrtadh mach,  
Trà chuimhnicheam gach nì,  
Oir chaidh mi leis a' chuideachd mhóir,  
Dol leò gu teampull Dhé.
- “ Seadh, chaidh mi leò le gàirdeachas,  
Is moladh fòs le 'chéil' :  
'S ann leis a' chuideachd sin a bha  
A' coimhead làithe féill.
- “ O m' anam ! c'uim a leagadh thu  
Le dìobhail misnich sìos?  
Is c'uim a' bheil thu 'n taobh stigh dhiom  
Fo tìrioblaid is fo sgìos?
- “ Cuir dòchas daingean ann an Dia,  
Oir fathast molam e ;  
Air son na furtachd is na slàint'  
Thig dhomh o 'aodann réidh.”

### III.

## SEALLADH O MHULLACH BEINNE AN EARRA- GHÀIDHEAL, MU DHOL FODHA NA GREINE.

Bho 'n is cuimhne leam beathach no duine b' e mo thlachd a bhith 'siubhal nam beann : agus is minig a ghabh mi sealgair eachd mar leth-sgeul, chum an srath 'fhàgail, agus farsaingeachd a' mhonaidh a ghabhail fo m' cheann. Tha

toileachas-inntinn r'a fhaotainn air mullach beinne àird', leis an t-sealladh fharsaing a tha uaithe air muir agus air tìr, nach fhaod gun àrdachadh inntinn a dhùsgadh a tha air dòigh àraidh taitneach agus tarbhach. 'S ann uaithe so a tha e 'tachairt, gu bheil spéis mhór aig gach aon do 'n bheinn is dlùithe do 'n àite san d' fhuair e 'àrach—bàidh a leanas ris fhad 's is beò e; agus thigeadh e dhachaidh a Innsibh na h-àird' an Ear no'n Iar, cha bhi e fada sa' choimhearsnachd gun togradh a dh' ionnsuidh an àit' anns an d' fhuair e, ar leis, a' cheud bheachd air farsaingeachd an t-saoghail; agus bithidh e déidheil mar an ceudna air 'eòlas ath-ùrachadh air gach glaic agus coire a b' àbhaist da 'thadhal 'na òige, nuair a bu lùth-mhor a cheum, agus a bu bheag a bha'n saoghal a' cur air a chridhe de chùram. B' àlainn an là ann an céitein an t-samhraidh, nuair a dh' fhalbh mi gun duine maille rium, le rùn fìor mhullach na beinne a ruigheachd, agus sealladh 'fhaotainn air dol fodha na gréine. Bha 'n là san àm sin 'na fhad agus 'na bhàths; bha gach eun a' seinn aig beinn 's aig baile, agus obair na cruitheachd fo shòlas. Dhìrich mi o ghuala gu guala, o choire gu coire, gus an d' ràinig mi an t-àite san robh an àirigh ri m' chiad chuimhne. Bha làraichean nam bothan fhathast r'am faicinn; bha crò nam meann 'na tholman uaine, an t-sòbhrach 's an neòinein a' fàs air. B' aighearach an sùgradh a b' àbhaist a bhith 'n so moch-thrath agus feasgar an àm bleoghan na spréidhe. Bha 'n t-alltan beag a siubhal gu sèimh troimh 'n àilein, le torman cho tùchanach 's a bu ghnàth leis. Shuidh mi car tamuill air a' bhruaich ag iarraidh fionnachd 'na bhraonaibh tlàtha. Cha deachaidh mi seachad air aon tobar a chaisg iota m' òige gun 'fheuchainn, no air eas no leum-uisge gun seasamh air an cùl a dh' fheuchainn an robh cho liutha bogha-frois r'a fhaicinn 's a b' àbhaist. Mar so chaidh móran de 'n latha seachad, ach ràinig mi fa dheireadh mullach na beinne. Shuidh mi 'm fasgadh an liath-chùirn a bh' air a mullach, agus dh' amhairc mi air an dùthaich mu 'n cuairt:—

“ B' àlainn a beinnean 's a srathan;  
B' éibhinn dath a gleanntan.”

Bha tìr-mór na dùthcha ri m' chùl, ach bha mach calg-dhìreach mu 'm choinne a' chuid bu mhò a dh' Innse-Gall, an cuan mór le 'chaoil 's le 'luingeas, agus a' ghrian ghòrmhor fhéin a' teàrnadh o àirde nan speur ann an àilleachd an fheasgair.

Cha robh eilean eadar Caol-Ile mu dheas, agus an Caol-Sgiathanach mu tnuath; cha robh sliabh eadar Beinn-an-òir an Diùra, agus a' Chul'inn ann an Eilean-a'-Cheò, nach robh gu soilleir am bheachd. Bha Muile dorcha, le 'chaol-mara mar abhuinn àlainn ag iadhadh mu'n cuairt da, dìreach fo m' shùil. Bha I nan Deòraidh le 'làrachaibh briste, ann an uaigneas sàmhach r'a thaic; *Staffa* ainmeil le uamh' nan tonn mar dhùradan beag a mach air an fhairge; Tirithe ìosal an eòrna—Cola creagach—Eig, le 'Sgùrr ri speur; 's an t-Eilean Sgiathanach, ban-rìgh an iomlain; agus a mach air an cùl gu léir, ann an iomall na rìoghachd, an t-Eilean Fada mar mhìle sgeir, ag éirigh air aghaidh a' chuain, smùid ghàirdeachais ag éirigh o gach aon diubh, nuair 'bha 'ghrian a' siubhal seachad os an ceann, 'gam fàgail mìle de mhìltibh 'na déidh. Bu dìomhain oidhirp a thoirt air a bhith a' cur an céill a choi'-lion smaoint a bha tarbhach, a dhùisg suas leis an t-sealladh so. Air a leithid so a dh' àm cha ruigear a leas an inntinn a chumail fo smachd. Bu shona a bhiodh daoine na'n giùlaineadh iad, am measg ùinich agus othail na beatha so, càil-eigin de 'n aighe mhaith sin, a tha uaigneas agus sàmhchair a shamhuil so de dh' àit' a tàrmachadh. Oir, gu cinnteach, mar is mò a thàirngeas sinn air falbh o iorghuill an t-saoghail so, 's ann is mò a ruigeas sinn air an fhonn spioradail sin, trid a bheil an t-anam air a chur air ghleus gu co-chomunn àrd a chumail r'ar n-Athair nèamhaidh. Na'm bu mhath leinn blasad de'n aoibhneas so, cha bu neo-ìomchuidh dhuinn air uairibh comunn an t-saoghail so 'fhàgail, agus a radh ris gach imcheist bhuaireasaich a bhuineas dha, mar thubhairt Abraham r'a òganaich, Fanaibh-se an so, agus théid mise suas a thairgseadh na h-ìobairt.

Bha 'ghrian a tèarnadh gu luath; bha dath an òir air aghaidh nan speur; bha a leadan àillidh cheana sa' chuan, agus an fhairge, mar gu'm b' ann, a' dùnadh mu'n cuairt dhi. Is blasd' a' chainnt a chleachd Bàrd na duthcha so fhéin, nuair a bha 'n sealladh so aige, ma dh' fhaodteadh, o'n mhullach cheudna, mar a chì sinn ann an "Dàn Oisein do'n Ghréin an àm laighe." Ach bu dall sinne mur gabhamaid beachd a b' àird' air an t-sealladh so na dh' fhaodadh esan 'fhoghlum o thuigse nàduir. An neach nach mothaicheadh o'n t-sealladh so, glòir an Tì naoimh a chruthaich a' ghrian, agus a sgeadaich an saoghal le 'uile àilleachd, bu bhochd, gu dearbh, a chor, agus cha chulaidh-fharmaid a chridhe; oir, gu deimhin, bu glhòr-

mhor an taisbeanadh a bha 'n so air cumhachd agus maitheas Dhé. A bhith 'mothachadh do'n ghàirdein threun sin air a' bheil an domhan crochta, a' fosgladh air an dara làimh dhìom dorsan na h-oidhche do'n ghréin, 'ga cur a mach a shoillseachadh taobh eile 'n t-saoghail, 's a dhùsgadh nam mìltean as an suain; 's a bhith 'faicinn a' ghàirdein cheudna a' togail na gealaich dhuinne 'na h-àite, an robh e comasach gun éigheach a mach, "Is glòrmhor thusa, O Dhé uile-bheannaichte! tha nèamh agus talamh làn de d' ghlòir, a Thighearna nam feart; tha thu 'toirt dhuinne gach beannachd 'na thràth, agus chan 'eil thu, air àm sam bith, 'gar fàgail fo an-dòchas no dith!"

Chaidh a' ghrian fodha, agus shaoileadh tu gun robh an saoghal a' caoidh: bha 'n drùchd trom, mar dheòir na oidhche 'na déidh, a' braonadh-gu làr. Dh' fhalbh a' ghrian, ach bha fhathast àirde nan speur air an òradh le 'gathan àghmhor, a' lùbadh a nuas gu fann fhathast air an t-saoghal, 's 'ga bheannachadh le eadar-sholus an anmuich. Bha 'n ceò a' sgaoileadh sìos air an leacainn, agus bha 'n t-àm dhomh nis am monadh fhàgail. Bu bheannaicht' an t-samhchair a bha 'mach air feadh an domhain: bha còrr fhuaim ann, ach cha bu chulaidh eagail na uamhais iad—torman nan allt, mar a bha iad a' tuiteam leis an aonach o chreig gu creig—sgriach na h-iolaire, 's i 'g itealaich air bile a' chreachainn ag iarraidh a h-àil air an aisridh chorraich: an fheadag ghuanach o thom gu tom: gogail a' choilich-ruaidh 'gam dhoichioll o'u bheinn: a' chearc a' gairm a h-àil fo 'sgéith, agus miogadaich nan gabhar ag iarraidh nam meann. O! cia iomadh mìle beò-chreutair air feadh an t-saoghail, smaointich mi, a tha sa' cheart àm so a' dol gu tàmh fo shùil-choimhead an Fhreasdail sin a bha 'faireadh thairis orra, agus a dh' uidheamaich àite tàimh do gach aon aca fa leth. Tha sùilean nan uile ort, O! Dhé: tha thu 'toirt doibh gach sochair 'na thràth. Agus ma tha Dia mar so a' buileachadh orra-san uiread de chùram, an dean e dearmad air mac an duine? "Feuch," a deir Crìosd. "eunlaith an athair: cha chuir iad, agus cha bhuaibh iad, agus tha Dia 'gam freasdal: agus nach feàrr sibhse gu mór na iadsan?" Eisd so, O! thusa air bheag creidimh: giùlan na smaointean so leat do d' leabaidh: earb thu fhéin ri Dia, leis an dòchas a tha 'g éirigh uatha, is bithidh do chadal taitneach.

## IV.

COMHRADH EADAR CUAIRTEAR NAN GLEANN  
AGUS EACHANN TIRISDEACH :

## TURUS EACHAINN DO PHAISLEY.

CUAIRTEAR—'N ann a rithist, Eachainn? Cha chreid mi nach 'eil leannan agad sa' bhaile-mhór; chan urrainnear do chumail as.

EACHANN—Chan 'eil, cha robh, agus cha bhi! Chaidh làithean mo leannanachd fhéin seachad, 's ged bhithinn òg 's air tòir mnatha, da-rìreadh chan ann am measg ghuanagan a' bhaile-mhóir rachainn a shuirghe; 's olc a fhreagradh iad do m' leithid—ach suidhidh mi le 'r cead air a' chathair—tha mo cheann san tuainealaich.

CUAIR.—Ciod so dh' éirich do d' cheann, Eachainn?

EACH.—Thig e bhuaithe ri ùine, tha dòchas agam, ach cha seasadh ceann iarunn, gun ghuth air eanchainn cumanta, an t-àite 'n robh mise 'n diugh.

CUAIR.—C' àit an robh thu, Eachainn?

EACH.—An robh mi! Ma ta, le 'r cead, chan ann gu droch fhreagairt a thoirt duibh—'s coma c' àit an robh mi—bithidh latha 's bliadhna mu'm bi mise san àite cheudna 'rithist. Nach robh mi ann am *Paisley* air carbad na smùide; ach c'arson a bhithinn a' gearan; 's nach do shéideadh a suas mi am bloighdean anns na speuraibh. O! b' e bhith 'buaireadh an Fhreasdail, do dhuine sam bith, 'na bheachd, cuid a chunnairt a ghabhail d'a leithid a dh' àite, fhad 's a tha comas nan cas aige, no dh' fhaodas e suidhe an cairt shocraich, chiallaich, air boitean connlaich.

CUAIR.—'N ann mar sin a tha thu 'labhairt mu'n aon dòigh shiubhail is innleachdaiche 'fhuaras riamh a mach le mac an duine?

EACH.—Chan 'eil ceist nach 'eil i innleachdach; chan ann an sin tha 'n fhàilinn, ach an cluinn sibh mi—b'fheàrr lean latha 'ga chois eachd no dol an dàil na h-ùpraid cheudn' a rithist. Cha robh mi tiota air falbh innte nuair a bheirinn na chunnaic mi riamh gu robh mi aon uair eile air bonn mo chois air fonn, no ged a b' ann suas gu m' amhaich a mach air a' mhuir. Fheara 's a ghaoil! b' e sin an carbad siùbhlach; tha

mi am barail na'n gabhadh e air 'adhart uair an uaireadair na b' faide gun robh m' eanchainn mar bhrochan an claigeann mo chinn.

CUAIR.—Seadh, Eachainn, innis domh mar thachair.

EACH.—Tha mac agam, mar tha fhios agaibh, san àite so : gille deanadach, glic, grunn-dail. Tha mi 'deanamh dheth gu bheil sùil aige ri mnaoi fhaotainn ann am *Paisley*, 's chan fhòghnadh leis gun mise dhol a mach g'a h-amharc. Cha robh mi déidheil air carbad na smùide, ach bha Niall—'s e sin ainm mo mhic—agus bùirdeasach òg eile, sgaomaire 'mhuinntir an Obain a bha maille ris, déidheil air feala-dhà bhith aca air mo thàilleadh. A stigh do charbad na smùide chàirich iad mi ; ag ràdh rium gum bithinn cho socrach, sàmhach, foisneach 's ged a bhithinn ann an cathair-mhòir taobh an teine. Ghabh mi beachd air a' charbad—chunnaic mi fear na stiùrach a' gabhail 'àite, le ailm iarunn 'na làimh, agus fear eile san toiseach mar gu 'm biodh fear-innsidh nan uisgeachan anr, ag amharc a mach. Bha smùid as an t-simileir 's na h-uile ni sàmhach, socrach na's leòir. Chaidh mi 'stigh, agus shuidh mi dlùth do 'n uinneig chum sealladh a bhith agam air an dùthaich. Tiota beag 'na dhéidh sin chuala mi beuc mór—ràn tùchanach àrd, agus an sin fead oillteil. “ Ciod e so ? ” arsa mise ri Niall ; rinn esan 's an Latharnach gàire. “ Sud agaibh, athair, ” arsa Niall, “ sitrich an eich-iarunn, 's e 'togairt falbh. ” “ Sitrich na h-òillt ! ” arsa mise, “ leig a mach mi. ” Ach bha 'n dorus air a dhruideadh. Thug an t-each iarunn stàdag—bhual an carbad anns an robh mise an fear a bha roimhe, agus bhual an fear a bha 'na dhéidh an fear anns an robh sinne, 's cha mhòr nach do phronnadh m' fhiaclan an aghaidh a chéile. Thug e rà'n eile, agus fead ; agus an sin leig iad siubhal a chas da—'s thàir e as. Thòisich an stairirich 's a' ghleadhraich. “ Nì so a' chathair-mhór, a Nèill ? ” arsa mise. Bha e 'dol a nis 'na shiubhal, 's cha b' e siubhal an eich, no luas an fhéidh ; cha tugadh ceithir chasan riamh do bheò-chreutair air an talamh a bhos, no sgiathan do dh' eun sna speuraibh shuas na chumadh ris. Cha d' thubhairt mi fhéin diog—rinn mi greim bàis, gun fhios c' ar son, air an àite-shuidhe. Dhùin mi mo bheul—chas mi m' fhiaclan mu'n cuirinn troi' m' theangaidh iad—dh' fhore mi mo chasan gu daingeann, 's bhithinn ceart shuarach ged robh mo chlaisteachd sa' chiste ruaidh ann an Tirithe 's mi fhéin cho bodhar ri Iain Balbhan. Chuir Niall a bheul ri m' chuais—



“ Athair,” ars’ esan, “ a’ bheil sibh ’nur cadal?” “ Uist!” arsa mise: “ bi sàmhach.” Chuir an t-Obanach òg a cheann ri m’ chluais. “ Eachainn,” ars’ esan, “ nach e ’n t-each-iaruinn fhéin an gille?” “ Uist!” arsa mise. Bha mi nis a tighinn gu seòrsa de thùr, ghabh mi misneach, ach bha seòrsa de nàir’ orm; oir bha bean mhór shiodach, ribeineach, reamhar, sa’ charbad, agus ge b’ àrd gleadhraich an eich iaruinn, bha a guth cho àrd, agus a teanga neo-ar-thaing cho luath. Bha ’n uinneag fosgailte: dh’ amhaire mi mach a ghabhail seallaidh air an t-saoghal, ach ghrad spìon iad air m’ ais mi. “ Thoir an aire dhut fhéin,” ars’ iadsan, “ cum a stigh do cheann, air neo thieagamh gum fàg thu mìle ’d dhéidh e mu’n ionndrainn thu o d’ ghuailibh e.” Ghrad tharraing mi air m’ ais, ’s bu mhath gu’n do tharraing, oir chuala mi geunnaich agus rànaich oillteil a’ dlùthachadh oirnn. Cha robh a’ mhuc-mhara sin riamh air cuan a dheanadh séidrich coltach ris. Thainig seòrsa de bhreislich orm—ach ghrad chaidh steud-each iaruinn eile seachad oirnn - ’na ruith ’s ’na dheann-ruith, a’ séidrich ’s a’ feadalaich le boile ’thug orm criothnachadh le h-oillt. Bha na ficheadan earbad ’na dhéidh, ach cha deachaidh peileir riamh o bheul a’ ghunna-mhóir le luathas a bu mhó na chaidh iad seachad oirnn. Cha robh dùil agam gu’n robh leud na lùdaig eadar an dà charbad, ’s na’m biodh iad air a chéile ’bhualadh, e’ait an sin an robh Eachainn? Tharraing mi m’ anail. “ Tha ’n sud aon rudha fodhainn,” arsa mise rium fhéin. Dh’ fheuch mi nis beachdachadh air an dùthaich mu’n cuairt, ach cha robh seòrasach, cha robh a’ bheag air an b’ urrainn an t-sùil searachadh ach a h-uile achadh, is craobh, is cuce, is tigh, a’ ruith mu’n cuairt an déidh a chéile: tighean mór’ a’ tighinn san t-sealladh, ach ge b’ fhada bhuainn iad cha b’ fhada g’ an ruigheachd—ann am prioba na sùla bha sinn seachad orra. Chunnaic mi achadh air an robh móran mhulan is ruchdan feòir. Bha iad a’ ruith mu’n cuairt, a h-uile h-aon air a bhonn fhéin mar ghille-mirein, ’s an t-ionlan mar gum biodh iad a’ dannsadh ceithir-chuir fhichead Ruidhle-thulachain. Dh’ fheuch mi an àireamh ach mu’n do chunnt mi leth-dusan diubh bha iad as an t-sealladh. Bha mi nis ’gam fhair-eachduinn fhéin rud-eigin socrach, agus an t-cagal ’gam fhàgail, nuair a thainig an dubh-dhorchadas oirnn! Cha robh griau no leus soluis ann, creag mhór dhubb ri cliathach a’

charbaid agus an aon fhuaim fhàsaill, eagalach, air chor agus eadar rànaich an eich iarunn, gleadhraich na h-acfhuinn agus co-fhreagrachd mhic-talla san uaimh dhuirche tre 'n robh sinn a' dol, gu 'n robh mi uile gu léir fo eagal na bu mhò na bha mi fhathast—air mo bhodhradh, air mo dhalladh, 's mo cheann san tuainealaich. “ Ciod e so ? ” arsa mise ri Niall. “ *An Tunnel,* ” ars' esan. “ B' e 'n donnal e gu dearbh, ” arsa mise, “ an donnalaich is gràinde 'chuala mi ; ” ach am prioba na sùla bha sinn a mach taobh eile 'chnuic ! Tharraing mi m' anail agus thog mo chridhe. Chaidh sinn a nis troimh dhùth-aich àillidh—bha eich, is crodh, is caoraich ag ionaltradh—ach cha robh a h-aon diubh no beò-chreutair, nach do theich o thaobh an rathaid mar a dhlùthaich sinn orra, an cinn 's an earbaill ri h-athar, 's cha b' iongantach sin, b' e 'n t-annas e do na brùidean bochda. Bha nis, mar a shaoil leam, an anail an uchd an eich iarunn—thug e ràn. “ Falbh, ” arsa mise, “ chan iongantach leam pathadh a bhith ort. ” Chuala mi beuc—'s fead—bha 'n siubhal a' fàs na bu mhoille. “ Chan urrainn sud seasamh, ” arsa mise ri Niall. Stad an carbad. “ Leig a mach mi, ” arsa mise. “ Air 'ur socair, athair, ” arsa Niall. Dh' fhosgail duine modhail, agus cuairt òir mu 'aid, an dorus. “ Thigibh a mach, a dhaoin' uaisle, ” ars' esan. “ 'N e gu bheil sinn aig ceann an rathaid ? ” arsa mise, “ ochd mìle ann an ochd-mionaide-deug ! ” Chaidh sinn a mach, ach 's gann a b' urrainn domh seasamh leis an tuainealaich a bha m' cheann. Ciod a th' agaibh air, ach gu 'm faca mi leannan Nèill, 's air m' fhacal, caile eireachdail. An uair 'bha e fhéin 's an t-Obanach òg ag innseadh mu 'n eagal a bha orm, sheas i mi gu gasda, agus chàin i an carbad iarunn gu foghainteach. Sin agaibh mar thachair dhomh.

CUAIR.—Mo mhìle taing, Eachainn ! ach cia mar a thàinig thu air d' ais ?

EACH.—Thill mi san dòigh cheudna ; cha dealaicheadh iad rium, cha robh feum a bhith 'cur 'nan aghaidh. Chaidh mi 'stigh, sheachainn mi 'n uinneag, dhùin mi mo shùilean, dh' fhorc mi mo chasan. “ Chuir an leann a dh' òl mi, ” arsa mise, “ cadal orm, leigibh leam. ” Dh' fhalbh sinn : thoisich mi air Laoidh Mhic Ealair agus gach laoidh eile 'bha agam air mo theangaidh 'aithris ; ach mu'n d' fhuair mi leth rompa bha sinn aig ceann ar turuis, agus a rithist tèaruinte air sràidibh Ghlascho. Sin agaibh, a Chuairt-ir rùnaich, eachdraidh mo thuruis do *Phaisley*.

CUAIR.—Agus a nis, Eachainn, nach aidich thu gur mór an t-sochair na h-innleachdan sin? 'S éigin gu 'm bi daoine 'siubhal o àite gu h-àite—tha de ghnothaichean a nis eadar àit agus àite, eadar duin' agus duine; de mhalairt 's de dh'iomairt de gach seòrsa, 's gur anabarrach an t-sochair a tha daoine 'faotainn uapa. Chan urrainnear Lunnuinn agus Glascho 'tharraing na's dlùithe d'a chéile na tha iad—Lunnuinn a shlaodadh a nuas, no Glascho a sparradh a suas; chan 'eil e comasach an astar a dheanamh na's giorra na tha e; ach ma gheibhear an t-astar a dheanamh auns a' cheathramh cuid de 'n ùine b' àbhaist do 'ghabhail; nach e sin an t-aon ni 's ged a bhiodh iad air an dlùthachadh r'a chéile? Tha leth-cheud mìle nis mar bha deich mìle ri linn m' òige. Siùbhlaidh daoine nis ann an ceithir-uaire-fichead astar a ghabhadh seachdain o cheann fhichead bliadhna, agus cha chost e 'n deicheamh cuid a dh' airgiod: agus nach mór an t-sochair sin?

EACH.—Cha léir dhomh fhéin gu bheil a' chùis mar a tha sibh ag ràdh. Ma tha cothrom aig daoine nis air dol o àite gu h-àite nach robh aca, ciod e sin? A' bheil iad na's saoire 's na's lugha cost aig deireadh na bliadhna? An àite sin tha iad a' cost a dheich uiread 's a bha na daoine bho 'n d' thàinig iad—tha iad a dheich tricead o'n tigh. Mur biodh cothrom aig ceatharnaich air dol gu Galldachd ach air bonn an coise, no aig na h-uaislean ach air muin eich le *Valise*, no màilead leathraich air cùl na diollaid, mar a b' àbhaist, cha bhiodh uiread de dh' òr 's de dh' airgiod dhaoine 'ga chost a' ruith o àite gu h-àite. 's bhiodh iad a' cheart cho math dheth aig ceann na bliadhna.

CUAIR.—Faodaidh tu radh gu 'n robh an dùthaich cho math dheth nuair nach robh drochaid, no rathad mór an rìgh, no cairtean, no baracha-rotha san tìr; am ministear fhéin a' marcachd do'n Eaglais. 's a bhean air pillein air a chùl, 's a dà làimh m'a theis-meadhoin; agus an tuath air chùl srathach, le taod connlaich.

EACH.—Ma ta chan 'eil fhios agam nach robh, agus móran na b' fhèarr. Ged labhradh sibh fad bliadhna, cha toir sibh orm a chreidsinn nach 'eil bochdainn, agus fuachd, agus dìth càirdeis a' tighinn a stigh do dhùthaich mar tha na cleachd-ainnean ùra, Gallda sin a' tighinn oirnn. Nach taitneach an ni marcachd air muin eich, no gu socrach, ciallach, athaiseach, air cairt, agus mar a thubhairt mi, boitean connlaich fo dhuine, agus sealladh a bhith aige de'n t-saoghal àillidh mu 'n cuairt da, gun sgàth no imcheist, seach a bhith air a ghlasadh

a stigh 'na leithid a dh' àite san robh mise; bruach àrd air gach taobh dheth, agus an àit' eile a' ruith mar nathair fo 'n talamh; agus cridhe duine 'bualadh 'na uchd, mar gu 'm bu mhaigheach bhochd, ghealtach e 's am mial-chu as a déidh. Coma leam iad!

CUAR.—A' bheil truas idir agad ris na h-eich bhochda? Nach déistinneach an nì bhith air do tharraing air carbad cheithir each, agus mothachadh mar tha iad air an liodairt—air an claoidh—air an sàrachadh—air am murt—cuid diubh a' tuiteam, mar a chunnaic mi, gu 'n phlog air an rathad-mhór fo sgiùrsadh eagalach, neo-ìochdmhor nam béistean a tha 'gan iomain. Tha sòlas orm gu 'n d' fhuaradh a mach dòigh anns am bi na h-eich ghasda air an caomhnadh. An ceann ùine ghoirid bithidh malairt na dùthcha air a giùlar air na slighean iarainn. A bharrachd air so tha iad ag ìsleachadh luach gach seòrsa teach-an-tìr, agus iomadh nì eile dhuinne. Faic thusa na carbadan iarainn a tha air tòiseachadh an diugh fhéin, eadar Glascho 's Ionar-Air; nach anabarrach am fosgladh tha e 'deanamh? Thig iasg is uibhean, is im, is meas, a nuas a nis o gach àite eadar sinne agus Ionar-Air: brùchdaidh gach baile mach na th' aca r'a sheachnadh: thig iad a nuas sa' mhèidinn leis gach goireas a shaoileas iad a ghabhas reic, agus pillidh iad dachaidh san fheasgar le fhiach 'nan sporan! A' bheil sochair an sin?

CUAR.—Cha léir dhomh gu bheil. Gun teagamh is sochair e do Glascho: tha h-uile ceàrn a' dortadh a stigh na tha aca r'a sheachnadh, a reamhrachadh a' bhaile-mhóir so, agus tha 'bhuil: tha e 'fàs 's a' fàs—tighean ùra—oibrichean ùra—sràidean ùra—gus nach 'eil fhios e' àit an stad iad—soithichean smùid' o gach eilean, o gach ceàrn an Eirinn 's an Sasunn—a' toirt luchd air muin luchd a bheathachadh sluaigh mhóir an àite so: agus a nis, carbadan iarainn a' slaodadh a stigh gach nì. Tha sin 'na shochair mhór, gun teagamh, do Ghlascho, ach b'è sin “Calum beag a chur a dhìth chum Murchadh mór a reamhrachadh.” Ciod an t-sochair do mhuintir Ionar-Air agus *Irvine*, agus nan àiteachan sin, anns nach urrainn doibh a nis cudainn, no bodach-ruadh, no ubh, no im a cheannach, gun uiread a dhiol air a shon 's a tha muinntir Ghlascho a' deanamh. 'S mór an t-sochair dhomhsa, da-rìreadh, nach toir mo bhean ubh dhomh air latha Càisg, ach 'gan gleidheadh air son Ghlascho. Tha mise 'g radh ribh, na'm biodh Glascho agus a leithid a mach air a' mhuir, gu 'n robh pailteas san tìr. 'S iad na bailtean móra

tha 'g itheadh na dùthcha. Nach 'eil a nis làn chinnteach ceud mìle fear a' giùlan bìdh a lìonadh bronna muinntir Ghlascho. Tha e 'cur am chumhne-sa muc mhór a bha mo bhean aon uair a' reamhrachadh. Cha robh càl no buntàta no fuidheall eòrna no coirce, no mionach éisg, no ni air an gramaicheadh fiacail nach robh i 'slaodadh a dh' ionnsuidh na bèiste. Chluinneadh tu na cearcan a' gogail 's a' sgrìobadh an dùnain leis an acras—an coileach Frangach, cha d' rinn e guguil fad mìos —an madadh breac, an t-aon chù-uisge 's fearr an Tìrìthe, 'earball eadar a chasan, 's a chnàmhan a' tighinn troi' chraicinn —na tunnagan 's " fàg, fàg " a' gheàrain uapa bho mhoch gu h-annoch, agus so uile chum an torc breac a reamhrachadh. Cho luath 's a mharbhadh e, b'è sin latha 'n àigh do gach creutair mu'n doras; chluinneadh tu na geòidh a' sgeigil gu farumach, na cearcan a' gogail le sòlas—ùpraid air gach aon diubh—an coileach Frangach 's a sprogan cho dearg ris an sgàrlaid a' guguil gu cridheil—'s an madadh còir a' 'thum gu togarrach—na tunnagan a' snàmh air linne nan gèadh agus a' mireadh gu subhach: agus c'ar-son? Mharbhadh a' mhuc mór: bha na chaith a' bhéist air a roinn cadar gach creutair eile.

CUAIR.—Tha sin gle mhaith, Eachainn, ach c' àit an deach an t-airgiod a fhuair do bhean air son na muice?

EACH.—Ma ta chuir sibh ceist orm: sin ni tha duilich a fhreagairt: cheannaicheadh sud agus so—gùn ùr—currachd ùr —soithichean ùra creadha 's na ficheadan ni eile nach d' ionndraich sinn gus an d' thug am fasan a stigh iad—tha mi am mearachd—thug i dhomh a' pheiteag so a tha orm.

CUAIR.—Ach c' ar-son nach do reic thu fhéin a' mhuc, 's nach do phàigh thu do mhàl leis an airgiod?

EACH.—Fhir mo chridhe, thug mi 'mhuc nuair a bha i 'na h-uircean, do m' mhnaoi. " So," arsa mise, latha 'bha i 'g iarraidh ni-eigin buam—" so," arsa mise, " uircean: reamhraich e 's reich e, agus ceannaich na tha 'dhèith ort." " Mo bheannachd ort, Eachainn!" ars' ise. Chuireadh ann an crò e, thòisich an reamhrachd: ma bha 'm meòg goirt, thoir do 'n mhuc e—"ma bha 'bhlàthach tana, " thoir do 'n mhuc i"—na dallagan a b' àbhaist duinn fhàgail air a' chladach b' éigin an toirt dhachaidh do 'n mhuc. Ann an aon fhocal bha h-uile ni air a shlaodadh do chrò na muice ach chuireadh a' chore innte mu dheireadh. " Mo mhuc fhéin," arsa mo bhean: bha i cho bòsdail as na bha de shàill oirre 's ged robh i aice air a cìch. Cha d' thubnairt mi diog. 'S aithne dhuibh na

mnathan, a Chuirteir, chan 'eil math bhith 'cur 'nan aghaidh—'s mor an t-sochair sìth. Ach 's éigin domh falbh. Slàn leibh! fhir mo chridhe—ma chaomhnar mi bithidh mi air m' ais an ùine ghoirid le luchd de bhunaichean, agus chì mi sibh. Slàn leibh!

CUAIR.—Slàn leat! Eachainn. 'S e 'm baile-mór mionach na dùthcha, agus is ole a thig do na làmhnan 's do na casan a bhith 'gearan 'na aghaidh—Ach slàn leat!

EACH.—Aon fhacal; tha mi 'guidhe oirbh gun iomradh 'thoirt anns a Chuirtear mu 'n mhuc, air neo cha ruig mise leas tilleadh. Slàn leibh! fhir mo chridhe.

## V.

### EACHDRAIDH MU BHLIADHNA THEARLAICH.

“Thàinig mo Rìgh air tìr am Mùideart.”

Chan 'eil an t-àm fad' air dol seachad nuair nach biodh e ceadaichte dhuinn ach labhairt gu faicilleach mu'n chùis so. Dh' fhalbh Prionns' Tearlach, agus cha d' fhàg e oighre 'na dhéidh a tha 'tagradh na rìoghachd o'n teaghlach àrd a tha nis thairis oirnn. Tha Rìgh Deòrsa nis air 'aideachadh, agus air a ghràdhachadh leis gach duine san eilean Bhreatannach. Agus 'nam measg so gu léir, chan 'eil daoine is toighiche uime, agus is dìsle dha na Clann nan Gàidheal, seadh, eadhon sliochd nan ceart daoine a dh' éirich le Tearlach. Is iomadh blàr garg san do dhearbhadh iad so: agus tha iad ag radh, nach 'eil duine san rìoghachd is déidheile air naidheachd mu Bhliadhna Thearlaich, na 'n Rìgh féin, no is togarraiche duanagan an ama sin a chluinntinn. Chualas e gu tric a' moladh nan Gàidheal, a chionn nach d' fhuaradh duine 'nam measg a bha cho diblidh truagh 's a dheanadh brath air Tearlach, ged a bu mhór an t-airgiod cinn a chaidh a thairgseadh. Faodaidh sinn a nis labhairt agus sgrìobhadh gu neo-sgàthach mu Bhliadhna Thearlaich; agus is cinnte leinn nach misde le òigrìdh na Gàidhealtachd an Eachdraidh so 'éisdeachd. Dh' fhalbh na seann laoch a b' àbhaist a h-aithris air an fheasgar gheamhraidh, agus tha i a h-uile bliadhna 'dol na's mò air dì-chuimhn'.

'S ann air an 20mh là de mhìos meadhoin an t-samhraidh, anns a' bhliadhna 1745, a dh' fhàg Prionns' Tearlach an Fhraing, ann an soitheach-cogaidh, agus a rinn e air son

Gaidhealtachd na h-Alba, a chum oidhirp a thoirt air rìoghachd 'athar, 's a shean-athar, agus an teaghlach rìoghail a ghairmeadh a stigh 'nan àite, 'fhògradh air an ais do *Hanobher* o'n d' thàinig iad. Cha d' thug e leis ach dà mhìle gunna, agus cóig no sè ceud claidheamh Frangach. Cha robh saighdear ainneil 'na chuideachd; agus cha robh aige ach trì no ceithir mìle Punnd Sasunnach de dh' airgiod. Bha 'uile earbsa as na càirdean a bh' air thoiseach air, agus chuir e roimhe e féin a thilgeadh 'nan uchd. Ràinig e 'n t-Eilean Fada, agus thilg e acair anns a' chaolas eadar Uist agus Eirisea. Chuir e'n oidhche seachad air tìr, chuir e fios air Fear Bhoisdeil, bràthair do Mhac-'Ic-Ailein; ach dhiùlt an duine so éirigh leis: agus rinn e na dh' fhaod e a chum a thoirt air Tearlach dol air ais mar a thàinig e; ag aslachadh gun chogadh a dhùsgadh san àm, nì nach faodadh gun mhilleadh a tharraing air féin agus air na dh' éireadh leis. Nuair a mhothaich am Prionnsa nach drùidheadh e air, thug e Arasaig air: agus air an aon-là-deug de mhìos deireannach an t-samhraidh, thàinig e gu acair ann an Loch-nan-gall. Chuir e fios aig Mac-'Ic-Ailein òg, furan cho fathail 's a sheas riamh air balt bròige. Thàinig am Mùideartach òg so 'na làthair air an là màireach, le Fear Ghlinnealadail agus Fear Dhail-eileadh. Rinn iad na dh' fhaod iad g'a chomhairleachadh gu 'n an oidhirp a thoirt: bha e féin agus iadsan a' spaisdearachd an deireadh na luinge, esan ag aslachadh orra-san éirigh, agus iadsan cho dian 'ga dhiùltadh. Nuair nach mòr nach d' thairtlich iad air, mhothaich e Gàidheal eireachdail 'na làn éideadh -bràthair do Fhear Cheann-locha-Mùideart, a' seasamh an ceann eile na luinge. Thuig an Gàidheal có a bh' ann, agus chual' e le h-iongantas agus corraich, a Cheann-cinnidh agus a chàirdean a' diùltadh éirigh leis. Thàinig rudhadh air a ghruaidh, ghlac e a chlaidheamh gu gramail 'na làimh, thug e ceum goirid air ais agus air aghaidh, air clàr na luinge, le colg bhuaireasaich 'na shùil. Mhothaich am Prionnsa dha so: thionndaidh e ris, agus thubhairt e, " An éirich thusa leam?" " Eiridh mi," a deir Raonull òg Cheann-locha-Mùideart. " agus ged nach biodh duine eile an Albainn a dheanadh e, seasaidh mi le m' Phrionnsa gu bàs." Thàinig na deòir an sùilibh a' Phrionnsa. " A fhleasgaich fhogha-intich," a deir e, " na 'm biodh mìle de d' leithid agam, ghearrainn a mach slighe a chum rìgh-chathair mo shinnsir." Cha luaithe a chuala Mac-'Ic-Ailein 's a chàirdean so na a ghéill iad da, agus dh' éigh iad a mach, " Eiridh sinn uile

leat, a Thearlaich Stiùbhairt, a Phrionnsa, agus oighre Bhreathuinn.”

Latha na dhà an déidh so, chuireadh am Mùideartach òg air theachdaireachd a dh' ionnsuidh Mhic-Leòid Dhùn-bheagain, agus Mhic-Dhòmhnuill Shléite, a dh' fheuch an éireadh iad leis a' Phrionnsa. Dhiùlt iad e gu tur, a' tairg-seadh mar leth-sgeul, nach d' thug e leis am feachd a gheall e: agus nach biodh iad cho amaideach agus sgrìos a thoirt orra féin agus air an daoine, nuair nach robh e, do réir coslais, gu buadhachadh. Bha so 'na chulaidh mhór mhulaid do Thearlach, oir b'urraim na Cinn-theadhna sin, na 'n éireadh ad leis, sluagh mór a thogail.

'S ann o thigh Fhir Bhoradail, far an robh am Prionnsa a dhòmhnuidh, a chuir e teachdairean a mach air feadh na Gàidhealtachd air fad, a thogail a chàirdean. 'S e a' cheud aon a thàinig g'a fhaicinn Dòmhnall Camshron, mac Mhic-Dhòmhnuille-duibh: duine cho measail, agus gaisgeach cho curanta 's a bha an Gàidhealtachd Alba. Cha robh Loch-iall òg na bu togarraiche air éirigh leis na bha càch: a thaobh gun fac' e gu 'n robh e gun daoine, gun airm, gun airgid. Ach cha luaithe a thàinig e 'na sheanachas, na chaidh gach cunnart air dì-chuimhn', agus chuir e roimhe éirigh leis ge b'è mar a thigeadh a dheireadh. Phill e gu grad do Lochabar, a thogail a dhaoine, mar a rinn gach Ceann-cinnidh eile air an do chuir e ìmpidh éirigh leis.

Chaidh a nis a shocrachadh gu 'n togteadh a' bhratach ann an Gleann-fionain, air an naoitheamh-là-deug de'n ath mhìos; agus chuireadh a mach litrichean a chum gun coinnicheadh a chàirdean uile e air an là sin san ionad sin. Dh' fhàg am Prionnsa tigh Fhir Bhoradail, agus chaidh e do Cheann-locha-Mùideart, agus as a sin do thigh Ghlinn-ealadail ri taobh Loch-seile. Nuair a thàinig an là san robh i ri bhith air a togail, ràinig e Gleann-fionain, beagan roimh mheadhon là, far an robh dùil aige gun coinnicheadh na Fineachan Gàidhealach e 'nam mìltean. Ach, nuair a ràinig e, bha 'n Gleann cho ciùin sàmhach 's a bha e aon latha riamh. Cha robh daoine no feachd ann. Smaointich e gu 'n d' thainig sgiorradh éigin air na daoine ris an robh fiughair aige, agus chaidh e stigh do bhothan bochd a bha dlùth do làimh, an dòchas gu 'n tigeadh cuid diubh. Fa dheòidh chualas nuallan pioba o ghuala beinne a bha f'a chomhair, agus gu grad chunnaic Prionns' Tearlach buidheann ìonmhor a teàrnadh. B'è Mac-Dhòmhnuille-duibh 's a chinneadh a bh' ann, fo bhreacan-an-fhéilidh, 's fo'n làn



armaibh. Air a thogail leis an t-sealladh so, agus leis a' chunntas a fhuair e nu chath a chuir iad féin agus Clann-Dòmhnuille na Ceapaich agus Ghlinne-garadh, an aghaidh nan saighdearan dearga, cha do chuir e tuilleadh dàlach ann an cogadh a ghairm an aghaidh Rìgh Deòrsa. Chaidh iad an sin gu mullach tuim an meadhon a' ghlinne, far an do thog iad a' bhratach sin a bha cho dòineach 'na dhéidh sin do dh' Albainn. Cha luaithe a chunnacas a' bhratach na ghleusadh gach piob g'a fàilteachadh, agus thogadh a' bhuidhe-chaitheam leis an àireamh lionmhor a bha m'a timchioll. Tamull beag 'na dhéidh so, thàinig Mac-'Ic-Ranuill na Ceapaich le trì cheud do cheatharnaich fhoghainteach; agus an dàil an annoich, thàinig daoine-uaisle do Shìol Leòid as an Eilean Sgiathanach, a' tairgseadh éirigh leis, a dh' aindeoin mar a rinn an ceann-cinnidh.

Champaich an feachd so, a bha nu thimchioll dà-cheud-deug an àireamh, air an oidhche sin anns a' Ghleann; agus mar so thòisich an iomairt, air a' bheil a mhiann oirnn beagan a labhairt o àm gu h-àm.

#### CRUINNEACHADH NAM FINEACHAN.

" Moch sa' mhaduinn 's mi 'dùsgadh,  
 'S mòr mo shunnid, 's mo cheòl-gàire,  
 O'n a chuala mi 'm Prionnsa  
 'Thighinn do dhùthaich Chlann-Ranuill."

Dhealaich sinn ri Prionns' Tearlach ann an Gleann-fionain, aig ceann Lech-seile, ann an bràighe Mhùideairt, far an do thog Alastair Dòmhnallach, Triath Ghlinn-ealadail, caraid dileas ar n-òige, Tùr rioghail, mar chuinnneachan air a' ghnòthach ainmeil so.

Bha Rìgh Deòrsa II. ann an *Hanobher* san àm, agus bha gnothaichean na rioghachd an earbsa ri riaghlairean a shònraicheadh 'na àite. Bha 'n t-arm-dearg an Albainn fo 'n cheannard sin, air an tric a chuala sinn ionradh 'nar n-òige, Sir Iain *Cope*.

Chaidh mìos a dh' ùine seachad an déidh do Thearlach teachd do dh' Albainn, nu'n d' fhuaradh fios cinnteach uime ann an Dun-éideann. Air a' cheart là air an do thog Tearlach a bhratach ann an Gleann-fionain, chuir Sir Iain *Cope* e féin air ceann nan saighdearan dearga ann an Sruileadh; agus air an ath là ghluais e le ceithir-cheud-deug fear fo'n armaibh, agus cehd gunnacha móra, agus airm-chatha a chuireadh e

ann an làmhaibh nan daoine a shaoil leis a dh' éireadh leis mar a bha e 'gabhail air 'aghaidh. Bha e a' cheud oidhche ann am baile Chraoibh, far an do choinnich e Diùc Atholl, agus Morair Ghlinn-urchaidh, agus fhuair e 'mach uatha-san nach robh iad féin no an daoine ro thoileach éirigh. Bha mìle leth-sgeul aca: air chor 's gu 'n do chuir Sir Iain *Cope* air ais na h-airm a thug e leis do Shruileadh, far am bu mhiann leis féin tilleadh, na'm faodadh e. Mar is faid' a chaidh an t-arm-dearg air an aghaidh an coinne Thearlaich, 's ann is mò a thuing iad nach robh muinntir na dùthcha air an taobh. Cha robh seòl a shaoileadh iad gu campar a chur orra, no grabadh, nach do ghnàthaich iad. Ghoid iad an cuid each san oidhche, agus thug iad a h-uile sgeul bu bhreugaiche na chèile d' an ionnsaidh a chum am mealladh. Nuair a ràinig e Coire-ghearaig fhuair *Cope* fios cinnteach gun robh am Prionnsa agus na Gàidheil dlùth do làimh: agus a' feitheamh gu bhith 'n sàs ann nuair a gheibheadh iad e ann an cas-bhruthach a' Choire. Cha robh *Cope* deònach air dol 'nan caraibh; chum e comhairle-chogaidh, agus cho-aontaich iad am Prionns' a sheachnadh, agus thug iad Inbhirnis orra.

Bha aig a' Phrionnsa fodha air an àm so, ochd-ceud-deug de dhaoine curanta, treun, dian, togarrach gu bhith 'n sàs ann na saighdearan dearga, agus na'm biodh iad air tachairt riu air a' cheart là sin, is cinnteach sinn, mar a thubhairt an t-Oran,

“ Gur iad a luaidheadh an clò ruadh gu daingeann.”

Ghlaic Tearlach féin spiorad nan Gàidheal. Thòisich e air an cànan 'ionnsachadh, thogadh e 'n Luinneag leo air an t-slighe; chuir e suas breacan-an-fhéilidh, leis an làn éideadh Ghàidhealach; agus anns an fheachd air fad cha robh na bu luthmhoire a shiùbhladh garbhach nam beann na e.

Mu ghlasadh an latha, dhìrich Tearlach 's a chuid daoine ri uchd Choire-ghearaig, agus an déidh a bhith dlùth do'n mhullach, leig iad iad féin 'nan sìneadh san fhraoch, an dùil gu'n tigeadh *Cope*; ach cha b' fhada gus an d' fhuair iad brath gu 'n do thàir e as do Inbhirnis. Thog iad iolach le buaidh chaitream, a' deanamh uail a gealtaireachd nan saighdearan dearga; agus dh' òl iad an deoch slàinte.

Thog am Prionnsa 's a chuid daoine orra a stigh troimh Bhàideanach agus troimh Atholl, do mhachraichibh nan Gall. Agus mar is fhaid' a chaidh iad air an aghaidh, 's ann is déidheile a chinn na daoine mu'n Phrionnsa. Choisich e r'an

taobh guala ri guala, a' dol o chuideachd gu cuideachd a seanachas leo mu eachdraidh gach cinnidh agus teaghlaich, ionnas nach robh duine fodha nach dùraichdeadh fuil a chridhe a dhòrtadh air a shon : agus is cuimhne leinn gu math 'nar n-òige cuid do na seann laoich a bha maille ris, 'fhaicinn a' sìleadh nan deur ri ionradh air 'ainm, agus ag aithris na thachair san àm. Mheudaich am feachd gu mór mar a chaidh iad air an adhart : mar dh' atas an abhainn mhór ann an Tìr nam Beann o'n d' thàinig iad, leis gach caochan a tha sruthadh innte o gach gleann mar a tha i 'dol seachad.

### AM PRIONNS ANN AM PEART.

Air an treas-là-deug de mhìos meadhoin an fhogharaidh thàinig e gu Peairt. Chuir e suas air an là so deise riomhach do bhreacan, air a h-uidheamachadh le h-òr, a chomharraich a mach am flath rìoghail sin am measg nam mìltean. Dh' fhàiltich sluagh a' bhaile-mhòir so e, le mór dhealas, agus chaidh iad leis mar aon duine le h-ìolach ghàirdeachais a chum an tighe san robh e gu tàmh a ghabhail. Smaointich iad le h-uaill air greadhnachas nan làithean aoibhneach a dh' fhalbh, nuair a chum sinnsire rìoghail Thearlaich am mòid 'nam measg ; agus cha b' urrainn doibh beachdachadh air-san a thàinig a dh' aiseag air ais dhoibh, mar a shaoil iad, mòralachd nan amannan sin, gun mhór thaitneachd.

Cha robh san àm so sgillinn ruadh 'na spòrran, ach thog e cìs anns na bailtibh móra mu'n cuairt, agus chuir a chàirdean a Dun-éideann suim mhór airgid d'a ionnsuidh. 'S ann do Pheairt a thàinig Morair Deòrsa, bràthair Dhiùc Atholl, an toiseach d'a ionnsuidh : saighdear curanta a thogadh ri cogadh o aois 'òige : agus thug Tearlach dha, fodha féin, àrd riaghladh an airm. An déidh dha bhith cèhd làithean am Peairt, ghabh e air 'adhart do Dhun-éideann. Chan fhiach aithris an t-ullachadh faoin a rinneadh anns a' bhaile-mhór so chum na Gàidheil a chumail a mach. Chuireadh trupairean *Gardner* agus *Hamilton* a mach 'nan còmh-dhail : ach cha luaithe a thàinig an t-arm Gàidhealach san fhradharc na a theich iad. Chuir e gairm a chum a' bhaile iad a strìochdadh, agus nach deanta dechair air ni no neach a bh' ann. Bha luchd-riaghlaidh a' bhaile deònach dàil a chur san fhreagradh a bheireadh iad da, air doibh a chluinntinn gun d' thàinig *Cope* agus an t-arm-dearg air tìr aig *Dunbar*. Ach cha d' thug Tearlach

móran ùine dhoibh gu smaointeachadh; chuir e Mac-Dhòmhnuill-duibh, Mac-'Ic-Ranuill na Ceapaich, Fear Aird-seile-agus O' *Suilibhan*, le naoi ceud fear a ghlacadh a bhaile.

#### AM PRIONNS' ANN AN DUN-EIDEANN.

An uair a ràinig am feachd so am baile fhuair iad an geata fosgailte, agus mu'm b' urrainnear a dhruideadh bhrùchd iad a stigh, agus theich gach aon le maoin rompa. Ghabh iad suas an t-sràid mhór, a chum tigh' an fhreiceadain; agus am Pìobaire 'seinn port caitheamhach nan Stiùbhartach,

“ Gabhaidh sinne 'n rathad mór  
Olc air mhath le càch e.”

An uair a dh' éirich muinntir a' bhaile, thuig iad gu'n robh mùthadh uachdranachd orra, leis nach robh cuid diubh ro thoilichte.

An uair a chual' am Prionnsa gu 'n robh a chárdean an seilbh sa' bhaile, ghluais e le 'fheachd gu Lùchairt rìoghail a shinnsir. An uair a fhuair e 'cheud sealladh air an aitribh aosmhoir sin, far an do rìoghaich iadsan o'n d' thainig e rè iomadh linn, theirinn e o'n stead-each air an robh e 'marcachd, agus sheas e car tamuill 'na thosd, a beachdachadh air an àite le geur dheòthas 'anama. Thàinig mór shluagh a mach 'na chòmhdhail g'a fhàilteachadh le gairdeachas. Sheas e car tamuill a chum gum faiceadh an sluagh e. Bha e san àm sin gu h-òg, éireachdail, an tréin a neirt. Bha e àrd, fathail; bha 'Thalt buidhe-ruadh; bha 'aghaidh ruiteach, le beagan do bhreacadh-sianain; bha 'mhailghean àrd, dreach-mhor; bha 'shùil ghorm gu tlàth, liontach. Ann an aon fhacal, bha e ro àillidh, gun chroin cumadh. mu shè troidhean air àirde; gu cruinn dealbhach, a' nochdadh gu'n robh e gu làidir, fulangach. An déidh dha cothrom a thoirt do'n t-sluagh air beachd a ghabhail air, ghluais e a chum na Lùchairt, air a' cheart slighe air an deachaidh Rìgh Deòrsa IV. a chum an ionaid cheudna, seachd-bliadhna-deug agus trì fichead 'na dhéidh sin.

Do réir coslais bhia'n sluagh mór a chaidh a mach an còmhdhail Thearlaich, ro shòlasach 'fhaicinn. Churnaic muinntir Dhun-eideann, 'nar latha 's 'nar cuimhne féin, Rìgh Deòrsa ag imeachd do'n àite cheudna, agus dh' fhàiltich iad e mar a bu chubhaidh dhoibh le dealas àrd. Air an là san d' fhosgail Lùchairt nan Rìgh a dorsan aosda a chum esan a ghabhail a

stigh, cha robh neach a' tagradh a chòrach; agus b'è guidhe gach duine an Albainn, Dia g'a bheannachadh. Bheachdaich gach sùil le h-urram agus iongantais air an Rìgh a b' àirde agus a bu chumhachdaiche air thalamh. B' esan gun teagamh an Rìgh laghail, agus dh' innis an cinn agus an tuigse dhoibh gur ann da-san a bhuineadh an rìgh-cholbh, agus crùn Bhreatuinn. Ach Tearlach òg Stiùbhart, mur a d' aidich an cinn gu'm be oighre Bhreatunn e, dh' aidich an cridheachan e. Thàinig e nis 'nam measg, 'na ghaisgeach curanta, fathail, le buidheann do laoch fhoghainteach nach strìochdadh. Mi-shealbhar 'na òige chumnaic iad e 'lìs a' toirt oidhirp àird, chunnartaich a cùm cathair a shinnsir a chosnadh. Sliochd nan Rìghrean, is tric a threòraich Albainn gu blàr, 's gu buaidh, cha b' ioghnadh ged a lùb a' liuthad cridhe leis, agus ged a thàirngedh a cho liuthad claidheamh as a leth. Ma dh' fhàiltich muinntir na L-Alba Rìgh Deòrsa le h-urram agus meas mar a bu dligheach dha, dh' fhàiltich iad an t-aon fa dheireadh de na Stiùbhartaich mar a bu dùth dhoibh le bàidh an cridheachan. Dh' fhàiltich iad Rìgh Deòrsa 'na charbad rioghail, le gàir aoibhneas; ach tha e air innseadh dhuinn gu 'n robh breacan Thearlaich òig Stiùbhart air a thaiseachadh le deuraibh gràidh na h-aitim a bha 'g iarraidh a phògadh. Bu latha sòlasach do'n Lùchairt aosda an là sin san do thilg i a dorsan gu falaidh fosgailte do dh' ogha an Rìgh mu dheireadh a bha 'chòmhnuidh ann. Bha cuid de dhaoine fhathast beò, a chunnaic mór-chuis rìghrean san talla sin, a bha nis o chionn fhada gu falamh fàs; agus bha móran a chual' o na daoine o'n d' thàinig iad mu ghreadh-nachas nan làithean sin; chan ioghnadh, uime sin, ged a bha iad aoibhneach nuair a chual' iad am mac-talla bha cho fada 'na thosd, a rìs air a dhùsgadh agus a' co-fhreagradh air feadh nan Lùchairtean aosda. "Fàilt' a' Phrionns' òig."

#### LATHA BLAIR SLIABH-CHLAMHAIN.

"Deanaibh ullamh chum 'ur turuis,  
 'S bithibh guineach, deònach;  
 So an cumasg am bi na buillean  
 An deantar fuil a dhòrtadh.  
 Och a dhuine! 's lionmhor curaidh,  
 Is fìor sturraìl cò-stri,  
 A leigear bhàrr éille mar chuilein  
 Dh' fhaotainn fuil air Seòras!

“ 'Mhoir', is sgairteil, foirmeil, bagant',  
 Gàidheil ghasda chròdha;  
 Gach aon bhratach sìos do'n bhaiteal,  
 Le'n gruaidh laiste ròs-dearg;  
 Iad gun fhiamh, gun fheall, gun ghaiseadh,  
 Rìoghail, beachd-bhorb, pròiseil;  
 Gu neo-lapach ri roinn gaisgidh,  
 Spàinnich ghlas 'nan dòrnaibh.”

Am feadh a bha 'm Prionns' òg, 's na Fìneachan Gàidheil a dh' éirich leis, ann an Lùchairtibh a shinnsir ann an Dun-éideann, thàinig Sir Iain *Cope* leis an arm-dhearg air tìr aig *Dunbar*, baile beag an cois na fairge, seàchd-mìle-fichead an taobh an ear do Dhun-éideann; agus air an là màireach ghluais e féin agus 'fheachd an coinne nan Gàidheil. Chaidil e féin agus a dhaoine an oidhche sin ann an *Haddington*, agus air an ath là ghabh iad air an t-slighe do Dhun-éideann. Chuir e *Morair Loudon* agus freiceadan leis air an adhart roimh 'n arm eile, an earalas nach tigeadh am Prionns' orra gun fhios. A h cha b' fhad' a chaidh e nuair a phill e an deannaibh nam bonn, ag innseadh gu'n cual e piobaireachd nan Gàidheil, agus gum fac' e 'm brataichean coimheach. Chuir so ioghnadh air *Cope*, ach cha do ghabh e eagal. Chuir e stad air an fheachd, agus tharraing e suas iad an òrdugh catha. Tamull beag 'na dhéidh sin thàinig Tearlach agus luchd nam breacan san fhradharc. Bha iad so an àrd mhisnich, an déidh na fois a fhuair iad an Dun-éideann. Air an là so féin mu éirigh na gréine thàinig na Granndaich, Clann-Lachlainn, agus muinntir Atholl d'an ionnsuidh; agus chuir Tearlach e féin air ceann a chuid daoine. Thuhairt e riu, “ Tharraing mi mo chlaidheamh, mo chàirdean, agus thilg mi uam an truaille.” Fhreagair an t-arm e le h-ìolach àrd, agus ghluais iad air an aghaidh trì air doimhneachd, a' sìor chumail cothrom a' bhruthaich, oir bu toigh leis na Gàidheil riamh cothrom a' bhruthaich a bhith aca air an naimhdibh; a' cuimhneachadh mar a thubhairt Eòghan dubh Mac-a'-Chombaich, “ Théid an taigeis féin gu dàna sìos am bruthach.” Cha robh an t-arm-dearg ro-dhéidheil air teachd gu cumasg air an fheasgar sin, agus uime sin tharraing na Gàidheil a suas air leacainn air an robh fraoch agus conasg, far an do ghabh iad gu támh paisgte 'nam breacanaibh, an déidh dhoibh freiceadan làidir a chur a mach a dheanamh fàth-fheitheamh air an nàmhaid. B'i so a' cheud oidhche fhuair a thàinig, o'n a sgaoileadh bratach Thearlaich ann an Gleann-fìonain. Thuit air an oidhche so ceò dùmhail

agus liath-reothadh, a chuir doimheadas mór air an arm-dhearg, ach a mheasadh suarach lè luchd-àiteachadh nam Beann. Thug *Cope* fainear teintean móra 'fhadadh mu thimchioll an airm g'an cumail blàth, agus a thoirt misnich dhoibh; ach leig Tearlach 's a chuid daoine iad féin 'nan sìneadh san fhraoch, agus thugadh òrdugh gun smid a labhairt.

An déidh do na daoine gabhail mu thàmh, thàinig òganach uasal, a bha 'nam measg air 'adhart, a thogadh anns an àite sin, agus a thairg iùl a dheanamh dhoibh troimh mhòintich dhomhain a bha eadar iad féin 's an t-arm-dearg, troimh bhealach àraidh, leis am faodadh iad tighinn dlùth air an nàmhaid, gun iad a mhothachadh dhoibh. Dhùisgeadh am Prionnsa, a bha 'na luighe agus sguab pheasrach mar chluasaig dha. Chumadh comhairle-chogaidh, agus cho-aontaich iad comhairl' an òganaich a ghabhail.

B' ann air Di-sathuirn, a' cheud là air fhichead de mhìos meadhonach an fhogharaidh, a bha na Gàidheil air éirigh trì uairean an uaireadair mu'n do thog 'ghrian a ceann, gu latha Sliabh-chlamhain a chur. Ghabh iad a sìos troimh ghlaic dhomhain, gun smid as an cinn. Cha robh e'n comas an nàmhaid am faicinn leis a' cheò dhumhail a bha air an t-srath. Chuireadh Clann Dòmhnuille air an làimh dheis, urram a fhuair iad air Blàr *Bhannockburn*, agus a ghleidh iad anns gach cath uaithe sin, ach air cath ainmeil *Harlaw*, nuair a thug iad féin thairis i le 'n deòin do Shìol-Leoid. Air a' mhadainn so, bha Mac-Dhòmhnuille-duibh 's a chuid daoine, agus Stiùbhartaich na h-Apunn air an làimh chli agus Clann-Ghriogair sa' mheadhon. Bha Diùc Pheairt 'na Cheannard air an làimh dheis, agus Morair Deòrsa Moraidh air an làimh chli.

Bha 'chuid eile de na Gàidheil, muinntir Atholl, Clann Donnachaidh, Clann Iain Ghlinne-comhann, agus Clann Lachlainn, air a tarraing suas 'nan sreath eile leth-cheud slat air cùlaobh chàich, fo stiùradh Mhorair *Nairn*, agus eadar an dà chuid bha Tearlach e féin. Bha de Ghàidheil a làthair sa' bhàr so dà mhìle agus ceithir cheud, agus do'n arm-dhearg trì cheud na bu lugha. Mhothaich am freiceadan a bh'aig *Cope* do na Gàidheil a' tighinn, agus thug iad sanas seachad.

Bha nis bristeadh na fàir' ann, bha 'n ceò ag éirigh suas, agus òg ghathan na gréine ag òradh àirde nan speur. Bha fhathast meall ceò eadar an dà fheachd, air chor 's nach fhac' iad a chéile, ged a thug iad gu'n robh iad dlùth. "Leanaihb mise," arsa Tearlach, "agus le còmhnaidh Dhé nì mi an diugh

sìbh 'nar daoine sona. An uair a bha iad gu bhith 'n sàs thug na Gàidheil dhiubh am boireidean, agus chuir iad a suas ùrnuigh gheàrr. B' uaislean air fad a bha 's an t-sreath thoisich. Bha gach Ceann-cinnidh am broilleach a dhaoine féin, agus na càirdean a bu dìsle dha m'a thimchioll. Thàinig am feachd Gàidhealach cho bras air an aghaidh 's nach robh cethrom aig *Cope* air mòran a labhairt r'a chuid airm. Thog na Gàidheil, mar a bu nòs leo, aon iolach oillteil chatha, agus ann am prioba na sùl' bha iad am bad an nàmbaid. Dh' fhosgail an t-arm-dearg orra le'n airm-theine o thaobh gu taobh: ach bu shuarach so an aghaidh cruadal feghainteach nan ioch treun' a bha 'tighinn orra. Cha d' fhuair iad ach an aon lòd a thilgeadh nuair a bha luchd nam breacan le 'm bìodaig 's le 'n claidheamh nam broilleach. 'S e Mac-Dhòmhnuill-duibh 's a dhaoine, agus mauntir na h-Apuinn, a thug a' cheud fhuil. Thàinig na trupairean 'nan còmhdaibh, ach ma thàinig cha b' fhad' a sheas iad. Thàinig Clann Dòmhnuille air an adhart, agus cha b' iad a bu tàire: 'na dhéidh sin Clann Ghriogair a dhearbhadh gum b' airidh iad air cliù an sìmsireachd. Cha robh e comasach seasamh 'nan aghaidh. Ann an tiota chuir iad an ruaig air an arm-dhearg. Bha aon bhuidheann bheag fo'n duine ainmeil, Còirneal *Gardner*, a sheas leo so an déidh d'a dhaoine féin fhàgail: agus a chuir an cath gu duineil, gus an do bhuaileadh gu lár e le iomadh creuchd fhuilteach, ann ar sealladh a thighe féin. Cha do mhair an cath ainmeil se thairis air còig no sè a mhionaidean: ach anns an ùine gheàrr so, chaidh a choimhlion guìomh foghainteach a dheanadh 's a lionadh leabhar cuimseach. Cha d' fhuair as de'n arm-dhearg air fad ach mu shè ceud: mharbhadh, no rinneadh prìosanaich de chàch. Theich an Ceannard *Cope* féin, agus cha do tharraing e srian gus an d' ràinig e *Dunbar*.

'S ann le taitneachd a tha sinn a' leughadh, ged a bha na Gàidheil cho cruadalach a cur na ruaige, gu 'n do thaisbein iad an coibhneas a b' iochdmhoire dhoibh-san a bh'air an leònadh.

Thàinig na Camshronaich do Dhun-éideann an ceann trì uairean an déidh am blàr a chur, a' nochdadh gu follaiseach brataichean an airm-dhearg; agus air an là màireach thàinig am Prionns' agus am feachd gu léir 'nan déidh, le 'm prìosanaich, a bha gu h-inbhe bhig cho lionmhor riu féin; agus còig fichead pìobaire a' seinn gu caitheamach, an uair a thill iad mar so gu buadhar do Cheann-bhaile na rìoghachd.



## AM PRIONNS' A' CUR ROIMHE SASUNN A THOIRT AIR.

“ Thoir a nall leat pannal ghruagach,  
Luaidheas an clò ruadh gu daingean,  
Agus h-ò Mhòrag, &c.

An déidh do Phrionns' Tearlach, agus d'a dhaoine sè seachdainean a chait' eamh ann an Dun-eideann, agus nuair a thug e dùil nach éireadh tuilleadh dhaoine leis, chuir e roimhe Sasunn a thoirt air, ged a bha 'chuid bu mhò de Shasunn fo 'n armaibh chum cur 'na aghaidh. Bha fiughair aige ri còmhnaidh as an Fhraing, agus bha làn earbs' aige a cruadal nan daoine 'bha leis san àm. Air latha Samhna dh' fhàg e Lùchairt a shìmsir, agus chuir e e féin air ceann a chuid daoine, a bha nis ann an rogha misnich, leis an fhois a fhuair iad. Bha ann diubh mu thimchioll sè mìle fear, agus còrr agus an leth 'nan Gàidheil, a bha 'nan deagh uidheam a thaobh éideadh agus armachd. Ochd làithean 'na dhéidh sin chaidh iad a steach do Fhasunn, agus chuartaich iad *Carlisle*, a sheas a mach car latha no dha 'nan aghaidh, ach a ghéill doibh fa dheireadh—far an d' fhuair e móran armachd, each, agus nithean luachmhor a chaidh a thasgaidh suas ann, a bhuineadh do dh' uaislean na dùthcha mu'n cuairt. Chuir a' lhuaidh a fhuair e air a' bhaile so, iongantais air an rìoghachd uile; smaointich iad nach robh aon ni eu-comasach do na Gàidheil; 's nach robh dhoibh ach gabhail air an aghaidh do Lunnuinn, a bhuannachd na bha 'nam beachd. Ach o so a mach cha robh soirbheachadh leo. Thòisich easaonachd 'nam measg féin. Bha cuid air son dol dìreach air an adhart do Lunnuinn, agus cuid eile air son pilleadh air an ais. Thàinig Diùc Uilleam agus an t-arm dearg a bha maille ris ann am Flànras dhachaidh; bha deich mìle de dh' arm deanta ann an aon champ, a bhàrr air feachd lionmhor a thogadh an Lunnuinn, air an robh an Rìgh féin 'na cheannard. Ghairmeadh comhairle chogaidh ann an *Carlisle*, agus 's e a smaointich iad dol air an aghaidh. Cha d'éirich duine de na Sasunnaich leis, gus an d' ràinig iad *Manchester*, agus thréig mu thimchioll mìle fear d'a dhaoine féin e o'n a dh' fhàg e Dun-eideann. Ann am *Manchester* fhuair e mu dhà cheud fear. Ghabh e air adhart air an t-slighe do Lunnuinn, gus an d' ràinig e *Derby*, astar cheithir làithean o cheann-bhaile-mór na rìoghachd. Bha 'n dà arm an so mar bheagan mhiltean d'a chéile, agus bha fiughair air na Gàidheil a h-uile mionaid a bhi'n sàs anns an arm-dhearg. An uair a

chualas ann an Lunnuinn gu 'n robh na Gàidheil cho dlùth dhoibh, ghlac oilt agus uamhunn gach neach san àite; agus cha robh an t-arm-dearg féin saor o eagal, ionnas na'm biodh iad air coinneachadh san àm, b'i barail dhaoine gun buaidh-aicheadh na Gàidheil, agus gum faodadh Rìgh Deòrsa an rìoghachd 'fhàgail mar a rinn Rìgh Seumas roimhe. Ach chunnaic am Freasdal ionchuidh a' chùis 'òrduchadh air dhòigh eile. Fhuair am Prionnsa fios gu 'n robh trì mìle saighdear fo Mhorair *Strathallan* a' tighinn 'nan déidh a chum an còmhnaidh; agus an déidh comhairle chogaidh a chumail, shònraich iad nach robh dhoibh ach amaideachd aghaidh a thoirt air feachd cho lionmhor; a d' aindeoin na dh' fhaod am Prionns' a ràdh, no 'dheanamh, chuir iad rompa pilleadh air an ais do dh' Albainn.

#### PHILL AM FEACHD AIR AIS.

Ghluais am feachd fada roimh latha, agus o nach d' innseadh dhoibh ciod a bha'm beachd nan Ceannardan, shaoil iad gu 'n robh iad a' dol an coinne an nàmhaid; bha iad ann an àrd mhisnich, agus ro dheònach gu 'n tachradh sin; ach nuair a thàinig solus an latha 's a thuig iad gur ann a' pilleadh a bha iad, cha mhór nach deach iad air bàinidh le farran agus mì-thlachd; agus inntinn Thearlaich féin, thuit i gu tur. Bha dol air ais nan Gàidheal air a chumail cho dìomhair 's gu 'n robh iad astar dà latha air an t-slighe do dh' Albainn, mu'n do thuig an t-arm-dearg gu 'n do phill iad.

#### BLAR CHLIFTON.

Cho luath 's a chuala Diùc Uilleam so, chaidh e air an tòir leis gach feachd a b' urrainn da a chur r'a chéile; agus thàinig e suas riu aig *Clifton*. Bha 'chuid fa dheireadh de dh' arm Thearlaich fo riaghladh Mhorair Deòrsa Moraidh. Bha Stiùbhartaich na h-Apunn, Mac-Dhòmhnuille-duibh 's a dhaoine, Clann Dòmhnall Ghlinne-garadh, agus reiseamaid Fir Chluainidh aige, agus leis a' bhuidheann bhig so, chuir e roimhe aghaidh a thoirt air na Sasunnaich a bha nis a suas riu. Bha dorcha nan trath ann; cha robh aca ach fann sholus na gealaich, nuair a chaidh iad an carabh a chéile. Thugadh greadan goirt, chuireadh an ruaig air na Sasunnaich, mharbhadh ceud-gu-leth dhiubh, ach cha do thuit ach dà-fhear-dheug de na Gàidheil. Lean a' chuid de'n arm a chuir an total so a'

chuid eile aig an ro' h toiseach orra ; agus air do Thèarlach trì chend fear fhàgail ann an Daingneach *Charlisle*, ghabh e féin agus càch air an adhart do dh' Albainn. An uair a ràinig iad a' chrìoch, bha'n abhuinn *Ese* air at cho mòr 's gu 'n robh e deacair dhoibh dol thairis : ach nuair a chunnaic iad fraoch badanach an dùthcha féin thog e am misneach, fhuair iad a nunn, agus thog iad aon iolach ghàirdeachais, a' dì-chuimhneachadh na thachair, agus suarach mu na bha rompa.

Mar so air an àm so chrìochnaich an oidhirp a thug iad air Sasunn : agus oidhirp b' fhoghaintiche na i cha d' thugadh. Mhair an ionnsuidh so sé seachdainean ; agus thugadh i ann an dùthaich agus am measg dhaoine a bha naimhdeil dhoibhsan agus do na bha 'nam beachd. Thugadh an ionnsuidh ann an làthair feachdan lìonmhor, ach air an robh sgàth teachd 'nan rathad. O'n là a chaidh iad a stigh do Shasunn gus an do thill iad, cha do chaill iad a còig mìle fear ach dà fhichead. Ghiùlain iad a' bhratach a thogadh ann an Gleann-fionain gu buadhar a stigh do chridhe Shasuinn, agus thug iad air a h-ais i gun tàmailt 'fhaotainn as gach cunnart anns an deachaidh i.

#### AM PRIONNS' ANN AN GLASCHO.

Dh' fhàg sinn Prionns' Tèarlach, agus a dhaoine air fòid Alba, an déidh pilleadh a Sasunn. Ràinig iad Glascho air latha Nollag ; agus chuir am Prionnsa am baile fo chis a chum 'fheachd a chur 'nan uidheam, air an robh iad fìor fheumach an déidh an cuairt do Shasunn. An déidh dha fuireach sa' bhaile rè dheich làithean, agus na bha 'dbith air 'fhaotainn, ghabh e a thurus air an t-slighe do Shruileadh : agus an uair a ràinig e, dh' àithn e do'n bhaile strìochdadh. Dh' asluich iad beagan ùine gu smaointeach air, fhuair iad sin, agus an ceann na h-ùine ghéill am baile, ach sheas an Caisteal a mach : agus chuir an t-uachdaran roimhe nach strìochdadh e. Mar so bha 'n t-arm Gàidhealach, a bha mu thimchioll naoi mìle fear ann an àireamh. Bha 'n t-arm-dearg a' cruinneachadh a stigh do Dhun-eideann as gach cèrna, agus bha 'n dùthaich a' deanamh gach còmhnaidh leo a dh' fhaodadh iad. Nuair a chruinnich an t-arm-dearg, a bha ann an àireamh dlùth air naoi mìle fear, chaidh an cur fo òrdugh a' Cheannaird *Hawley*, a chuir e féin na uidheam, le móran spagluinn, a dhol air tòir Thearlaich.

## BLAR NA H-EAGLAISE-BRICE.

Ràinig e dlùth do'n Eaglais Bhric agus an sin tharraing e suas an t-arm. Cha robh Tearlach 'na thàmh, chuir e roimhe coinne a thoirt doibh, agus theann e 'nan còmhdail. Cha chreideadh *Hawley* gu 'n robh a dhànadas aig na Gàidheil ionnsuidh a thoirt air: bha e uime sin gun umhail, gun fhiamh, a' cost na h-ùine am fleadhachas le Bana-mhorair *Chill-màrnoc*. An uair a bha esan san t-suidheachadh so, tharraing na Gàidheil dlùth air monadh na h-Eaglais, 's an uair a fhuair e fios air so, chuir e mór dhoimheadas air; ach cha robh ùine ri chall. Leum e air 'each, agus anns a' chabhaig mharcaich e gun chòmhdach cinn a dh' ionnsuidh an airm, a fhuair e air an tarraing suas, ullamh gu triall an coinne nan Gàidheal. Air a' cheart àm so dh' fhàs na speuran gu dorcha, duaichnidh: shéid a' ghaoth gu làidir o'n àird' an Iar-dheas, bha h-uile coslas stoirm ghàbhaidh air; agus chuir na Gàidheil rompa cothrom a' bhruthaich agus an t-soirbheis a chosnadh, mar a rinn iad air Sliabh-chlamhain. Thug *Hawley* so fainear, agus chuir e roimhe gum biodh toiseach aig orra, 's nach éireadh dha-san mar a thachair do *Chope*.

Thug e àithne do'n mhàre-shluagh, àird' an t-sléibhe a thoirt orra cho luath 's a b' urrainn casan an cuid each an giùlan; agus gu'n leanadh an t-arm coise iad mar a b' fhèarr a dh' fhaodadh iad. Bha na gunnachan móra air deireadh na cuideachd, air an tarraing le cairteirean de mhuinntir na h-Eaglaise-brice, agus cò dhiubh is ann a thaobh tuiteamais, no le deòin a thachair e, cha b' fhios do dhaoine san àm; ach chaidh na h-inneil-iomchair an sàs ann an làthaich dhomhain, as nach b' urrainnear an tarraing. An uair a thuing na cairteirean so (oir bha iad an deagh rùn do Thearlach), ghéarr iad na beairtean, agus phill iad gu luath air an ais do'n bhaile. Thòisich a n's a chòmh-ruith chruaidh eadar an dà fheachd, a dh'fheuchainn có a bu luaithe a ruigeadh am mullach, agus an doinionn a' séideadh gu searbh an aghaidh nan Sasunnach. Bha na Gàidheil, mar a bu nòs, gu bearraideach, sgairteil; agus thàir iad am mullach air thoiseach air an arm-dhearg. B'iad Clann-Ghriogair a bh' air toiseach nan Gàidheal, agus uaithe so ghléidh iad an làmh-dheas fad an latha.

Bha e nis mu cheithir uairean an déidh a' mheadhoin latha, air an t-seachdamh-là-deug de'n bhliadh'n' ùir, 1746, agus le uamhas na doinn bha dorcha nan tràth a' dùmhlachadh, nuair

a thug *Hawley* òrdugh do na trupairean a bhith 'm bad nan Gàidheal. Chuir e trì-cheud-deug maraiche 'nan aghaidh, le fughair nach seasadh feachd Thearlaich an aghaidh na h-ionn-suidh. Ach cha b'fhada gus an do thuig e gu'n robh e fad' ann am mearachd. Chaidh na trupairean suas gu fiamhach, aith-easach an aghaidh muinntir Thearlaich, agus nuair a bha iad mar leth urchair daga doibh, leig na Gàidheil aon dairearach riu, leis an do thuit móran, agus chuireadh an ruaig air càch. Ach ged a theich a' chuid a bu mhò de'n mharc-shluagh gu tàmailteach, buinidh e dhuinn cuimhn' a chumail air euchd buidhinn bhig dhiubh a bha fo riaghladh Chòirneil *Whitney*; oifigeach foghainteach, a choisinn air an là so, cliù thar aon duine a bha san arm-dhearg air fad, agus a thuit a' cur a' chath gu treun an aobhar a Rìgh agus a dhùthcha. An uair a theich na trupairean, theirinn Clann Dòmhnuille gu dian toir-ionnach an aghaidh an airm-dheirg le fearalachd do-chasgaidh, agus ann an tiota chaidh an ruaig air na bha fa'n comhair, mar a thubhairt Donnachadh Bàn, fear dhiubh féin:—

“Mar gu'n rachadh cù ri caoraich  
'S iad 'nan ruith le aodann glinne,  
'S ann mar sin a ghabh iad sgaoileadh,  
Air an taobh air an robh sinne.”

Ach ged a chaidh an ruaig gu h-obann air a' chuid bu mhò de'n arm-dhearg, sheas buidheann diubh gu neo-sgàthach: agus cha b' ann gus an d' thug Tearlach air adhart 'fheachd gu h-ionmhan a ghéill iad so. Theich a nis an t-arm-dearg uile, agus bha iongantais air na Gàidheil féin cho saor-làmhach 's a choisinn iad an latha. Cha chluinnteadh o fhear gu fear de na Gàidheil, ach, C'àit an deachaidh iad? cha'n fhaod e 'bhith gu bheil an gn' thach seachad? Lean an t-arm Gàidhealach an ruaig do'n bhaile, agus rinn na Camshronaich, &c., mór dholaidh air cuid do'n arm-dhearg, a thachair orra. Thàir *Hawley* as le cabhaig cho mór 's nach d' fhuirich e ri aon ni a bhuineadh dha a thoirt leis: ionnas gu'n do thuit gach goireas a bha sa' champ aige air Tearlach, agus air a dhaoine. Fhuair e an gunnathan móra, agus iomadh trealaich còmraig a thuilleadh.

Cha do thuit de dh' arm Thearlaich ach dà-fhichead fear, agus bha ceithir-fichead air an leònadh. Thuit de'n arm-dhearg eadar a dhà agus trì cheud, agus anns an àireamh so bha móran de na h-oifigich a b' àirde: agus 'nam measg sin an duin' urramach *Sir Robert Monro*, Ceann-cinnidh Chloinn-

**an-Rothaich**, saighdear ainmeil a choisinn mor chliù ann am blàr *Fontenoi*.

Ràinig fuidheall an airm dheirg Dun-éideann air feasgar an ath latha, agus o'n a thòisich an iomairt so cha robh am baile fo bharrachd geilt. Ghabh Tearlach 's a chuid daoine mu thàmh air an oidhche sin san Eaglais-bhric. Chuir am blàr so iongantais air an duthaich air fad: nuair a fhuair na Gàidheil buaidh air Sliabh-chlamhain, cha robh m'an coinne ach saighdearan òga nach robh ann an cath roimhe: ach 's ann a bha'n so brod an airm Shasunnaich, a choisinn cliù ann an iomadh cath ainmeil ann am Flànras: agus nam biodh Tearlach air an leantuinn do Dhun-éideann, is doirbh r'a radh an rachadh blàr Chùil-fhodair a chur fhathast.

Chaill na Gàidheil, le sgìornadh goirt, a chuir am barrachd duilichinn orra na na thuit sa' bhlàr, Mac-'Ic-Alastair òg, le urchair a dh' fhalbh gun fhios o fhear de'n fheachd a bha 'glanadh a ghunna: agus ge nàir r'a inmseadh e, cha'n 'fhòghnadh aon ni le Clann Dòmhnuaill ach grad chur as do'n cheatharnach bhochd, ged a bu neo-choireach dha e.

Phill Tearlach a ris air 'ais, an dùil gu'n géilleadh Caisteal Shruileadh, ach an déigh mór shaothair agus chostas, b' éigin da an oidhirp a leigeadh dheth, agus 'fheachd a thoirt leis.

An uair a chual' iad an Sasunn mu Bhlàr na h-Eaglaise-brice, ghlac uamhas càirdean an Rìgh, agus air ball chuireadh a nuas Diùc Uilleam gu bhith 'na Cheann-feadhna air an arm-dhearg: ann an ùine cheithir làithean an déidh dha Lunnainn 'fhàgail bha e ann an Dun-éideann: cha d' fhan e an sin ach còrr is aon latha, nuair a ghabh e air 'aghaidh an déidh nan Gàidheil leis gach feachd a b' urrainn da a chur r'a chéile. Bha Tearlach agus a dhaoine a nis a' deanamh air son na Gàidhealtachd: chan ann le h-eagal roimh 'n arm-dhearg, ach a chum a chàirdean a chruinneachadh r'a chéile, agus leis an rùn so rinn e air son Inbhirnis. Lean Diùc Uilleam e mar a b' fhèarr a dh' fhaod e. Ràinig Prionns' Tearlach tigh Mhic-an-Tòisich na Moighe, far an d' fhiosraich e sàr aoigheachd o'n bhaintighearna urramaich sin, a thug a daoine an aobhar Thearlaich, ged a bha a fear san arm-dhearg. Am feadh a bha Tearlach a' cur seachad na h-ùine sa' Mhoighe gun sgàth gun chùram, bha Morair *Joudon* le moran de'n arm-dhearg ann an Inbhirnis, agus chuir e roimhe am Prionns a' ghlacadh le feall, fo dhubhar na h-oidhche: ach ged a ghnàthaich e gach seòltachd a dh' fhaod e, a chum na bha 'na bheachd a chleith,

fhuair baintighearna Mhic-an-Tòisich sanas air, agus chaidh am Prionns' as an rathad. Chuir am boirionnach misneachail so seisear dhaoine fo riaghladh Gobha na dùthcha, a chum faire a chumail air Morair *Loudon* is air a chuid daoine. Bha 'n Gobha 'na dhuine foghainteach, agus ged a bu dalma dha smaointeach' air, chuir e roimhe le 'sheisear fhear maoin a chur air a' Mhorair agus air a chuig-ceud-deug saighdear; agus an uair a thàinig an t-arm air an aghaidh, air do'n oidhche 'bhith dorcha, shocraich an Gobha a chuid daoine cho iomchuidh 's a b' urrainn da, agus cha luaithe a chual' e farum an airm-dheirg 'ga chòir, na thiig e urchair air thuairmeas, agus bha òrdugh aig na bha leis an ni ceudua a dheanamh. Rinn iad an sin na h-uiread ghleadhraich 's a b' urrainn doibh, a' gairm air na Camshronaich agus air Cloinn Dòmhnuille iad a' theannadh air an aghaidh an coinneamh an airm-dheirg a bha air thì am Prionns' a ghlacadh. Cha luaithe a chuala Morair *Loudon* so na ghrad phill e féin is a chuid daoine, le dian chabhaig air a' cheart slighe air an d' thàinig iad: is am fear nach fhanadh r'a bhogha, cha'n fhanadh r'a chladheamh; agus is i a' chas bu mhoille a' chas bu lugha orra; agus bha iad ann an ainlisg cho mór 's gu'n robh iad a' tuiteam gu tiugh air muin a chéile, ionnas nach comasach a' mhi-riaghailt san robh iad 'aithris, ann an làn bharaill gu'n robh an t-arm Gàidhealach air an tòir. Lean iad air a' chabhaig so gus an d' ràinig iad dlùth do Inbhirnis, far an do thuig iad nach deach' ach aon fhear dhiubh a mharbhadh le urchair a' Ghobha, gidheadh bha iad air dhroch dhiol le leòin, le creuchdan, agus le tàmailt.

Chruinnich Tearlach a chuid daoine air an la màireach, agus ghabh e air 'aghaidh do Inbhirnis, a chum aicheamhail a thoirt a mach air son bhrath-foille na h-oidhche an raoir: ach thuig Morair *Loudon* nach robh e air son 'aghaidh a thoirt air na Gàidheil, an déidh do sheisear an ruaig a chur air, agus ghabh e'n t-aiseag aig Port-cheasaig, leis an arm-dhearg, do Shiorramachd Rois, leis an robh e air a chumail o'n arm-dhearg an fad 's a mhair an iomairt. Ghabh Tearlach an sin seilbh air Inbhirnis, agus ghlac e'n daingneach, a leag e sìos gu làr. 'S e aon aobhar a bh' aig Tearlach teachd cho fada mu thuath, gum biodh e dlùth air gach cobhair, ris an robh fiughair aige o'n Fhraing; agus a dheanamh na firinn, cha bu bheag a chaidh a chur ann le Rìgh na Frainge, ged nach mór a fhuair esan diubh. Le bochdainn na dùthcha b' éigin do Thearlach a chuid airm a sgaoileadh air feadh na tìre, agus an uair a

chruinnich e iad r'a chéile, bha iad ann an aire a chion bìdh. Bha 'n t-arm-dearg a' teachd air an aghaidh a chois a' chlad-aich, gus an d' ràinig iad Inbhir-narrunn, far an do chuir an Diùc roimhe cuirm a thoirt do'n arm air co-ainm a latha breith; thachair so air a chòigeamh là-deug de mhios mu dheireadh an Earraich; agus chuir Tearlach agus a chuid airm rompa ionnsuidh a thoirt air a' champ Shasunnach air an oidhche sin, le fughair gum biodh an t-arm-dearg air mhìsg agus air mhir-riaghailt. Leis an rùn so thog iad orra mu dhorecha nan tràth, a los an ionnsuidh a thoirt, ach bha 'n oidhche ro dhoilleir, agus an t-slighe ro dhocair, ionnas gu'n robh an fhàir' a' bristeadh nam b' urrainn doibh ruigheachd. Leis a so cha robh feum dhoibh dol na b' fhaide, agus phill iad air an ais gu sgìth, allabanach, acrach, gun a' bheag aca a chaisgeadh an cìocras. Ràinig iad monadh Chùil-fhodair, agus claidhte mar a bha iad, chuir e aiteas orra Mac-Mhic-Ranuill na Ceapach, agus a dhaoine, agus Mac Shimidh le fheachd ainmeil a thighinn orra air a' mhaduinn sinn. Tharraing Tearlach suas a dhaoine air an t-sliabh, agus cha robh aige ach mu thuaiream cóig mìle, agus a' chuid a bu mhò dhiubh so fann le cion bìdh, caithris, agus sgìos. Cha b' fhad' a bha iad an so nuair a chunnaic iad an t-arm-dearg a' teachd san fhradharc, a bha ann an àireamh dithis ma'n aon fhear dhiubh-san, agus dhlùthaich iad orra mar neul dorch' eadar iad agus fàireadh, a' teachd air an aghaidh gu neo-sgàthach ann an òrdugh catha. Bha 'n airm a' dealradh ris a' ghréin, am brataichean a' snàmh sa' ghaoith, agus àrd chaitheam nan ceudan drum a' toirt dùlain d' an naimhdibh. Ann an ùine ghoirid bha 'n dà arm air an tarraing suas an òrdugh catha mar uidhe shè-ceud slat d'a chéile. Bha 'n latha gus a so gu baoisgeil grianach, ach a nis thòisich frasan sneachda, a' séideadh as an àird'-an-Ear, an aodann nan Gàidheal. Chuir so na h-uiread dhoimhidis orra 's gu'n d' thug Tearlach oidhirp air cothrom an t-soirbhis 'fhaotainn, ach cha deachaidh so leis.

A chum mór speis nan Gàidheal do'n Prionnsa a dhearbhadh, cha bhì e mi-ìomchuidh 'aithris mar a thug a theas-ghràdh dha air fear dhiubh dol a nunn do'n champ-dhearg, chum cothrom fhaigheil air cur as do Dhiùc Uilleam, ged a bha e làn-chinnteach gu'n dìoladh a bheatha féin air a shon. An déidh dha a bhith 'm measg an airm Shasunnaich far an robh iad a' deanamh culaidh-bhuird dheth féin agus d'a earradh, bha esan mar gum b' ann gu neo-umhaileach, ag imeachd air



am feadh, a dh' fheuchainn am faiceadh e an Diùc; agus air dha àrd-oifigeach ann an éididh ro riomhach 'fhaicinn, shaoil e gum b'è sin e, ghrad spion e musgaid a làimh saighdeir a bha dlùth dha, agus loisg e air, ach cha do thuit e leis. Is gann a ruigear a leas 'innseadh gu'n do chuireadh grad chrìoch air a cheatharnach bhochd so.

Fàgaidh sinn air an àm an dà fheachd so fa chomhair a chéile, a bha ann an uair a dh' ùine ri cor rioghachd Bhreatuinn fad limntean a shocrachadh. Theagamh nach do chuireadh blàr riamh (a dh' aon chuid cha do chuireadh móran) air an robh na h-uiread an earbsa, agus ris am b' ion fughair a bhith, do reir sin, gum biodh a cho-strì ro gheur.

#### BLAR CHUIL-FHODAIR.

Thòisich na Gàidheil am Blàr ainmeil so le 'n gunnachan mór' a thoirt gu tilgeadh air an earrainn sin de'n arm-dhearg, far am fac' iad, mar a shaoil leo, Diùc Uilleam; ach cha do ghabh iad ach droch chuimse; chaidh na peileirean thairis orra, gun dolaidh a b' fhiach iomradh a dheanamh. Mu thuaiream uair an déidh a' mheadhon là, dh' fhosgail an t-arm-dearg orra-san le 'n gunnachan móra féin, ach cha b'i 'ghunnaireachd gun chuimse 'bha 'n so; cha robh dairèarach a leig iad, nach d' fhosgail bealach farsaing roimh shreathaibh nan Gàidheal; 'gan smàladh sìos 'nam ficheadan; a' spealgadh as a chéile nan creagan air an robh iad 'nan seasamh; agus a' tilgeadh sìos gach bothan agus tigh a bha 'nan còir, air an dòigh a b' eagal-aiche.

Bha Diùc Uilleam air 'ais agus air 'aghaidh a' brosnachadh a chuid airm: a' gairm orra gu bhith seasmhach duineil, gun a bhith fo gheilt roi' na Gàidheil. Chaidh Prionns' Tearlach, mar an ceudna, o cheann gu ceann a chuid airm, a' cur 'nan cuimhne a' bhuaidh a fhuair iad air Sliabh-chlamhain, agus mar a chuir iad an ruaig aig monadh na h-Eaglaise-brice. Fhregair iad e le h-àrd iolach, agus an sin thug e air uchdan àrd as am biodh sealladh aige air na thachradh. Mo thruaighe! 's cinnteach sinn gur e 'chridhe 'bha plogartaich le h-ìomaguin, mar a bha nis crùn agus uachdranachd rìcghachd cho cumhachdach 's a bha air aghaidh an t-saoghail, no bochdainn agus fògradh an earbsa ris a cho-strì a bha nis gu tòiseachadh. agus a bheireadh leth uair an uaireadair gu crìch. An déidh do ghunnachan mór' an airm-dheirg móran de na daoine bu

tréine ann am feachd Thearlaich a sgathadh as, fhuair na Gàidheil fa dheireadh cead an claidhmbhean a tharruing, agus a bhith 'm bad an naimhdean.

Cha luaithe a chaidh am facal, iad a bhith 'n sàs, a mach, na thug Clann-an-Tòisich orra: cinneadh treun, curanta, foghainteach. Ged nach robh iad ann am blàr riamh roimhe, agus an là sin, cha b' urrainn doibh seasamh na b' fhaide, a dh' fhaicinn an sgrìos a bha na gunnachan mór a' toirt air an càirdean. Bhrist iad a mach, 'nan aon sgaoth o mheadhon an fhichead, agus thàir iad as roì' thoit an fhùdair, agus an aghaidh frasan sneachda, gu bhith am broilleach an naimhdean; ghrad lean muinntir Atholl, na Camshronaich, na Stiùbhartaich, na Frisealaich, agus Clann 'Illeathain iad; an Ceannard Muireach air an toiseach; leis a' mhìsnich neo-sgàthach sin air son an robh e cho comharraichte. Ann an tiota bha'n t-arm Gàidhealach uile mar aon bhuidheann anns an ionnsuidh: ach Clann Dòmhnuille dh' fhuirich iadsan air an àis, a' gabhail mar leth-sgeul gu 'n d' thugadh urram na làimhe deise uatha, 's gun d' thugadh do na Camshronaich e.

Bu ghnàth leis na Gàidheil an àm dol a sìos do'n chath, am boineidean a sgrogadh a nuas gu teann air am malaighean; agus b' abhaist do sheann duin 'uasal, measail, a chaochail o cheann ghoirid air a' Ghalldachd, innseadh gur e'n sealladh 's mò a dhrùidh air a chridhe a chunnaic e riamh, coslas uamharra nam Fineachan Gàidhealach (leis an robh e féin a' cur a' chath air an là sin) mar a bha iad a' ruith a stigh air an naimhdean le colg buaireasach air gach sùil: gach curaidh air a thogail gu mire-chatha, gu bàs a chàirdean a dhioladh: luth-chleas an lann r'a fhaicinn os eionn an ciunn: toirm a' bhlàir a mach air an raon: caithream na h-ionnsuidh air a togail, agus "Bàs no Buaidh!" ann am beul gach seòid.

Bha 'n ionnsuidh a thug na Gàidheil, agus a' choinne a fhuair iad, mar bu dùth do dhaoine a bha 'strì air son geall cho àrd. Dh' fhosgail an t-arm-dearg o cheann gu ceann le làmhach bhàs-mhoir air na Gàidheil mar a bha iad a' teachd air an adhart. Bha na gunnachan mór' air an tarraing a mach air dhòigh 's gum faodadh iad muinntir Thearlaich a smàladh 'nan ceudaibh leis gach grìosaich oillteil a thàinig uatha; agus an àit' aon pheileir mór a bhith anns gach aon diubh, s ann a bha iad làn de pheileirean beaga a thàinig mar fhrois clachameallain air na Gàidheil. Bha buidheann de'n arm-dhearg air an tarraing suas air leth o chàch a fhuair cuimse chinnteach a

ghabhail air na Gàidheil mar a bha iad a' dol seachad orra; ach a dh' aindeoin so uile, ghabh iad air an adhart, gun umhail, gun sgàth. Na bha comasach do mhisnich agus do ghaisge, do fhearalachd, agus do threubhantas air nach d' thugadh riamh bàrr a dheanamh, rinneadh air an là so. Cha d' thug na Gàidheil an ionnsuidh mar dhaoine aig an robh spéis no suim d'am beatha, ach mar bhuidheann a bha 'cogadh fo chumhachd nach b' urrainnear a chosg, no 'cheannsaichadh.

An ulfhartaich eagalach leis an d' thugadh an ionnsaidh— an sgairt àrd leis an do bhuaileadh a' cheud bhuille—torrunn nan gunnathan mòra—dùdach nam marc-shluagh—fuaim nan drumaichean—lannair nan airm-chatha—bha na's leòir annta sin uile a dhùsgadh meith-inntinn agus fiamh anns a' chridhe bu chruadalaiche.

“ Mar dhealan oidhche sa' bheinn,  
Mar onfhadh beucach a' chuain,  
Nuair ghluaiseas an tonn gu h-àrd;  
Mar thorrann air cùl nan cruach,  
Bha gruaim is farum a' bhlaìr.”

B' uamhasach agus b' iomaguineach an tiota e—ach cha robh ann ach tiota; oir cha luaithe a sguabas an ioma-ghaath an duilleach seargte oghugaibh nan craobh, na sgiùrs na Gàidheil rompa a cheud earrann de'n arm-dhearg a choinnich iad. Gidheadh cha b'ann gun chall air taobh nan Gàidheil. Bha maise agus uail nam Fineachan anns an t-sreith thoisich, agus thuit a' chuid a bu mhò dhiubh anns an ionnsuidh eagalach so; agus ged a dh' aom a' chuid so de'n arm-dhearg air an ais roimh 'n treubhantas do-cheannsaichte a thàinig orra cha b'ann gus an robh an airm-chatha air lùbadh sa' cho-strì, agus air an deargadh gu'm bun ann am fuil chraobhach nan Gàidheil.

An uair a bha 'm feachd thoisich de'n arm-dhearg air an agiùrsadh as an rathad, ghabh na Gàidheil air an adhart troi'n làmhach mhillteach a bha 'tighinn orra, gus an robh iad dlùth do'n ath bhuidhinn de'n namhaid; ach mu'm b' urrainn doibh a bhith 'nan bad so le'n cláidheannaibh, bha 'chuid a bu tréine 's a bu lionnhoire dhiubh 'nan sìneadh air an raon. Cha robh comas air b' éiginn strìochdadh; cha deanadh cruadal no gaisge barrachd feuma. Bha daoine ann nach pilleadh 's iad beò, chaidh iad so fhathast air an aghaidh, ach cha d' ràinig duine dhiubh an nàmhaid. Thuit am fear mu dheireadh dhiubh mar fhad a chlaidheamh do'n fheachd, agus na ceudan an déidh cuimse bhàsmhor a ghabhail air uchd an laich.

Chan 'eil ni sam bith is mò dhearbhas treubhantas nan Gàidheal air an là so, na gu'n robh iad an cuid de dh' àiteachan 'nan sineadh 'nan sreithibh an glaic a' bhàis, triùir no cheathrar ann an doimhneachd dhiubh air muin a chéile. Chaidh móran de Chlann-an-Tòisich a ghearradh as, agus thuit an ceannardan air fad, ach aon triùir. Am feadh 's a bha na Finneachan mar so a' cur a' chatha, bha Clann Dòmhnuille 'nan tàmh—charrachadh iad ceum air an aghaidh. “ Leanaibh mise, a Chlann Dòmhnuille,” arsa Diùc Pheairt. “ Cuiribh an cath mar bu ghàth leibh, agus bithidh mi am Dhòmhnullach ri m' bheò!” ach cha ghluaiseadh iad ceum. Bha daoine 'nam measg aig an robh caochladh spioraid, agus b'ann diubh so Mac-Mhic-Ranuill na Ceapaich, curaidh cho treun 's a sheas riamh air faiche; chaidh e féin 's a dhaoine air an adhart gu fearail, ach cha b' fhada gus an do thuit esan, agus móran de na daoine treun' a bha leis.

An uair a b' éiginn do na Gàidheil pilleadh, chuir am Prionns' e féin air ceann a' chuid de'n fheachd nach robh sa' chath; ach ged a thug iad tilleadh beag air na Sasunnaich, b' éigin doibh ann an ùine ghearr géilleadh. Rinn Tearlach na dh' fhaod e a bhrosnachadh a chuid daoine, gu aon oidhirp eile a thoirt, ach bha 'n t-àm seachad, dh' fhàs iad meith-chridheach, thuit an inntinn, agus cha chluinnteadh uatha, ach “ Och-òin! Och-òin! mo chreach, is mo dhiobhail, a Phrionnsa, a ghràidh! tha'n latha cailte.” Bha 'n ruaig a nis iomlan; ach cha b'ann gun spàirn a fhuaradh Tearlach o'n àrfaich. Ghlac iongantach cho mór an t-arm-dearg, nuair a chaidh an latha so leo, an déidh na deuchainn chruaidh a fhuair iad, 's gur gann a chreideadh iad gu'n robh iad buadhar: ionnas gu'n robh iad rè seal mu'n gabhadh iad de mhisnich na rachadh air tòir nan Gàidheal: ach nuair a chaidh, mhort agus mharbh iad gu neo-sheachantach, gach neach a thàinig 'nan caraibh. Cha mhór nach do ghearradh as gu buileach an earrann a ghabh rathad Inbhirnis; ach fhuair earrann mhór eile dhiubh as, a rinn air son nam monaidhnean, far nach bu chomasach do'n arm-dhearg an leantuinn. Mar a bha 'bhuidheann so gu dol a nunn air abhainn a bha dlùth dhoibh, choinnich iad buidheann mhór de na trupaidean Sasunnach, a chuireadh a mach a chum an sgrìos, ach nuair a chunnaic iad an coltas colgarra a chuir na Gàidheal orra, rinn iad bealach dhoibh gu dol seachad gu bhuile a bhualadh. Cha robh am measg nan Sasunnach ach aon fhear a thug oidhirp air grabadh a chur air na Gàidheil,

b' oifigeach am fear so, agus is daor a dhìol e air a' shon; thug e ionnsuidh air prìosanach a dheanamh de dh' fhear de na daoine so a bha air deireadh, ach thionndaidh an Gàidheal ris agus ghèarr e sìos e le aon bhuille d'a chlaidheamh. Chan fhòghnadh so leis, ach chrom e sìos agus thug e leis uaireadar òir an t-Sasunnaich; agus lean e a chàirdean.

Chan urrainn duinn cunntas a thoirt mu gach gnìomh treubhach a rinneadh leis na Gaidheil san àm so, ach chan fhaod sinn gun iomradh a thoirt air gnìomh euchdach a rinneadh le duine foghainteach do'm b' ainm Gillios mór Mac-Bheathain. An uair a theich a chompanaich uile, thug a naimhdean ionnsuidh air, agus leòite mar a bha e, chuir e 'chùl ri balla, far an do sheas e gu gaisgeil an aghaidh àireamh mhór de na trupairean. Bha iad titheach gu cur as da, ach bha esan cho gramail 'ga dhìon, 's gu'n do thuit trì-fir-dheug d'a naimhdean narbh m'a thimchioll. Ghlaodh cuid de na h-oifigich an duine foghainteach a chaomhnaidh, ach cha do ghabh iad suim do'n iarrtas—cha riaraidheadh ni air bith iad ach bàs an fhuirbidh thréin.

Mar so chuireadh blàr Chùil-fhodair, ann an uidhe a bu lugha na leth uair an uaireadair. Fhuair an t-arm-dearg buaidh cho iomlan is a b' urrainn doibh iarraidh; ach beag baidheachais doibh air a shon, bha gach cothrom aca. Na'm bitheadh Clann Dòmhnuille air dol sìos mar a chaidh càch, agus leis an treubhantas a bha cho dualach dhoibh, bhiodh ma dh' fhaoidte, deireadh eile aig an latha. Ach beag no mór a choisinn an t-arm-dearg de chliù air an là so, chaill iad e le'n giùlan brùideil, mì-chneasda 'na dhéidh sin, leis an d' thug iad tàmailt orra féin, agus air a' cheannard chruaidh-chridheach, dhìoghaltach a bha air an ceann.

#### DAN MU BHLAR CHUIL-FHODAIR.

Tha 'm Blàr air a chur air monadh an fhraoich,  
Tha 'n sgiath air a spionadh o ghuaillibh nan laoch;  
Bhristeadh an claidheamh ann an làmhaibh nan saoi,  
'S tha fuil nam fear geala fo bhonnaibh nan daoi.

Tha 'm breacan, 's an t-fhéile leis na dh' éideadh na sàir,  
Le marcaichibh Shasuinn air an saltairt ri làr;  
Tha 'n suaicheantas uasal a chòmhdach na suinn,  
R'a fhaicinn san àrfaich gun àilleachd, gun loinn.

Ann an dùthaich nan mór bheann, tha uamhas is caoidh,  
 Luchd nam boineid 's nam breacan chan fhaicear a chaoidh,  
 Na fir ùra bu tréine nach géilleadh 's iad beò,  
 Air monadh Chùil-fhodair, gun fhlog is gun deò.

Slàn leat, a Thearlaich, chaidh an iomairt le càch;  
 Oighreachd do shinnsir, chaidh i dhìth ort gu bràth,  
 Thug thu 'n oidhirp, 's bu treun i, le gaisgich mo ghràidh;  
 'S bidh iomradh 'ur cruadail air a luaidh gu là 'bhràth.

#### GIULAN BRUIDEIL NAN SASUNNACH.

“ Mo chreach armailt nam breacan,  
 Air an sgaoileadh, 's air an sgapadh 's gach àit,  
 Aig fìor bhalgairean Shasuinn,  
 Nach do ghnàthaich bonn ceartais 'nan dàil:  
 Ged a bhuannaich iad baiteal,  
 Cha b'ann d'an cruadal no 'n tapadh a bha,  
 Ach gaoh an iar agus frasachd,  
 Thigh'nn an Iar oirnn bhàrr machair nan Gall.”

Chuir Blàr Chùil-fhodair as de gach dòchas àrd a bh' aig Prionns' Tearlach agus aig a dhaoine. Thuit air an latha mhì-shealbhar sin, os cionn mìle de na gaisgich a b' fhoghaintiche a dh' éirich leis. Anns an àireamh sin bha mórán de dh' Uaislean na Gàidhealtachd. De na cóig cath-bhuidhnean de na Fineachan a chaidh a sìos anns an ionnsuidh chumbhachdaich a thug iad air na Sasunnaich, bha 'chuid a bu mhò de'n t-sreith thoisich air am fàgail 'nan sìneadh san àrfhaich. Thuit Mac-Lachlainn an t-Sratha. Chuir Fear-nan-Druimnean, an Leathanach treun, e féin air ceann na buidhne sin; mar a bha an sean laoch so a' teachd a mach as a' chath, mhothaich e gu 'n robh dithis d'a mhic a bha dlùth dha air an leònadh gu trom; agus chual' e gu 'n do thuit an treas fear. “ Cha bhi so gun a' dhioladh,” ars' esan, agus e 'pilleadh air 'ais, gun bhoineid, gun ghruaig; thachair dà thrupair air, mharbh e'n dara fear agus leòn e am fear eile: ach thàinig triùir as ùr air a leag a sìos an duine foghainteach. Bu dìomhain tòiseachadh ri ainmeachadh gach flath treun a thuit. Chaidh seachd-fir-dheug de dh' uaislean na h-Apunn a mhàin a mharbhadh, agus deichnear a leòn.

Air monadh Chùil-fhodair chitèar gus an là 'n diugh, iomadh comharradh soilleir air a' chasgradh mhuladaich so; am measg an fhraoich dhorcha, chitèar iomadh tolman uaine, 'nan sreathaibh taobh ri taobh, a' nochdadh far an do thuit na laoch. Air gach taobh de'n t-slighe gu Inbhirnis tha

iomadh tigh caol cumhann de'n t-seòrsa cheudna, mar chuimhneachan air an àr dhiùbhalach a thachair an déidh a' bhlàir. Air na h-uaighibh gorma sin, tha'n neònain geal agus an dithein bòidheach le caoimhneas a' faire nan ionadan uaigneach sin, anns a' bheil gaisgich threun' an dùthcha a' gabhail an tàimh dheireannaich.

Chan ann da-rìreadh gun sgreamh agus gun oillt, is urrainn duinn smaointeachadh air an sgrìos gun iochd a thugadh air ar luchd-dùthcha an dèidh Blàr Chùil-fhodair. Faodar a ràdh le mór fhirinn, nach cualas a shamhuil ann an aon chogadh a thachair san Roinn-Eòrpa. Mar nach fòghnadh leis an arm-dhearg na chuir iad gu dìth anns a' bhlàr, an déidh dhoibh an ruaig a chur, tharraing iad an clàidheannan, agus mar allamh-araich fhiadhaich, chaidh iad air an ais agus air an adhart feadh na h-àrfhaich a' cur as do gach aon anns an d' fhuair iad an deò; agus le brùidealachd air nach d' thugadh riamh bàrr, a' sàthadh an lann ann an cneas nan laoch treun' a bha cheana marbh. Chan e 'nnàin gu'n do cheadaich Diùc *Chumberland* so, ach 's ann a ghabh e mór thlachd anns a' chùis. Tamull beag an déidh do'n bhlàr a bhith seachad, bha e féin agus an gaisgeach foghainteach sin *Wolfe*, a choisinn cliù cho mór an déidh sin ann an America, a' marcachd iar an do chuireadh am blàr, agus air dha Gàidheal bochd leòint' fhaicinn air 'uilinn, thubhairt an Diùc ri *Wolfe*, "Tilg an slaightire ud, aig a' bheil de dhànadas amharc orm leis na h-uiread thàir." "Tha mo *commission* am buil do mhórachd," ars' an duine fiachail, "ach cha bhi mi am mhortair."

An là an déidh a' bhlàir chual' e gu'n robh cuid de na daoine buailte fathast beò, a dh' aindeoin gach leòin agus ana-cothruim a fhuair iad, 'nan sìneadh a muigh air an raon fo'n uisge throm a thuit feadh na h-oidhche. Chuireadh cuid de'n arm-dhearg a mach o Inbhirnis a chum cur as doibh so; agus ma bha 'n t-òrdugh sgreamhail, chaidh a chur an gnìomh air mhodh cho gràineil. Air an là màireach chuireadh cuideachdan a mach air feadh na dùthcha a rannsachadh gach tìghe anns an saoilteadh iad an gabhadh na daoine leòinte fàsadh. Fhuaradh àireamh mhór dhiùbh; mhortadh iad uile ach fear no dhà a fhuair as le bàidhealachd aoin de na h-oifigich. Bha duine measail, nach buineadh do thaobh seach taobh, a chunnaic a dhà-dheug agus trì-fichead air an cur gu bàs mar so air an treas là an déidh a' bhlàir.

Cha robh an so ach faoineachd ann an coimeas ri uamhais eile a chuireadh ann an gnìomh. Dlùth do 'n bhlàr-chath, bha

bothan chaorach far an d'iarr cuid de na daoine leòinte fàsghadh ; fhuair an t-arm-dearg a mach iad ; dhùin iad an dorus, agus chuir iad r'a theine e ; ionnas gu'n do loisgeadh, chan e a mhàin na bha dhaoine leòint' ann, ach mar an ceudna cuid de mhuintir iochdmhor a thàinig a fhreasdal doibh. An déidh do na h-uile-bhéistean gràineil a rinn so an t-àit' fhàgail, fhuaras le muinntir na dùthcha dà-fhichead corp anns a' bhothan thruagh so, ann an cor nach urrainn cainnt a chur an céill. Chan ainmich sinn ach aon sgeul eile. Fhuaras naoi Oifigich dheug ann an coille a' call fala, ghiùlaineadh iad dlùth do thìch Chùil-fhodair, ach cha robh a' chridhe fàsghadh tìghe 'thoirt doibh, no idir an creuchdan a cheangal suas. Bha aon fhear-muinntir bochd san tìgh mhór so, a ghabh de mhìsnich beagan bìdh a thoirt doibh, ged a bha e'n cunnart dioladh gu tròm air a shon. Fhuaradh iad so a mach air an treas là leis an arm-dhearg, cheangladh iad gu cruaidh teann, thilgeadh iad air muin a chéile ann an cairt ; chuireadh a mach iad ri aodann balla àird, is mu'm b' urrainn doibh aon ùrnuigh ghoirid a chur suas, loisgeadh orra le sreath de shaighdeirean a sheas mar uidh dheich troighean doibh, agus an earalas gun biodh an deò ann an aon-diubh, dh' iarradh air na saighdeirean iad a chur as doibh le èarr an gunnathan. Ach chan urrainn duinn an casgradh oillteil so a leantuinn na 's faide.

Bha iomadh tein'-éibhnis ann an Sasunn, agus ann an cuid de dh' Albainn nuair a chualas mar a thachair air monadh Chùil-fhodair. Cha robh urram a b' urrainn uachdarain na rìoghachd a chur air Diùc Uilleam nach d' rinn iad. Shocraich iad dà-fhichead mìle punnd Sasunnach air an comhair na bliadhna fhad 's a bu bheò e ; agus do réir gach cunntais fhuair e na h-uiread mheas air son a' chuid a b' fhèarr fhaotainn de Thearlach Stiùbbard, agus a fhuair *Wellington* ainmeil air son buadhachadh an aghaidh an duine urramaich sin a thug oidhirp air an Roinn-Eòrp' uile a chur fo dhaorsa. Tha so a' leigeadh ris an t-eagal a chuir còig mìle Gàidheal air rìoghachd mhór Bhreatuinn.

Am feadh 's a bha 'n t-arm a bhudhaich a' sealbhachadh gach molaidh, urraim, agus duais a tha'n saoghal do ghnàth ullamh air a bhùileachadh orra-san leis an soirbhich, b' éigin do Thearlach bochd teicheadh, mar am fiadh a leònar, do dh' uaigneas nam beann, agus do dhubhar na coille, 'ga dhì-fholach féin 's na bha a làthair d'a dhaoine, o'n fhaghaid choimhich a bha nis air an tòir.



ÀM PRIONNS' AIR ALLABAN.

“Tha ar ciun fo'n choille,  
 'S éigin beanntan is gleanntan 'thoirt oirnn;  
 Sinn gun sùgradh, gun mhiacnus,  
 Gun éisdeadh ri binneas no ceòl;  
 Air bheag bìdh no teine,  
 Air na stùcaibh air an luigheadh an ceò;  
 Mar chomhachaig eile,  
 Ag éisdeachd ri deireas gach lè.”

An déidh Blàr Chùil-fhodair a chur, thug a' mheud de na Gàidheil 's a thàinig beò as an àrghaich, orra do na monaidhnean a b' àirde agus a bu chreagaiche a bha r'a fhaotainn san dùthaich; far an d' fhuair móran duibh bàs le call fala agus acras. Cha robh a h-aon 'nam measg a dh' fhuiling allaban bu truaighe na Tearlach féin. Ràinig e tigh Ghoirtleig mu'n anmoch, maille ri beagan chàirdean a lean ris. Ann an so, choinnich e Mac-Shimidh na h-Airde, a bha fo uamhas mór nuair a chual' e mar a chaidh do'n latha. An déidh an comhairl' a chur r'a chéile, cho-aontaich iad nach robh so 'na àite tèaruinte do'n Phrionnsa fuireach ann, agus gun tàmh a ghabhail, le cridhe goirt, thug e féin 's a' bhuidheann bheag a bha maille ris orra gu Inbhir-gharaidh, Caisteal Mhic-'Ic-Alastair. Cha robh san tigh so san àm ach aon fhear nuinntir, agus bha an tigh gun bhìadh gun èarnais. Luigh am Prionns' air an oidhe sin 'na aodach féin air lom an ùrlair. Fhuaradh air an là màireach bradan as a' Gharaidh a dh'ith iad le mór chioeras ged nach robh aca leis ach deoch as an tobar. Air an là màireach dh' fhàg iad an t-àite so agus thug iad Arasaig orra, dlùth do'n àite san d' thàinig e an toiseach air tìr. Sgap a' chuid eile de na Gàidheil, agus dh' iarr gach fear tèaruinteachd dha féin, mar a b' fheàrr a dh' fhaod e. Dh' fhan am Prionnsa ceithir làithean ann an Arasaig, a' feitheamh gus an tigeadh Dòmhnall Mac-Leòid as an Eilean Sgiathanach, air an do chuireadh fios gu bhith 'na fhear-ùil da. Mar bha 'm Prionns' a mach sa' mhonadh gun duine leis, chunnaic e seann Ghàidheil a' dlùthachadh air, chaidh Tearlach 'na choinne agus dh' fheòraich e dheth am b' esan Dòmhnall Mac-Leòid? “Is mi,” ars' an Ghàidheil. “Is mise do Phrionnsa,” arsa Tearlach, “is mi a chuir fios ort: tha mi ann an airc, agus tha mi 'gam earbsa féin riut: dean rium mar is àill leat.” Air an oidhe sin féin chuir iad fa sgaoil a Lech-nan-uamh ann an ochd-ràmhaich fhosgailte; an seann

Leòdach air an stiùir, agus am Prionnsa 'na shuidh eadar a dhà ghlùn. Bha Dòmhnall eòlach air coslas nan speur; dh'fhosgail uinneagan an athair gu gruamach dorcha, agus thuig e gu'n robh stoirm am fagus, ach chuir am Prionnsa roimhe dol air 'aghaidh. Bha aca feòrlan mine, agus poit sa' bhàta, ach cha robh aca aon chuid teine no connadh.

Ceart mar a thubhairt Mac-Leòid, is gann a chuir iad a mach gu fairge nuair a dh' éirich an doinionn. Shéid a' ghaoth gu h-uamhasach, agus dh' éirich na tonnan gu ro bhuaireasach; agus bha 'n oidhche cho stoirmeil 's nach faca Mac-Leòid riamh a leithid air a' chòrsa sin. A mheudachadh am mì-shealbh, shil an t-uisge orra 'na thuiltibh anabarrach, agus bha iad gun phìob-thaosgaidh, gun chàirt-iùil. Bha 'n oidhche cho dorcha, 's nach b' fhios do aon neach a bh' air bòrd c'ait an robh iad; agus bha iad fo eagal gun caillt' am bàta, no gun rachadh iad gu tìr air an Eilean Sgiathanach, far am biodh e ro chumartach do'n Phrionnsa dol, a thaobh n airm a bh' anns an Eilean. Fadheòidh chaidh crìoch air an eagal, shoillsich an latha, agus thuig iad gur ann air còrsa an Eilean Fhada 'bha iad. Chaidh iad air tìr an Rudha Roisinnis, ceann na h-àird-an-ear de dh' Eilean Beinne-mhàoil; tharraing iad am bàta air tìr, agus rinn iad deas beagan bìdh leis a' mhin a bh' aca, agus le feòil mairt a ghlac agus a mharbhadh iad.

Chum a thuigsinn an cunnart san robh am Prionnsa, is còir innseadh gu'n robh £30,000 (deich-mìle-fichead punnd Sasunnach) de dh' airgiod-cinn air a thairgseadh as, leis an rìoghachd; agus bha saighdearan agus soithichean-cogaidh air an càradh anns gach àite far an saoiladh iad am bitheadh. B' i àithne Dhiùc Uilleam do na daoine a bh' air a thòir, gu'n aon phrìosanach a ghlacadh—"Tha sibh 'gam thuigsinn," deir esan.

Chan 'eil e 'nar comas, mion-chunntas a thoirt air gach losgadh agus creachadh a rinneadh air luchd-leànmuinn Thearlaich, agus tha e mar dh' fhaoidte cho iomchuidh gu'n rachadh an di-chuimhneachadh gu tur; cha mhò a tha e 'nar comas gach caol theàrnadh a dh' fhiosraich e féin a chur an cèill.

Tha e duilich a chreidsinn gach cunnart agus gàbhadh as an d' thàinig e, air 'ais agus air 'adhart, eadar Leòdhus agus an t-Eilean Fada, ach cha do chaill e féin air àm sam bith a mhisneach; cha do dhìobair duine riamh e, ris an d' earb e e féin; agus ged a b' àrd an t-àirgiod-cinn a bha as, agus ged a

bu bhochd an sluagh a bha e 'nam measg, cha robh a h-àon diubh leis nach b' fhèarr am bàs 'fhulang na a bhrath.

### FIONNAGHAL NIC DHOMHNUILL.

(FLORA MACDONALD).

Agus an uair nach robh dol as aige agus e air a chlaoidh gu goirt, dh' earb e e féin ri Ainnir uasail, nach faodar ainmeachadh ach leis a' mbeas is àirde. B'i sin Fionnaghal Nic-Dhòmhnuill, nighean do Fhear Bhaile-mhuilinn ann an Uist a' Chinn-a-deas; bean uasal òg, àillidh, a bha ainmeil r'a linn féin air son gach beus a bu chliùitiche. Bha oide na mnà uaisle so 'na cheannard air feachd an Rìgh, a thachair a bhith 'n Uist air an àm, agus fhuair ise cead sgrìobhte fo a làimh air a son féin, a gille, agus a searbhanta, chum an leigeadh thairis do'n Eilean Sgiathanach. B'e 'n gille a thug i leatha Niall Mac-Eachainn, neach a b'e seanair an duin' ainmeil, an t-ard Cheann-feachd sin, Diùc *Tharentum*, a choisinn na h-uiread chliù ann an cogadh *Bhonaparte*; agus b'i 'n searbhant' a thug i leatha, Prionns' Tearlach, ann an éideadh boirionnaich.

Dh' fhàg iad Uist san anmoch ann an sgoth bhig; bha 'n oidhche dorcha, dòbhaidh; mu ghlasadh an là, fhuair iad iad féin fa chomhair Rudha Bhatarnis san Eilean Sgiathanach, ach mar a bha iad dlùth do thìr chunnaic iad na saighdearan dearga 'feitheamh orra air an tràigh. Bha iad mar urchair gunna dhoibh mu'n d' thug iad an aire; ach cho luath 's a mhothaich iad an cunnart, thill iad a mach gu fairge. Ghlaodh na saighdearan riu iad a thighinn gu tìr no gu'n loisgeadh iad orra, ach cha do ghabh iad suim d' am bagradh: loisg an t-arm-dearg orra, agus bha na peileirean a' feadail mun cuairt doibh; ach dh' iomair an sgioba gu tapaidh, agus chaidh iad as a' chunnart.

Thàinig a' bhean uasal mhisneachail so, agus a luchd muinntir air tìr aig Mugstat, ionad-còmhnuidh Shir Alastair, Triath Shléite. Bha 'fhios aice gu'n robh Sir Alastair o'n bhaile, agus chuir i fios a dh' ionnsuidh na Baintighearna gu'n robh iad a' thighinn. Dh' fhàg i 'm Prionnsa fo sgòrr creige, aig a' chladach, am feadh a ràinig i féin an tigh a dh' fhaotainn naidheachd nan crìoch. B' fhortanach gu'n robh i cho faicilleach, oir fhuair i aireamh de dh' Oifigich an Rìgh a stigh. Chaidh i 'nan làthair, agus labhair i mar nach biodh iomaguin no cùram oirre.

O nach b' urrainn Baintighearna Chlann Dòmhnuille am Prionns' a thoirt a dh' ionusuidh an tighe, chuir i duin' uasal as an robh i làn earbsach, Fear Chinnseburg, far an robh e, leis gach goireas a shaoil i a bha feumail; agus thug an duin' uasal measail sin leis e 'chum a thighe féin. B'e latha na Sábaid a bh' ann; agus bha ioghnadh air muinntir na dùthcha, is iad a dol dachaidh o'n t-searmoin, nuair a chunnaic iad boirionnach cho ro àrd, agus cho neo-sgiobalta 'na coslas, ag imeachd le Cinnseburg. Chuir e 'n aon oidhche so seachad gu cridheil leis an duin' uasal shuairce so, a chaidh leis sa' mhaduinn maille ri Flòra do Phort-rìgh; far an do dhealaich am Prionnsa riu le chéile, a' gabhail a chead diubh le caomhalachd mhór, agus na deòir a' ruith o shùilibh. O Phort-rìgh rinn e air son Eilein Rathasa, far an do ghabh Mac-'Ile-Chalum òg gach cùram dheth. An déidh dha latha no dhà a chur seachad an sin, thug e air Srath Mhic-Fhionghuinn, gun duine leis ach Calum Mac-Leòid; am Prionnsa 'na ghille-maileid aig Calum, a chum 's nach cuirt' umhail air. As an t-Srath thug e bàta nunn do dh' Arasaig, agus chaidh e gu tìr aig Loch-Nibheis, an déidh caol thearnadh o bhàtaichean a bha làn shaighdearan, ach nach d' fhuig sùil orra le gairbhead na sìde. Dhealaich Mac-Fhionghuinn an t-Sratha ris aig tigh Fir Bhoradail, agus thill e dhachaidh. Cha luaithe a chuir e 'chas air tìr, na chaidh breith air féin agus air a ghillean leis an arm-dhearg. Chaidh fear de na gillean a sgiùrsadh gu goirt a dh' fheuch an aidicheadh e c'ait an d' fhàg iad am Prionnsa; agus mhaoidheadh an ni ceudn' a dheanamh air Mac-Fhionghuinn agus air a' chuid eile dhiubh; ach bu dìomhain gach bagradh. Chaidh Mac-Fhionghuinn an t-Sratha, agus Calum Mac Leòid a ghlacadh agus an cur air bòrd soitheach-cogaidh do Lunnuinn. Ghlacadh mar an ceudna Flòra Nic-Dhòmhnuille, agus Fear Chinnseburg, agus chuireadh as an dùthaich 'nam prìosanaich iad. Cha b' fhuilear dha leabhar air a shon féin, mu'n cuirt-eadh an céill gach caol dhol as, a bh'aige feadh Arasaig agus Mhùideart, agus an t-ànradh troimh 'n d' thàinig e a' cur seachad an latha ann an uaimhean fiucha àitidh, gun leaba, gun bhìadh, gun chòmhdach. B'iad na companaich a bh' aige air an allaban bhoehd so, Fear Ghlinn-aladail agus a bhràthair, mac Fir Bhoradail, agus Camshronach Ghlinne-peighinn; ainmean nach dì-chuimhnichear fhad 's a bhios iomradh air Bliadhna Thearlaich sa' Ghàidhealtachd. Thachair gnothach mu'n àm so, a chuidich gu mór chum an cunnart san robh an Prionns'a lughdachadh. Bha òganach eireachdail de mhuinntir

Dhun-éideann a bha 'ga fholach ann an Gleann-Moiristean, a ruaigeadh leis na saighdearan dearga, agus an uair a thuing e nach robh dol as aige, sheas e gu duineil; thilg na saighdearan air agus thuit e, a' glaodhaich le àrd mhisiuch, "Mharbh sibh 'ur Prionnsa." Ann an dùil gum faigheadh iad an t-airgiod-cinn a bha air a thairgseadh, bha na saighdearan a leag an t-òganach làn gàirdeachais: bhuin iad an ceann deth, agus tha e air a radh gun do thàir Diùc *Chumberland* as leis 'na charbad o Lunnuinn. Leis a so chaidh mòran de na saighdearan a tharraing as an dùthaich, agus cha robh iad cho tìtheach air tòir a' Phrionnsa.

Chaidh Tearlach do Dhùthaich Mhic-Dhòmhnuill-duibh far an do chuir a seachad an ùine air feadh bheanntan fiadhaich na dùthcha sin, le Mac-Dhòmhnuill-duibh agus Tighearna Chluainidh, gus an treas-là-deug de mhìos meadhonach an fhogharaidh nuair a fhuair e fios o Fhear Ghlinn-aladail gu'n d' thàinig na soithichean a bha ri e féin agus r'a chàirdean a ghiùlan do'n Fhraing. An uair a fhuair e 'n sgeul aoibhneach so, thug e féin agus a chàirdean orra gu grad do Mhùideart.

Is furasd' a smaointeachadh gum bu goirt a chridhe nuair a thàinig e a ris an sealladh an àite sin far an do thog e ceithir mìosa-deug roimhe sin, a bhratach ri crann. Bha e san àm sin ann an àird' a dhòchais, bha fiughair aige ri rioghachd a shinnsir; agus cha robh r'a chluinntinn san àite sin ach iolach-shòlais o mhoch-thràth gu feasgar, mar a bha na Fineachan treuna Gàidhealach a' cruinneachadh le piob is bratach mu'n cuairt da. A nis, tha e 'dlùthachadh air an àite cheudna 'na fhògarach bochd, a cholann air call a dreach, agus 'inntinn fo bhuaireas trom. Bha a luchd-comhaideachd air an claidh le h-ànradh, air call na bh' aca de'n t-saoghal, agus an luchd-millidh anns gach àit air an tòir; a h-uile ni a' cur 'na chuimhne gu'n robh gach dòchas agus dùil a dh' àraich e riamh a nis air an am mùchadh gu bràth.

#### AM PRIONNS' A FAGAIL ALBAINN.

"Ach 's fheudar dhomh-sa nis falbh uaibh,  
A Ghàidheala calma mo ghràidh;  
Bu mhòr m' earbs' as 'ur fòghnadh,  
Ged a dh' fhòghnadh dhuinn san àr;  
'S iomadh ana-cothrom a choinnich  
Sinn, sa' choinne 'bha gun àgh;  
Ach gabhaidh mis' a nis mo chead dibh  
Uine bheag; ach thig mi tràth."

Ràinig e 'n tràigh far an do labhair e riu-san a lean e le misnich agus le bàidh mhóir. O bhùil gach treun-fhir dhìleis a bha làthair, bha na deòir a' tuiteam gu frasach agus cha robh r'a chluinntinn ach an osna throm. "Pillidh mi fhathast, mo chàirdean dileas," deir Tearlach, " biodh agaibh-se deagh mhisneach, théid sinn fhathast do'n àrfaich le chéile; ithidh agus òlaidh sinn ann am pàilliunaibh an Rìgh, agus an sin chithear an spéis a th' agam-sa do na Gàidheil." Bha e 'n sin car tamuill 'na thosd, agus tharuing e osna throm—cha b' urrainn e cumail na b' fhaide air féin; b' éigin d'a dheòir tuiteam. Chaidh e féin agus ceud d'a luchd-leanmhuinn air bòrd na luingeis agus chuir iad air ball fa-sgaoil. Sheas iad a mach gu fairge, thàinig an soirbheas 'nan déidh; sgaoil iad gach seòl ri crann; chunnacas iad mu thràth feasgair a mach eadar Eilean-nam-Muc is Coia; agus mu 'n deachaidh a' ghrian fodha, ghiùlaineadh air falbh an t-aon mu dheireadh de na Stiùbhartaich o dhùthaich a shinnsir.

## VI.

### FEARACHAR AGUS NA SITHICHEAN.

Leis an t-Urramach IAIN MACRUAIRIDH, nach maireann.

BHA duine àraidh air taobh an iar Uidhist mu thuath do'm b'ainm Fearachar. Bha'n duine so, mar is minig a bha fear a bharrachd air, 'na dhuine leasg, somalta nach deanadh mórán obrach nam faigheadh e daoine cìle a dheanadh air a shon i. Anns a' gheamhradh chuir e cruach mhath arbhair a steach do'n t-sabhal.

Thachair dha radh gu'm b' fhearr leis gu'n robh a h-uile sithiche a bh' ann aige gus gu'm buaileadh iad an t-arbhar dha.

Chuala na sithichean e, oir tha e coltach gu'n robh claisneachd mhath aca. A bharrachd air so, tha e coltach gu'n robh comas aca air a bhith làthair am measg dhaoine ged nach robh e comasach do dhaoine am faicinn.

A nis tha e air aithris gu'n robh aon latha 's an t-seachdain air am feumadh iad obair sam bith a dh' iarrteadh orra a dheanamh, co-dhiubh bhiodh iad toileach no nach bitheadh. B'e 'n latha so, mur do mheall mo chuimhne mi, Di-sàthairne. B'e so an latha air an do thachair do Fhearachar an òrdachadh.

Agus cha bu luaithe a dh' òrdaich e iad na thàinig iad 'nan ceudan gu dorus an t-sabhail, agus iad uile a' glaothaich, "Obair, obair, 'Fhearachair.'" Ghabh Fearachar an t-eagal an uair a chunnaic e na thàinig dhiubh. Bha fhios aige gu'n robh a bheatha ann an cumart mur tugadh e obair gu leòr dhaibh an déidh dha an òrdachadh. An uair a leig e steach do 'n t-sabhal a' mhead 's a shaoileadh e a gheibheadh àite gu leòr ann gu bualadh an arbhair, thuirt e ris an fheadhain a b' fhaisge air an dorus, "Cumaibh a muigh na bhios ag iarraidh tighinn a steach, agus cumaibh a stigh na bhios ag iarraidh a dhol a mach."

Chuir Fearachar na fir a bh' anns an t-sabhal gu obair.

An àite an cur a bhualadh mar a bha dùil aige dheanamh, is ann a thug e orra teannadh ri spioladh an t-sìl bhàrr an fhodair. Bha iad ann cho lionmhor, agus bha iad cho ealanta air an obair 's nach robh iad ùine mhór sam bith ris an obair a bh' aca ri dheanamh. An déidh dhaibh an siol a thoirt uile bhàrr an arbhair, thug e orra am fodair a chrathadh 's a cheangal. An uair a bha iad ullamh dhe so, thug e orra an siol a chàthadh le'n anail. Thug iad uile an aon ghlaodh asda, ag ràdh, "Obair, obair, 'Fhearachair.'"

A nis mur faigheadh iad obair gu leòr uaithe, bheireadh iad a bheatha dheth. Ach ged a bha Fearachar leasg, bha e glé ghleusda mar is minig a bha fear dhe 'sheòrsa. An uair a chunnaic e gu'n robh iad air thuar a dhol an sàs ann gus a mharbhadh, dh' òrdaich e dhaibh a dhol a dh' ionnsuidh a' chladaich, agus sùgan gaineambaich a dheanamh. An uair a chual' iad so, dh' fhalbh iad gu bog, balbh, agus cha'n fhaca e riamh tuilleadh iad.

## VII.

### AN DUINE AIG AN ROBH AN ASAL.

Le TORMOD MACLEOD, D.D.

THAINIG moran litrichean d'ar n-ionnsuidh air a mhios a dh' fhalbh; cuid 'g ar moladh agus cuid 'g ar di-moladh. Cuid a' gealltuinn gu'n seas iad leinn a dheòin no dh' aindeòin, agus fear no dhà, eadar feala dhà 's da rìreadh a' bagradh cùl a chuir ruinn, mur dean sinn sud 's mur dean sinn so. Is fur-asda coir 'fhaotainn agus is tric a shaoileas am fear a bhios 'na thamh gur e fhein as fhèarr làimh air an stiùir. An uair a

leughas sinn gach comhairle agus seòladh a tha sinn a' faotainn agus moran dhiubh colg-dhireach an aghaidh a' cheile cha mhór nach 'eil ar cinn nam breislich. Uime sin o nach urrainn duinn gach comhairle a ghabhail 's éigin duinn ar dòigh fhein a ghabhail; mu'n tachair dhuinn mar a dh' éirich de'n duine bhochd aig an robh an asail:

Bha roimhe so duine còir agus a mhac a' dol a dh' ionn-suidh na féille le asail. Bha iad a coiseachd agus an asal ac' air thaod. "Nach tu am burraidh (ars' an ceud neach a thachair orra) nach 'eil a marcachd na h-asail!"

Cha luaithe a chual' an seann duine so na chuir e 'mhac air an asail agus dh' fhalbh e fhein gu sunndach suilbhir r'a thaobh.

Thuir an t-ath fhear a thachair orra ris an òganach, "Am beil e ceart, dligheach, gu'm biodh tus' a' marcachd na h-asail an uair a tha t' athair aosda agus lag a' siubhal d'a chois?" Cha bu luaithe a chual' an seann duine so na thug e air a mhac teachd bhàrr na h-asail agus chaidh e fhéin air mharcachd. "Am beil sibh a' faicim (thuir an treas fear) mar tha 'n duine làidir, leisg so a' marcachd, an uair a tha a mhac òg, sgìth agus crùbach ag imeachd d'a chois!" Cha bu luaithe chaidh na a radh na thog an seann duine a mhac suas air a chùlaobh.

"Guidheam ort (thuir an ceathramh fear) am buin an asail so dhuit fhein?"

"Buinidh" thuir an seann duine. "Cha smaointicheadh aon sin (thuir aon eile ris) do bhrìgh gum beil thu 'g a cur thar a luchd; tha thu fhéin agus do mhac na's comasaiche air an ainmhidh a ghiùlan, na tha 'n t-ainmhidh air sibhse a ghiùlan."

"Ni air bith g'ur toileachadh," thuir an seann duine agus air teàrnadh dha fhéin agus d'a mhac ghiùlain iad an asail thar na drochaid a bha 'stiuradh chum a' bhaile. Chruinich an sealladh iongantach so moran sluaigh cuideachd; agus an uair a bha iad a' fanaid air an t-seann duine agus air a mhac agus a dluthachadh riu le iolach mhòir ghabh an asail eagal—rinn e strì gu faotainn air falbh—bhris i 'n gad a bha 'ga ceangal, agus 'na cabhaig gu dol as chaidh i thar na drochaid agus bhàthadh í.

Mar thachair do'n duine shocharach so le bhi 'feuchainn ris gach neach a thoileachadh 's ann ceart mar sin a dh' éirich dhuinne na'n leanamaid na h-uile comhairle 'tha sinn a' faotainn,



## VIII.

## AN T-EILEAN SCIATHANACH.

Leis an t-Urramach ALASDAIR MAC GHRIOGAIR,  
nach maireann.

CHA'N fhurasda gun teagamh cunntas a thoirt air “ Cuith-fhraing,” a bheir beachd ceart, soilleir air uile mhaise agus bhoichead an àite mhiorbhuilich sin. 'S e 'm filidh deas-bhriathrach a mholadh gu dligeach e. Ochan! mata, nach e a bheireadh mìon-chunntas air oirdheirceas Chuithfhraing! Anns an àite iongantach sin tha mìr comhnard fearainn air a dhealachadh agus air a chleith ann an uchd ard-chreige corr-uich, a bheireadh ni 's leòir do 'n chat a dìreadh. Tha 'bheinn anns am bheil an comhnardan sin air a dhruideadh suas, mar mhìle troidh air àirde. Air an taobh tuath tha aghaidh na beinne so garbh, rocach, carraigeach, le stùcaibh arda agus colmhuinnibh biorach, geur, glasa, ag éirigh suas.

Chithear an sud agus an so sgoltan caol, dubh-ghàgan dorcha, agus sgrìochan riobhagach, tana, a 'gearradh agus a breacadh gnùis na carraige, agus 'ga fàgail mar gu'm biodh i air a snaidheadh sìos le gilbìbh geur nan Ciclops, no le famhairibh alluidh, fiadhaich, le an acfhuinnibh gràbhadaireachd aca 'nan lamhaibh treun. Ann an aghaidh na creige moire sin, mata, tha comhnardan àillidh Chuithfhraing air fholuchadh, agus air a chuairteachadh le dìon-bhallachaibh corrach, a ta 'g éirigh suas 'nan colbhaibh àrda chum nan neul.

Tha fosgladh mór, cas ann, trìd am faigh am fear-turuis le strì a stigh dh' ionnsuidh an reidhleìn thaitnich, uaine sin a ta roimhe; ach air faotainn dha a steach, tha 'inntinn aige air a lionadh le h-iongantas a thaobh an t-seallaidh air an tuit a shuilean. Cha chreid e a leirsinn fein agus bidh e an teagamh am bheil na nach 'eil a shuilean 'g a mhealladh. Chithear barr-mhullach nan stùc ceithir-thimchioll, a casadh gu greannach suas, ach tha gach stùc air a bhonn fein a' seasamh mar fhreiceadan air ceann àrd na slighe.

Cha'n 'eil neach sam bith nach saoilleadh gur iad ionadan comhnuidh chreutair neo-thalmhaidh a ta air an sgaoilleadh a mach fa chomhair nan sùl.

An uair a dh' amhairceas neach gu geur air gach sturraig agus binnean, a ta air an suidheachadh air gach taobh, tha 'n inntinn a dealbhadh riochd-chreutairean de gach cumadh

gun àireamh, mar gu'm biodh iad air an gearradh a mach le laimh theòma fir-ealaidh, air aghaidh nan creag. Chithear mar anns na h-èibhlibh 's a ghriosaich, coin, eich, féidh, earbadan, caisteanan, laochraidh, agus riochdan de gach gnè, gu friotalach, frionasach a' casadh an aghaidh a chéile. Cha sgithich neach sam bith aig am beil tlachd ann an oibrigh miorbhuileach a' chruthachaidh, ann a bhi 'g amharc air garbh-ghnùisibh nan turaidean agus nan geur-spiricean a ta 'cuairteachadh an ionaid neonaich sin.

---

## IX.

### AM FEAR AIG AN ROBH CAINNT NAM BEOTHAICHEAN.

BHA tuathanach ann roimhe ro aig an robh cainnt nam beothaichean. Bha cuing no dhà de dhaimh aige, agus asal. Bhiodh na daimh a h-uile là a mach ag àr ach cha bhiodh an asal ri car oibre ach 'g a cluith fhéin.

Fearsgar a bha 'n sin thainig na daimh a stigh 's iad ro sgith an déidh moran glasaich a thionndadh, 's thuirt fear dhiubh ris an asail gur h-ann aice bha 'n saoghal math dhe seach acasan: iadsan 'g am pianadh gach latha bho mhoch gu dubh, 's ise gun char aice 'g a dheanamh ach 'g a biathadh air stall leis gach ni a b' fhearr na chéile. "Ro cheart," ars' an asal, "ach ma ghabhas tusa mo chomhairle-sa, bidh an saoghal ceudna agad fhéin." Thuirt an damh còir gu'n gabhadh 's gu'm biodh e ro thaingeil air son a faighinn. "Gabh thusa ort a bhi gu tinn," ars' an asal, "'s na ith ni, ciod sam bith a chuirear air do bheulaobh, agus chì thu an cùram a ghabhar dhiot."

Bha an tuathanach ag éisdeachd riutha, ach cha robh a chridhe aige innse do dh-urra sam bith—na'n innseadh e smid de na chual' e chailleadh e eòlas nan cànan. Chaidh e dhachaidh 's cha do ghabh e guth air. Cha b' fhada bha e stigh an uair a thainig fios-cabhaig a mach air—gu'n robh fear de na daimh gu tinn. Chuir an sgalach làn na prasaich de na h-uile ni a b' fhearr na chéile air beulaobh an daimh, 's chuir e leaba mhath fhodair fotha, agus dh' fhàg e an oidhche sin e. Anns a' mhaduinn dh' iarr an tuathanach orra an asal a' chur 'san éill an àite an daimh, agus an aire thoirt nach caomhnadh iad

i. Rinn iad so. Mu 'n mheadhon-latha bha 'n t-asal an imbis géilleadh, ach an àite a toirt as a' chrann, is ann a chaidh fear is gàd seilich aige g'a greasad, gus ma dheireadh gur h-ann air an amall aice a bha an tarrainn uile. An uair a' sguir iad mu fheasgar, chaidh an tuathanach do'n stàball dh' fhiach ciod an naidheachd a bhiodh aig an asail. Thoisich an cnacas. "Is mise nach robh a' tuigsinn ur cor-se roimhe so," ars' an asal, "cha'n urrainn domh mìr bìdh a ghabhail an nochd leis an sgìos. Bha m' fhallus 'g am dhalladh fad an latha, 's an uair a theannainn ri stad, is ann a gheabhainn stràc-bàis de ghad seilich. Thaitinn e gasda ris an tuathanach mar a rinn iad air an asail, agus mu'n d' thàinig an cnacas gu ceann, dh' fhalbh e dhachaidh.

Aig a shuipèir cha b' urrainn da cumail air fhein leis a' ghàireachdaich, 's e cuimhneachadh mar a dh' éirich do'n asail. Cha robh fhios aig a mhnaoi ciod a bh' air aire, cha b' urrainn d'i ceann-fàth a chridhealais a dheanamh a mach, agus rud nach robh mi-nàdurra dhi cha robh i idir toilichte. Dh' fharraid is dh' fharraid i dheth e ach chan innseadh e guth dhi. Is e bh' ann gu'n d' fhàs i gu tinn, trom, teth 's thugar an leaba oirre—shaoileadh coigreach nach beireadh an uair oirre!

Mu'n àm so bha coileach òtraich a' spaidsearachd aig an dorus agus dà chearc dheug aige.

Rinn te de na cearcan car air choirigin nach do chòrd ris a' choileach, 's ghabh e oirre gu math 's gu ro mhath, 's rinn e an sin trì glaoidh mhóra. Co bh' aig an dorus aig a' cheart àm ach cù 's rinn e dunnal mór.

Bha an tuathanach a' cluinntinn so agus 'g a thuigsinn. Ciod a bha 'n cù ach a' trod ris a' choileach a chionn a bhi ri leithid de dh' fhuaim 's bean-an-tighe ris a bhàs. Bha an coileach ag radh ris a chù gu'n robh dà mhnaoi dheug aige 's nach robh chridhe aig te dhiubh urad 's gog a dheanamh 'na aghaidh. "Am faca tu mar a rinn mi air an te ud a chionn nach deanadh i mar a dh' iarr mi," ars' esan, "na'n deanadh fear-an-tighe mar sid air a mhnaoi, cha bhiodh ni oirre—am beil oirre ach an droch nàdur.

Thuig an tuathanach gur h-e na dùisealan a bha cur air a mhnaoi, a bhuidheachas sin do dh' eòlas nan cainntean, agus mar a dheanadh duine glic 's a' chàs, leig e leatha gus an d' thug a sròn comhairle oirre, 's bha i riamh tuillidh na mhnaoi mhath.

## X.

## BATHADH A' CHUILEIN.

Le DOMHNULL MAC EACHARN.

LATHA de na laithean 's an cuilean 's mi féin an àird ar làn-aighir, thuit leabhar bhàrr a' bhuird 's mu'n d' thug mise fainear ciod a thachair, fhuair esan greim air an leabhar agus stròic e làn a chraois de dhuilleagan as. 'Nuair a thug mi uaithe an leabhar 's a chunnaic mi gu'm b' e'm Biobull a bh' ann, ged a thuiteadh cabar-droma an tighe air mullach mo chinn cha b' urrainn da tuillidh pairilis a chur orm. 'Nuair a fhuair mi lùth na teanga, dh' innis mi do'm sheanamhair ciod a thachair; cha b' urrainn dise bheag de chomhfhurtachd a thoirt domh, 's 'nuair thainig mo sheanair dhachaidh 's a fhuair e dhinneir, chaidh innseadh dha mu'n mhi-fhortan a thachair. Chaidh binn a chuilein a thoirt a mach air ball 's b'e sin, a bhàthadh gun mhionaid dàlach; 's air son mo chodach-sa de'n ghnothach, 's ann orm a thainig a bhinn sin a thoirt gu buil; 's e sin ri radh 's ann domh a b' éigin mo chompanach beag boidheach a chur gu bàs. Thog mi leam e ann am bhroilleach, 's mo chridhe 'n ìmpis sgàineadh, 's o'n a bha'n t-uisge a sileadh gu trom chomhdaich mi e le sgiath mo pheiteig g'a chumail tioram. 'Nuair a rainig mi'n linne dhubh 's am biodh iad a bàthadh chon is chat, bha i 'g amharc cho dorcha, dhuaichnidh 's nach robh de chruas-cridhe agam na leigeadh dhomh a thilgeil innte. Thill mi ceum air m' ais o bhruaich na h-aibhne 's chaidh mi stigh fo phreas beag seilich, 's chrùbain mi'n-sin gus an robh mi cho fliuch 's ged a bhithinn air mo thumadh 's an abhainn. Cia fhad a dh' fhanainn mar sin na maireadh solus latha, cha'n fhios domh; ach bha e nis a' fàs dorcha, 's an t-àm a' dluthachadh anns am biodh taibhsean ag èaladh mu'n cuairt.

Bha bòcain, buidsichean, sithichean, 's gach ni de'n t-seors' air an cuala mi riamh iomradh a tighinn am chuimhne 's mi làn-chinnteach nach b' fhada gus am biodh iad ann am shealladh. Fliuch gus an craicionn, air chrith leis an fhuachd, 's ach beag as mo chiall leis an eagal, leum mi air mo bhonn 's ghabh mi roid chum bruach na h-aibhne 's thilg mi'n dùile bheag 's an linne. Thug e aon sgàl as 'nuair a thilg mi e; cha d' éisd mi tuillidh: ghlaodh is chaoin mi, 's theich mi cho luath 's a bheireadh mo chasan mi.

'Nuair a rainig mi 'n tigh chaidh mi dìreach do'n chùileig sheomair 's an robh mi cadal; thilg mi dhiom m' aodach s leum mi do'm leabaidh. Chaoin mi an sin gus an robh mi a' call mo chli. Cha bu luaithe thigeadh neul cadail orm, na bha sgàl dheireannach a' chuilein a' tighinn 'nam chluais, 's bha mi's a mhionaid am làn fhaireachadh.

Mhair an gnothach mar sin fad finn foinneach na h-oidhche. 'S a' mhaduinn bha mise cho tinn 's nach b' urrainn domh mo cheann a thogail bhàrr an adhairt. Thòisich mo sheanamhair chaomh air mo dhoctaireachd. Cha d' thuirt i facal mu'n chuilean, ach tha mi làn chinnteach gu robh fhios aice ciod a bha cearr. Bha dithis 's an tigh an latha sin aig an robh ionndrainn gle ghoint. B' iad sin màthair agus companach a' chuilein, 's bha iomadh latha 'na dhéidh sin mu'n deachaidh sgàl a' chreutair bhig á m' chluais.

---

#### SEAN-FHOCAIL.

1. Na trì seoid mara—an giomach, an runnach 'san ròn.
2. Is corrach gob an dubhain.
3. Paisg mo chaibe, faigh mo ribe, chuala mi gug-gùg 's a' chuan. (St Kilda).
4. Cha d' thàinig tràigh gun mhuir-làn na déidh.
5. Tiugainn ars' an rìgh; fuirich ars' a' ghaoth.
6. A bheinn is àirde 'tha 's an tìr 's ann oirre is fhaide 'laigheas ceò.
7. Gaoth tuath, a ruaigheas ceò.
8. Is mairg a chuireadh an àir air a chinneadh fhéin.
9. Obair latha tòiseachadh.
10. Na cuir 's na seachain an cath.
11. Fàg roimh deireadh na féille.
12. Fear nach cuir ris an fhuachd, cha bhuaib e ris an teas.
13. 'S fhearr caraid 's a' chùirt na crùn 's an sporan.
14. Is treise tuath na tighearna.
15. Is cruaidh geum bà 's a' bhuaile choimhich.
16. Is e 'farmad a nì treabhadh.
17. Is minig 'bha rath air leirist.
18. Is math an sgàthan sùil caraid.
19. Gille luideagach is loth pheallagach, dithis air nach bu chòir dimeas a bhi.

20. Comhairle caraid gun iarraidh, comhairle nach d' fhuair  
a riamh am meas bu chòir di.
21. Is luath each-iasaid.
22. Innleachd seilg, sior leanmhainn.
23. 'S iomadh rud buidhe 's cha'n n' e an t-òr.
24. Nuair a thig an latha, thig comhairle.
25. Is geal leis an fheannaig a h-isean.
26. Tri nithean gun iarraidh, an t-eagal an t-eudach 's an gaoth
27. "I mo chridhe, I mo ghràidh  
Far an robh guth manaich bidh geum bà  
Ach mun tig an saoghal gu crìch  
Bidh I mar a bha."
28. Bàs agus imrich a mhillas tigheadas.
29. Ruigidh each mall am muileann.
30. Fear a thig gun chuireadh suidhidh e gun iarraidh.
31. Cha trom leis an fhiadh a chabar.
32. Cha trom leis an loch an iach.
33. Tri aois coin, aois eich  
Tri aois eich, aois duine  
Tri aois duine, aois fèidh  
Tri aois fèidh, aois firein  
Tri aois firein, aois craoibh-dharaich.
34. Anail a' Ghaidheil—am mullach.

## POETRY.

---

### I.

#### AN GLEANN SAN ROBH MI ÒG.

[By NEIL MACLEOD.]

Nuair philleas ruinn an samhradh,  
 Bidh gach doire 's crann fo chròic ;  
 Na h-eòin air bhàrr nam meanglan  
 'Deanamh caithreim bhinn le 'n ceòl ;  
 A' chlann bleag a' ruith le fonn  
 Mu gach tòrn a' buain nan ròs—  
 B' e mo mhiann a bhith san àm sin  
 Anns a' ghleann san robh mi òg.

Sa' mhaduinn 'n àm dhuinn dùsgadh,  
 Bhiodh an driùchd air bhàrr an fheòir ;  
 A' chuthag is gug-gùg aic'  
 Ann an doire dlùth nan cnò ;  
 Na laoigh òg a' leum le sunnd,  
 'S a' cur smùid air feadh nan lòn ;  
 Ach cha 'n fhaicear sin san àm so  
 Anns a' ghleann san robh mi òg.

'N àm an cruinneachaidh do 'n bhuailidh  
 B'e mo luaidh a bhith 'nan còir ;  
 Bhiodh a duanag aig gach guanaig,  
 Agus cuach aice 'na dòrn ;  
 Bhiodh mac-talla 'freagairt shuas—  
 E ri aithris fuaim a beòil—  
 Ach cha chluinnear sin sam àm so  
 Anns a' ghleann san robh mi òg.

Ann an dùbhlachd gharbh a' gheamhraidh  
 Cha b' e àm 'bu ghainn' ar spòrs ;  
 Greis air sùgradh, greis air dannsa,  
 Greis air cainntireachd is ceòl ;

Bhiodh gach seanair aosmhor, liath,  
 'G innseadh sgialachdan gun ghò  
 Air gach gaisgeach fearail, greannmhor  
 Bha sa' ghleann nuair bha iad òg.

Bha de shòlas dhe gach seòrs' ann  
 'Chumadh òigrìdh ann am fonn ;  
 Cha robh uisge, mui', no mòinteach  
 Air an còmhdach bho ar bonn ;  
 Ach an diugh tha maor is lann  
 Air gach alltan agus ób ;  
 Cha 'n 'eil saorsa sruth nam beanntan  
 Anns a' ghleann san robh mi òg.

Tha na fàrdaichean 'nam fàsaich,  
 Far an d' àraicheadh na seòid,  
 Far 'm bu chridheil fuaim an gàire,  
 Far 'm bu chàirdeil iad mu 'n bhòrd,  
 Far am faigheadh coigreach bàidh,  
 Agus ànrach bochd a lòn ;  
 Ach chan fhaigh iad sin san àm so  
 Anns a' ghleann san robh mi òg.

Chaochail maduinn ait ar n-òige  
 Mar an ceò air bhàrr nam beann ;  
 Tha air càirdean 's ar luchd-eòlais  
 Air am fògradh 'bhos is thall ;  
 Tha cuid eile dhiubh nach gluais,  
 Tha 'nan cadal buan fo 'n fhód,  
 'Bha gun uaill, gun fhuath, gun antlachd  
 Anns a' ghleann san robh mi òg.

Mo shoiridh leis gach cuairteig  
 Leis gach bruachaig agus còs  
 Mu 'n tric an robh mi 'cluaineis  
 'N àm 'bhith 'buachailleachd nam bó—  
 Nuair a thig mo réis gu 'ceann,  
 Agus feasgar fann mo lò,  
 B' e mo mhiann a bhith san àm sin  
 Anns a' ghleann san robh mi òg.



## II.

## DO 'N CHUTHAIG.

[By Dr MACLACHLAN of Rahoy.]

Fàilt' ort féin, a chuthag ghorm,  
 Le d' òran ceòlmhor, milis;  
 'S e seirm do bheòil sa' Chéitein òg  
 A thogadh bròn o m' chridhe.

'S ro bhinn leam d' fhuaim sa' mhaduinn chéit,  
 'S tu air bàrr géig san innis,  
 No 'm feasgar ciuin aig bun nan stùchd  
 Nuair bhiodh an drùchd a' sileadh.

O! innis c' àit an robh do thriall  
 Nuair bha na siantan fionnar;  
 N' an robh thu tosd gun chàil, gun toirt,  
 An còs a' chnuic fo dhubhar?

'S mór m' fharmaid riut, 'chuthag chaomh,  
 Cha dean thu bròn 'nad shiubhal;  
 'Chionn tha do dhoire daonnan gorm,  
 'S do chridhe daonnan subhach.

Ged theicheas tu roimh'n fhuachd air àm  
 Gum faic do ghleann thu rithis;  
 Ach nuair bheir mise ris mo chùl  
 Cha bhi mo dhùil ri tilleadh.

'S truagh nach b' urrainn domh leat triall  
 Air astar sgéith 'nar dithis,  
 Le caismeachd bhinn 'toirt fios gach àm  
 Nuair bhiodh an Samhradh 'tighinn.

## III.

## TORRADH SHIR IAIN MOORE.

[Translated by Dr NORMAN MACLEOD.]

Cha chualas fonn téise no bròn air a' mhùr,  
 Mar thog sinn a chorp air ar guailibh;  
 Cha do loisgeadh urchair le saighdear mu'n ùir;  
 Druma cha chualas a' bualadh.

Thìodhlaiceadh esan an uaigneas na h-oidhch',  
 Airm chatha a' cladhach na h-ùrach,  
 A' ghealach gu fann troi' neulaibh a' soills',  
 Leus soluis 'gar seòladh gu tùrsach.

Cha robh feum aig an laoch air cist a bhiodh buan,  
 No ollanachd anairt g'a chuairteach':  
 Ach luigh e mar ghaisgeach a' gabhail a shuain,  
 Le 'thrusgan cogaidh mu'n cuairt air.

B' aithghearr, 's bu tearc an ùrnuigh 'chaidh suas,  
 Is shil sinn na deòir gu sàmhach,  
 Ag amharc air creubh an tréin a thug buaidh,  
 Is buairte mu theachd an là maireach.

Oir thug sinn fairear a' cladhach na h-uaigh',  
 'S mar bha sinn gu' truagh 'ga dealbhadh,  
 Gu'n deanadh coigrich a saltairt le fuath,  
 Agus sinn' air a' chuan a' seòladh.

Le tàir air a spiorad gu'n deanadh an nàmh,  
 Air an uaigh so suidhe 'ga chàineadh;  
 Ach 's suarach sin dha-san a' gabhail a thàimh  
 Far an d' rinn a luchd-dàimh a chàradh.

Ghairmeadh air falbh sinn o obair a' bhròin,  
 Is cian mu'n robh crìoch air an tòrradh,  
 Chuala sinn toirm a' chogaidh 'teachd oirnn,  
 Is gaoir nan gunnacha mòra.

Ach leig sinn e sìos gu athaiseach, ciùin,  
 Mar thuit e an tréin' a mhòrachd,  
 Gun leac-lighe r'a cheann, gun chàrn os a chionn,  
 Ach sìnte le 'ghloir 'na ònrachd.

The original of the "Burial of Sir John Moore" was by  
 Rev. Charles Wolfe (1791-1823), and is as follows:--

Not a drum was heard, not a funeral note,  
 As his corse to the ramparts we hurried;  
 Not a soldier discharged his farewell shot  
 O'er the grave where our hero we buried.

We buried him darkly at dead of night,  
 The sods with our bayonets turning  
 By the struggling moonbeams' misty light,  
 And the lantern dimly burning.

No useless coffin enclosed his breast,  
 Nor in sheet nor in shroud we wound him ;  
 But he lay like a warrior taking his rest,  
 With his martial cloak around him.

Few and short were the prayers we said,  
 And we spoke not a word of sorrow ;  
 But we steadfastly gazed on the face of the dead,  
 And we bitterly thought of the morrow.

We thought as we followed his narrow bed,  
 And smoothed down his lonely pillow,  
 That the foe and the stranger would tread o'er his head,  
 And we far away on the billow.

Lightly they talk of the spirit that's gone,  
 And o'er his cold ashes upbraid him,  
 But little he'll reck, if they let him sleep on  
 In the grave where a Briton has laid him.

But half of our heavy task was done,  
 When the clock struck the hour for retiring ;  
 And we heard the distant and random gun  
 That the foe was sullenly firing.

Slowly and sadly we laid him down,  
 From the field of his fame fresh and gory ;  
 We carved not a line, we raised not a stone—  
 But we left him alone in his glory.

## IV.

## AN SAMHRAIDH.

[By EWEN MACLACHLAN.]

Moch 's mi 'g éirigh, madainn Chéitein,  
 'S drùchd air feur nan lòintean ;  
 Bu shunndach, éibhinn, càil gach creutair,  
 'Tigh 'n le gleus a 'm frògan,  
 Gu blàths na gréine 'b' àghmhor éirigh  
 Suas air sgéith nam mór-bheann,  
 'S i 'teachd o'n chuan gu dreachmhor, buadhach,  
 Rioghail, uasal, òr-bhuidh'.

Bu chùirteil, priseil, foirm gach eòin—  
 An cuantal òrdail, greannmhor—  
 'Cur sìos an sgeòil is blasda glòir,  
 Air bhàrr nan òg-mheur samhraidh,  
 Le 'n ribheid chiùil gu fonnmhor, dlùth,  
 Na puirt bu shiùbhlach rauntachd ;  
 'S mac-tall' a' freagairt fuaim am feadain,  
 Shuas 's na creagan gleanntach.

B' e m' éibhneas riamh nuair dh' éireadh grian,  
 Le 'ciad ghath tiorail, blàth oirnn,  
 Bhith 'ceumadh sìos gu beul nam mìn-shruth  
 'S réidh-ghorm lì mar sgàthan ;  
 A' snàmh air falbh, gu sàmhach, balbh,  
 Gu cuantan gailbhinn sàil' ghlais,  
 Troimh luban cam', le sraithean ghleann,  
 Tha tilgeadh greann a' Mhàirt diubh.

O Shamhraidh gheugaich, ghrianaich, cheutaich,  
 Dhuillich, fheuraich, chiùin-ghil,  
 Bho d' anail fhéin thig neart is spéiread  
 Do gach creutair diùdi ;  
 'Bha 'n sàs an slabhraidh reòt a' gheamhraidh,  
 Ann an àm na dùdlachd,  
 'S 'tha nis a' danns' feadh ghlac is ghleann,  
 Mu d' theachd a nall as ùr oirnn.

'S bu tarbhach, reachdmhor, biadhchar, pailt,  
 Le feart, do fhrasan blàtha  
 A tlig 'nan ciùraich mhaoth-bhuig dhrùchd,  
 A dòrtadh sùigh gun fhàillinn ;  
 'S ann leam is taitneach fiamh do bhrat  
 De fhùran dait' a' ghàraidh,  
 'Cur dealraidh bhoillsgeil reultan daoimein  
 Mach gu druim nan àrd-bheann.

Gach fùran maise 's àillidh dreach,  
 A fàs an cleachdadh òrdail,  
 Gu rionnach, taitneach, ciatach, snasmhor,  
 Anns an reachd bu chòir dhoibh—  
 An t-seamrag uaine 's bàrr-gheal gruag,  
 Is buidheann chuachach nòinean,  
 Lili ghucagach nan cluigein,  
 'S mìle lus nach eòl domh.

Bidh sóbhrach luaineach, gheal bhuidh', chluasach,  
 Ann am bruach nan alltan,  
 'S a' bhiolair uaine, taobh nam fuaran,  
 Gibeach, cluaineach, cam-mheur ;  
 Thig ròs nam laò is boidhche dreach  
 Na nòil na maidne samhraidh,  
 Gu riuteach, dearg-gheal, ceairsleach, dealbhach,  
 Air rinn mheabh nam fann-shlat.

An gleann fo bharrach riasgach, canach,  
 Fearach, raineach, luachrach,  
 Cu mìn-bhog, mealach, brioghmhor, bainnear,  
 Cìò is creamh mu 'n cuairt ann;  
 Bidh lom a' bhàir is reachdmhor fàs,  
 A' dol fo stràc neo-thruaillidh,  
 'S an saogh'l a' gàirdeachas le fàilt',  
 A thaobh gu'n d' fhàg am fuachd sinn.

Gur ceann-ghorm, loinneil, dos gach doire  
 Bhios sa' choille chròcaich,  
 Gu sleaghach, ard, fo iomlan blàth,  
 Bho bhun gu bhàr an còmhdach;  
 An snodhach sùghmhor thig o 'n dùslainn,  
 Anns na fiùrain nòsar,  
 A' brùchdadh meas troimh shlios nan gèug,  
 Is tlus nan speùr 'gan còmhnadh.

Gach maoth-phreas ùr gu duilleach cùbhraidh,  
 Peurach, ùbhlach, sòghar,  
 Trom thorrach, luisreagach a' lùbadh,  
 Measach, drùchdach, lòdail;  
 Le cudrom ghagan dlùth, donn-dhearg,  
 A bhios air slat nan cròc-mheur,  
 'S cho milis blas ri mil o 'n sgeap,  
 Aig seillein breac a' chrònain.

Bidh còisridh mhùirneach nan gob lùthmhor,  
 Anns gach ùr-dhos uaigneach,  
 Air geugan dlùth an duillich ùr-ghuirm,  
 Chuireadh sunnd fo 'n duanaig.  
 Thig smeòrach chùirteil, druid, is brù-dhearg,  
 Uiseag chiùin, is cuachag,  
 Le 'h-òran cianaill, fann-bhog, tiamhaidh,  
 'N g'acaig dhìomhair, uaine.

Mu 'n innsinn sìos gach nì bu mhiann leam,  
 Ann am briathran seòlta,  
 Cha chuirinn crìoch le dealbh am bliadhn'  
 Air ceathramh trian de n' b' eòl domh,  
 Mu ghlòir nan speur, san t-saogh'l gu léir,  
 A lìon le h-éibhneas mór mi,  
 Nuair rinn mi éirigh madainn Chéitein,  
 'S dealt air feur nan lòintean.

## AN CLAIGEANN.

[By DUGALD BUCHANAN.]

'S mi 'm shuidh' aig an uaigh,  
 Ag amharc mu bruaich,  
**Feach** claigeann gun snuadh air làr;  
 Do thog mi e suas,  
 A tiomach' gu truagh,  
 'Ga thionndadh mu'n cuairt am làimh

Gun àille, gun dreach,  
 Gun aithne, gun bheachd  
**Air** duine théid seach 'na dhàil;  
 Gun fhiacail 'na dheud,  
 No teanga 'na bheul,  
**No** slugan a ghleusas càil.

Gun rudha 'na ghruaidh  
 'S e ruisgte gun ghruaig;  
**Gun** eisdeachd 'na chluais do m' dhàn;  
 Gun anail 'na shròin,  
 No àile de'n fhóid,  
**Ach** lag far m' bu chòir a bhith àrd.

Gun dealradh 'na shùil,  
 No rosg uimpe dùn',  
**No** fradharc ri h-iùl mar b' àbh'st;  
 Ach durragan crom.  
 A chleachd 'bhith san tom,  
**Air** cladhach dà tholl 'nan àit'.

Tha 'n eanachainn bha 'd chùl,  
 Air tionndadh gu smùr,  
**Gun** tionnsgal no sùrd air d' fheum:  
 Gun smuainteach' ad dhàil,  
 Mu philleadh gu bràth,  
**A** cheartach' na dh' fhàg thu d' dhéidh.

Cha 'n innis do ghnùis,  
 A nise co thu,  
**Ma's** rìgh no ma's diùc thu fein;  
 'S ionnan Alasdair Mór,  
 Is tràill a dhìth lòn  
**A** dh'eug air an ètrach bhreun

Fhir-chladhaich na h-uaigh',  
 Nach cagair thu 'm chluais,  
 Co'n claiqeann se fhuaire mi m' làimh  
 'S gu'n cuirinn ris ceist,  
 Mu ghnàth 's mu'n do theasd ;  
**Ged** nach freagair e 'm feasd mo dhàn.

'M bu mhaighdeann deas thu,  
 Bha sgiamhach ad ghnùis,  
 'S deagh shuidheach' ad shùil da réir?  
 Le d' mhaise mar lion,  
 A' ribeadh mu chridh'  
**Gach** òganaich chì'dh tu féin.

Tha nise gach àgh,  
 Bha cosnadh dhut gràidh,  
**Air** tionndadh gu gràin gach neach ;  
 Marbhaisg air an uaigh,  
 A chreach thu de'n bhuaidh,  
**Bha** ceangailt' ri snuadh do dhreach.

No 'm breitheamh ceart thu,  
 Le tuigs' agus iùl,  
**Bha** réiteach gach cùis do'n t-sluagh ;  
 Gun aomadh le pàirt,  
 Ach dìteach gu bàs,  
**Na** h-eucoir bha dàicheil cruaidh?

No 'n do reic thu a' chòir,  
 Air ghlacaid de'n òr,  
**O** 'n dream d'an robh stòras pailt ;  
 Is bochdan an t-sluaigh  
 Fo fhoirneart ro chruaidh,  
**A'** fulang le cruas na h-airc?

'S mur robh thusa fìor,  
 Ann ad oifig am binn,  
 'S gu'n d' rinn thu an dìreach fìar ;  
 'S co cinnteach an ni,  
 Nuair thainig do chrìoch,  
**Gu'n** deachaidh do dhìt' le Dia.

No 'n robh thu ad léigh,  
 A' leigheas nan creuchd,  
 'S a' deanamh gach eugail slàn?  
 A d' iocshlaintibh mór,  
 A' deanamh do bhòsd,  
 Gu'n dìbreadh tu chòir o'n bhàs?

Mo thruaighe gu'n thréig,  
 Do leigheas thu féin,  
 Nuair bha thu fo eugail chruaidh:  
 Gun fhòghnadh, gun stà,  
 Am purgaid no 'm plàsd,  
 Gu d' chumail aon tràth o'n uaigh,

No 'n seanalair thu,  
 A choisinn mór chliù  
 Le d' sheòltachd a stiùradh airm—  
 Air naimhde toirt buaidh,  
 'Gan cur anns an ruaig,  
 'S 'gam fagail 'nan cruachaibh marbh?

'N robh do chladheamh gun bheairt  
 No 'n d' fhàg thu do neart,  
 Nuair choinnich thu feachd na h-uaigh',  
 Nuair b' éigin duit géill',  
 A dh' aindeoin do dheud,  
 Do dh' armailt de bhéistibh truagh?

Tha na durraig gu treun,  
 Ri d' choluinn cur séisd,  
 'S a' cosnadh ort féisd gach là;  
 Is claigeann do chinn,  
 'Na ghearasdan dìon,  
 Aig daolagan dìblidh 'n tàmh:

No 'n duin' thu bha gluas'd  
 Gu ceanalta, suairc,  
 Gu measarra, stuam', mu d' bhòrd;  
 Le miannaibh do chré,  
 Fo chuibhrichean geur',  
 'N àm suidhe gu féisd 's gu sògh?



No 'n geòcaire mór,  
 Bha gionach air lòn,  
**Mar** choin ann am feòlach dearg ;  
 A' toileach' do mhiann,  
 Bha duilich a riar,  
 'S tu géilleadh mar dhia do d' bholg ?

Tha nise do bhrù,  
 D' an robh thu a' lùb',  
 De ghaineamh 's de dh' ùir gle làn ;  
 'S do dheudach air glas',  
 Mu d' theangaidh gun bhlas,  
 Fo gheimhlichibh prais a' bhàis.

No 'm morair ro mhór,  
 A thachair am dhorn,  
 Neach aig an robh còir air tìr ;  
 Bha iochdmhor ri bochd,  
 A' cluthadh nan nochd,  
 Reir pailteas a thois 's a ni ?

No 'n robh thu ro chruaidh,  
 A' feannadh do thuath,  
 'S a' tanach' an gruaidh' le màl ;  
 Le agartas geur  
 A' glaca' h an spréidh,  
 'S am bochdainn ag éigheach dàil ?

Gun chridh' aig na daoine',  
 Bh' air lomadh le h-aois,  
 Le 'n claignibh maola truagh,  
 Bhith seasamh ad chòir,  
 Gun bhoineid 'nan dorn,  
 Ged tholladh gaoth reòt' an cluas.

Tha nise do thràill,  
 Gun urram ad dhàil,  
**Gun** ghearsom, gun mhàl, gun mhód ;  
 Mór mholadh do'n bhàis,  
 A chasgair thu tràth,  
 'S nach d' fhuiling do stràic fo'n fhòid.

No 'm ministear thu,  
 Bha tagradh gu dlùth,  
 Ri pobull an ughdarras Dé ;  
 'Gam pilleadh air ais,  
 Bha 'g imeachd gu bras,  
 Gu ifrinn na casgraidh dhéin ?

No 'n robh thu gun sgoinn,  
 Mar mhuime mu chloinn,  
 Gun churam do oighreachd Dhé ;  
 Na 'm faigheadh tu 'n rùsg,  
 Bha coma co dhiù,  
 Mu'n t-sionnach bhi stiùradh 'n treud ;

. Leam 's cinnteach gu'n d' fhuair,  
 Do dheanadas duais,  
 Nuair ràinig thu 'm Buachail' mór ;  
 Nuair chuairtich am bàs,  
 A steach thu 'na làth'r,  
 Thoirt cunntais á d' thàlant dò.

No 'n ceann thu 'n robh ciall,  
 Is eòlas air Dia,  
 'S gun d' rinn thu a riar sa' chòir :  
 Ged tha thu 'n diugh rùisgt',  
 Gun aithne, gun iùl,  
 Gun teanga, gun sùil, gun sròn ;

Gabh misneach san uaigh,  
 Oir éiridh tu suas,  
 Nuair chluinneas tu fuaim an stuic,  
 'S do thruailleachd gu léir,  
 Shios fàgaidh tu 'd dhéidh,  
 Aig durragan breun an t-sluic.

'N sin deasaichidh Dia  
 Do mhaise mar ghrian,  
 Bhiodh ag éirigh o sgiath nam beann,  
 A' cur fradhairc ro gheur,  
 Sna sùilean so féin,  
 'S iad a' dealradh mar reul ad cheann.

Do theanga 's do chàil,  
 Nì ghleusadh gun dàil,  
 A chantainn 'na àros cliù :  
 Is fosglaidh do chluas,  
 A dh' òisdeachd ri fuaim  
 A' mholaidh th' aig sluagh a chùirt.

Fhir chluinneas mo dhàn,  
 Dean aithreachas tràth,  
 'M feadh a mhaireas do shlàint 's do bheachd ;  
 Mu'n tig ort am bàs  
 Nach leig thu gu bràth,  
 Air geataibh nan gràs a steach.

## VI.

## MIANN A' BHAIRD AOSDA.

[Author unknown.]

O! càiribh mi ri taobh nan allt,  
 A shiùbhlas mall le ceumaibh ciùin ;  
 Fo sgàil' a' bharrach leag mo cheann,  
 'S bi thus', a Ghrian, ro-chàirdeal rium !

Gu socair sin san fheur mo thaobh,  
 Air bruaich nan dìthean 's nan gaoth tlàth !  
 Mo chos 'ga sliobadh sa' bhraon mhaoth,  
 'S e lùladh thairis caoin tre'n bhàr.

Biodh sòbhrach bhàn is àillidh snuadh  
 Mu'n cuairt do m' thulaich 's uain' fo dhrùchd,  
 'S an neòinean beag 's mo làmh fo chluain,  
 'S an ealbhuidh ri mo chluais gu cùbhr'.

Mu'n cuairt do bhruachaibh àrd' mo ghlinn,  
 Biodh lùbadh gheug is orra blàth ;  
 'S clann bheag nam preas a' tabhairt seinn  
 Air chreagaibh aosd', le h-òrain ghràidh.

Briseadh tre chreig nan eidheann dlùth,  
 Am fuaran ùr le torrghan trom ;  
 Is freagradh Mac-talla gach ciùil,  
 Ri srann-fhuaim sruthadh dlùth nan tonn.

Freagradh gach cnoc agus gach sliabh,  
 Le binn-fhuaim ghéir nan aighean mear ;  
 'N sin cluinnidh mise mìle geum,  
 A' ruith mu'n cuairt dhomh 'n iar 's an ear.

Sruthadh air sgéith na h-osaig mhìn  
 Glaodhain mhaoth nan crò gu m' chluais,  
 'N sin freagraidh 'mheanbh-spréidh nuair **chluinn**  
 An gineil, 's iad a' ruith a nuas.

Mu 'n cuairt domh biodh lùth-chleas nan laogh  
 Ri taobh nan sruth, no air an leirg ;  
 'S am minnean beag, de'n chòmhrag sgìth,  
 Am achlais a' codal gun cheilg.

O ! ceum an t-sealgair ri mo chluais,  
 Le srannaibh gath is chon feadh sléibh ;  
 'N sin deàrrsaidh 'n òige air mo ghruaidh,  
 Nuair dh' éireas fuaim air sealg an fhéidh.

Dùisgidh 'n smior am chnàimh nuair **chluinn**  
 Mi taimrich dhos, is chon, is shreang ;  
 Nuair ghlaodhar, " Thuit an damh," tha m' **bhuinn**  
 A' leum gu beò ri àird' nam beann.

An sin chi mi, ar leam, an gadhar  
 A leanadh mi anmoch is moch,  
 'S na sléibh bu mhiann leam bhi tadhall,  
 'S na creagan a fhreagradh do'n dos.

Chi mi 'n uaimh a ghabh gu fial  
 'S gu tric ar ceuma o'n oidhche,  
 'Dhùisgeadh ar sunnd le blàth's a crann,  
 'S 'na sòlas chuach bha mór aoibhneas.

Bhiodh ceò air fleadh a bhàrr an fhéidh,  
 Ar deoch a Tréig, 's an tonn ar ceol ;  
 Ged sheinneadh tà'isg, 's ged rànachd sléibh,  
 Sinte san uaimh bu shéimh ar neòil.

Chi mi Beinn-àrd is àillidh sgiamh.  
 Ceann-feadhna nam mìle beann ;  
 Bha aisling nan damh 'na ciabh,  
 'S i leabaidh nan nial a ceann.

Chi mi Sgur-Eilt air bruaich a' ghlinn'  
 San gair a' chuach gu binn an tòs,  
 Is Gorm-mheall àilt nam mìle giùth's,  
 Nan luibh, nan earba, is nan lon.

Biodh tuinn òg' a' snàmh le sunnd  
 Thar linne 's mìne giùth's gu luath;  
 Srath ghiuthais uaine air a ceann,  
 Is lùbadh caoran dearg air bruaich.

Bidh nighean àlainn an uchd bhàin,  
 A' snàmh le spreidh air bhàrr nan tonn;  
 'Nuair thogas i a sgiath an àird'  
 A measg nan nial, chan fhàs i trom.

'S tric i ag astar thar a' chuan  
 Gu aisridh fhuair nan ioma ronn,  
 Anns nach togar bréid ri crann,  
 'S nach do reub sròn dharaich tonn.

Bidh tusa ri dosan nan tom,  
 Le cumha trom do ghaoil ad bheul,  
 Eala, 'thriall o thìr nan tonn,  
 'S tu seinn domh ciùil an àird' nan spur.

O! éirich thus' le d' óran ciùin,  
 'S cuir naidheachd bhoich do bhròin an céill;  
 'S glacadh Mac-talla gach ciùil  
 An guth tùrsa sin o d' bheul.

Tog do sgiath gu h-àrd thar chuan,  
 Glac do luath's o neart na gaoith;  
 Is éibhinn ann mo chluais an fhuaim,  
 O d' chridh, leòint'—an t-óran gaoil.

Co an tìr o'n d' ghluais a' ghaoth,  
 Tha giùlan glaoidh do bhròin o'n chraig,  
 Oigfhir, a chaidh uainn a thriall,  
 'S a dh' fhàg mo chiabha glas' gun taic?

'Bheil deòir do roisg mu thùs na rìoghan,  
 Is mine mais', 's is gile làmh?  
 Sòlas gun chrich do'n ghruaidh mhaoith,  
 A chaidh nach pill o'n leabaidh chaoil.

Innsibh, o'n thréig mo shùil a' ghaoth,  
 C'ait 'bheil a' chuile a' gabhail tàmh.  
 Le glaothan bròin, 's na bric r'a taobh,  
 Le sgiath gun deò a' cumail blàir.

Togaibh 's càiribh mi le'r làimh,  
 'S cuiribh mo cheann fo bharrach ùr ;  
 An uair 'dh'éireas a' ghrian gu h-àrd,  
 Biodh a sgiath uain' as ceann mo shùl.

An sin thig thusa, aisling chiùin,  
 Tha 'g astar dlùth measg reul na h-oidhch' .  
 Biodh gnìomh m' oidhche ann do cheòl,  
 Is thoir aimsir mo mhùirn gu m' chuimhu'

O m'anam ! faic an rìoghain òg  
 Fo sgéith an daraich, rìgh nam blàth,  
 'S a sneachd-làmh measg a ciabhan òir,  
 'S a meall-shùil chiùin air òg a gràidh.

Esan a' seinn r'a taobh 's i balbh,  
 Le 'cridhe leum, 's a' snàmh 'na cheòl,  
 An gaol o shùil gu sùil a' falbh,  
 Cur stad air féidh nan sléibhtean mór.

Nis thréig an fhuaim, 's tha 'cliabh mìn-gheal  
 Rì uchd 's ri crìdh' a gaoil a' fàs ;  
 'S a bilean ùr mar ròs gun smal,  
 Mu bheul a gaoil gu dlùth an sas.

Sòlas gun chrìch do'n chomunn chaomh,  
 A dhuisg dhomh 'n t-aobhneas ait nach pill ;  
 'S beannachd do d'anam-sa, a rùin,  
 A nighean chiùin nan cuach-chiabh grinn.

'N do thréig thu mi, aisling nam buadh ?  
 Pill fathast, aon uair eile, pill ;  
 Cha chluinn thu mì, Ochoin ! 's mì truagh !  
 A bheanta uain' mo ghràidh, slàn leibh !

Slàn le comunn caomh na h-òige !  
 Is oigheanna bòidheach, slàn leibh !  
 Cha léir dhomh sibh : dhuibhse ta sòlas  
 Sàmhraidh, ach dhomhs' ta geamhradh caoidh.

Thig thus' le d' chàirdeas thar a chuan,  
 Osag mhìn a ghluais gu mall :  
 Tog mo cheò air sgéith do luaith's,  
 Is imich grad gu Eilean Fhlaith's,

Biodh cruit is slige làn ri m' thaobh  
 'S an sgiath a dhìon mo shinnsr' sa' chath :  
 Fosglaibhs' ! thalla Oisein 's Dhaoil !  
 'Thig an oidhche 's cha bhi 'm bard air bhrath.

Ach O ! mu'n tig i, seal mu'n triall mo cheò,  
 Gu teach nam bard air Ard-bheinn as nach pill,  
 Thugaibh dhom 'cruit's mo shlige dh' ionnsuidh 'na roid ;  
 An sin mo chruit 's mo shlige ghràidh, slàn leibh !

## VII.

## OISEAN DO'N GHREIN.

O ! thusa féin a shiubhlas shuas  
 Cruinn mar làn-sgiath chruaidh nan triath  
 Cia as tha do dhearsa gun ghruaim,  
 Do sholus a ta buan, a ghrian ?  
 Thig thu ann ad àille thréin,  
 Is foluichidh réil uainn an triall,  
 A' ghealach 'g a dubhadh san speur  
 'Ga cleith féin fo stuagh san iar.  
 Tha thusa ann ad astar a mhàin,  
 Co tha dàna bhith 'nad chòir ?  
 Tuitidh darag o'n chruaich àird,  
 Tuitidh carn fo aois is scorr :  
 Traoghaidh agus lionaidh 'n cuan,  
 Foluichear shuas an reul san speur  
 Tha thusa d' aon a chaoidh fo bhuaidh  
 An aoibhneas buan do sholuis féin.  
 Nuair dhubhas m' an domhan stoirm  
 Le torrann borb is dealan beithr',  
 Seallaidh tu 'nad àille o'n toirm  
 Fiamh-ghàir ort am bruailean nan speur.  
 Ach dhomhsa tha do sholus faoin,

'S nach faic mi chaoidh do ghnùis.  
 Sgaoileadh cùil is ór-bhuidh ciabh  
 Air aghaidh nan neòil san ear :  
 No 'nuair a chritheas anns an iar  
 Le do dhearsa ciar air lear.  
 'S maith dh' fheudadh gu bheil thu mar mi féin.,  
 San àm gu treun, 's gun fheum air àm ;  
 Ar bliadhna a tèarnadh o'n speur  
 A' siubhal le chéile gu 'n ceann.  
 Biodh aoibhneas ort féin, a ghrian,  
 'S tu neartmhor, a thriath, 'nad òige ;  
 S brònach mi-thaitneach an aois,  
 Mar ghealach fhaoin san speur,  
 A' ruith fo neul air raon,  
 'S an liath-cheo air taobh nan carn,  
 An osag o thuath air an réidh ;  
 Fear-siubhail fo bheud 's e mall.

---

An d' fhàg thu gorm-astar nan speur,  
 A mhic gun bheud, is òr-bhuidh' ciabh ?  
 Tha dorsan na h-oidhche dhuit rèidh,  
 Agus pàilliun do chlos san iar.  
 Thig na stuaigh mu'n cuairt gu mall,  
 A choimhead fir is gloine gruaidh ;  
 A togail fo eagal an ceann :  
 Ri d' fhaicinn cho àillidh 'nad shuain,  
 Theich iadsan gun tuar o d' thaobh.  
 Gabhsa codal ann do chòs,  
 A ghrian ! is till o d' chlos le h-aoibhneas.

---

### VIII.

#### FIONNGHAL IS AGHAIDH-SHNEACHDA.

[From MACPHERSON'S "Ossian."]

Cha d' fhuair duine buaidh sa' chomhstri  
 Air Starno ach Fionnghal féin.  
 Shuidh an triath 'na thalla thall,  
 An tìr nan Gall is àirde coill'.



Ghabh e Sniobhan liath 'na dhàil,  
 Is labhair e gu mall le foill ;  
 Sniobhan, a thogadh am fonn  
 Aig leac Lòduinn crom san t-sliabh ;  
 Nuair chluinneadh an fhuath-chlach an soir,  
 Thilleadh còmhrag ruaig nan triath.

“ A Shniobhain, is glaise ciabh,”  
 Thubhairt Starna nan sgiath donn,  
 “ Siubhail gu Ardbheinn nan sliabh,  
 Gu Selma, mu 'n iadh an tonn ;  
 Innis do Fhionnghal an rìgh,  
 Is gloine measg mìle triath,  
 Dha bheiream nighean a ghuth bhinn ;  
 Oigh is àillidh thog mìn-uchd riamh,  
 Cho geal a ruighe a tha cruinn,  
 'S an cobhar air druim a' chuain.  
 Caoin anam géig a' chùil duinn.  
 Grad thigeadh an rìgh air stuaigh ;  
 Thigeadh an gaisgeach nach strìochd  
 Gu nìghinn is dìomhaire ceum.”

Thàinig Sniobhan bu ghlas ciabh.  
 Chaidh Fionnghal air triall le 'shluagh,  
 Leum anam, a' lasadh, roi' 'n triath,  
 Gu àinnir nan ciabh o thuath.

“ Ceud fàilte,” thuir Starno bu chior,  
 “ A rìgh mhòir nan sliabh, ceud fàilt’.  
 Bhur beath-sa, 'ghaisgich mu 'n triath,  
 A shìl innis nan cruach àrd.

Tri lài, san talla so féin,  
 Gabhaidh cuirm is gleus fo 'r ceann ;  
 Tri lài measg ciar-thuire is féidh,  
 Am faoghaid an réidh sa' ghleann.  
 Cluinnidh òigh is àillidh bhur cliù,  
 'S i tuinidh air chùl an t-sluaigh.”

Bha bàs nam fear 'na anam borb ;  
 Thug e slig' is cuirm nam fleadh.  
 Bha amharas an rìgh mu 'cholg ;  
 Chum 'éideadh, is ghlac a shleagh,  
 Thuit eagal air sinnsire bhàis ;  
 Theich iad thall o rosg an rìgh.  
 Dh' éirich guth aoibhneis mu 'n cuairt ;  
 Bha aighear 'ga luaidh air toud.

Sheinn bàird air comhstri nam buadh,  
 'S air ard-uchd fo luaidh an tréin.  
 Thog Ullin, fear-focail an rìgh,  
 Guth binn o Chòna nam fuaim,  
 Mhol e nighean Lochlin nam frìth  
 'S triath Mhóirbheinn is àirde gruaim.  
 Chuala nighean Lochlin an ceòl ;  
 Dh' fhàg i talla dìomhair thall ;  
 Thàinig 'na h-àille dha 'n còir,  
 Mar ghealach òg o neòil air sàil.  
 Bha sgèimh mar sholus 'ga h-éideadh ;  
 Bha 'ceuman mar cheòl nan dàn.  
 Chunnaic i 'n rìgh, 'n òigh bu bheusach ;  
 Dh' éirich osna a cléibh gu mall ;  
 Bha gorm-shùil ag iadhadh os ìosal  
 Mu thriath Mhóirbheinn nan liath chàrn.

An treas là le dearsa gu iar  
 A' boillsgeadh air sliabh nan torc,  
 Ghluais Starno nam mala ciar,  
 Is Fionnghal nan sgiath 's nan lot.  
 Leith soille chaith iad san t-seilg ;  
 Bha sleagh Shelma night' am fuil.  
 Thàinig nighean Starno nach mairg,  
 A gorm-shùil fo deòir an tuil.  
 Thàinig òigh' le guth bu tlàth,  
 Gu laoch, bu shàr, rìgh Mhóirbheinn.  
 " Fhionnghail o shinnsear nan triath,  
 Na cuir earbsa 'n ardan Starno.  
 Tha 'ghaisgich ceilte san t-sliabh,  
 Sa' choille chial fo àrmaibh ;  
 Seachainn coill' a bhàis, a rìgh,  
 A threun-fhir o innis nan ràmh.  
 Thoir cuimhne air Làmh-gheal nan sonn ;  
 Cum a h-athair o òigh an uchd bhàin,  
 'Rìgh Mhóirbheinn mu 'n iadh an tonn."

Gun bhruaillein ghluais an t-òig-fhear suas,  
 A ghaisgich 'nan cruaidh ri thaobh.  
 Thuit luchd a' bhàis fo làmh gu luath,  
 Ghair Gorm-mheall mu 'n cuairt le fraoch  
 Fa chomhair an talla'n robh fleadh,  
 Chruinnich o'n t-seilg an sluagh ;  
 Thàinig borb-Starn' le 'shleagh,

Dhubb-mhala mar nial air stuagh,  
 'S a shùil mar ruadh-thein oidhche.  
 "Thig-sa," thuirt Starno na strì,  
 "Aghaidh-shneachda is mìne glòir.  
 Cha robh do chòmhradh faoin do 'n rìgh;  
 Air a làmh tha fìor-fhuil an t-slòigh."  
 Thàinig le 'dearg-shùil fo dheòir,  
 A ciabh bu chòrr a sgaoileadh àrd,  
 A broilleach bàn fo osnaidh mhóir.  
 Cho geal ri cobhar sruth nan càrn.  
 Bhuail Starno a chruaidh 'na taobh;  
 Dh'aom i mar chuithe air an t-sliabh  
 'N àm tuiteam o Liath-lic an fhraoich,  
 'S fuaim a' gluasad o 'n aonach chiar,  
 Nuair is sàmhach a' choill' 's an t-àrd,  
 Is mac-talla snàmh sa' ghleann.  
 Thug Fionnghal sùil air a shluagh,  
 Is dh' éirich a shluagh fo airm.  
 Bha 'n còmhrag mar charraid nan stuagh,  
 Chaidh Lochlin fo ruaig san stoirm.  
 Thog e òigh bu ghlaise snuadh,  
 Ainnir fharasd', bu mhìn gnè.  
 Chuir a luingeas ri iomairt a' chuain;  
 Fo Ardbheinn tha 'h-uaigh san réidh;  
 Tha stuagh mu 'tigh caol gun leus.

## IX.

## BAS DHIARMAID. -

[An Ossianic Ballad.]

Gleann-sìdh an gleann so ri 'm thaobh,  
 Far am bidh faoibh eun is lon,  
 Minic a rachadh an Fhéinn  
 Air an t-srath-so 'n déidh an con.  
 'N gleann so fo Bheinn-Ghulbain ghuirm,  
 Is àille tul-chean fo'n ghréin,  
 Cha b' ainneamh 'shruthan gu dearg  
 An déidh shealg o Fhionn na Féinn'.

Eisdibh beag, ma 's àill leibh laoidh,  
 Air a chuideachd chaoimh so uainn,  
 Air Beinn Ghulbain 's air Fionn fial,  
 Is air Mac O Dhuibhn', sgeul truagh.

Gur le Fionn bu truagh a' chealg  
 Air Mac O Dhuibhn' is dearg lì  
 Dhol do Bheinn-Ghulbain a shealg  
 'N tuirc nach feudadh airm a dhìth.

*Gràinne*—“ 'Dhiarmaid, na freagair an fhaghaid,  
 'S na tadhail am fiadhach bréig',  
 Na rach teann air Fionn Mac Cumh'll,  
 O 's cumha leis bhith gun chéil'.”

*Diarmaid*—“ A ghràidh nam ban, a Ghràinne,  
 Na toill-se nàire do d' chéil',  
 Fhreagairinn-sa guth na seilg',  
 Dh' aindeoin feirge fir na Féinn'.”

Shuidhich Fionn, is dearg dreach,  
 Fo Bheinn Ghulbain ghlais an t-sealg;  
 Chuir e Diarmaid ris an torc,  
 Mòr an t-olc a rinn 'chealg.

Ri clàisteachd comhghair nam Fiann  
 An ear 's an iar 'teachd fo ceann,  
 Dh' éirich an uath-bheist o suain  
 Is ghluais i uath' air a' ghleann.

'S e chuir, ri faicinn nan laoch,  
 An seann torc-sìdh air fraoch borb;  
 Bu ghéire 'ghàinne na sleagh,  
 Bu tréine 'fhriogh na gath-bolg.

Mac O Dhuibhn' nach d' ob dàimh,  
 Chuir e 'n t-sleagh an dàil an tuirc,  
 Bhrisear an crann leis fo thrì  
 'S a cheann gu fir anns a' mhuic.

Tharraing e 'n t-seann lann a truaille  
 A choisinn mór bhuaidh an àr  
 Is mharbh Mac O Dhuibhn' a bhéist  
 Is thàinig féin 'na déidh slàn.

A luigh sprochd air Fionn na Féinn'  
 Agus shuidh e air a' chnoc;  
 Mac O Dhuibhn' nan arm àigh  
 Ole leis a theachd slàn o'n torc.

Air bhith dha fada 'na thosd  
 Labhair Fionn 's gum b' ole r'a ràdh:  
*Fionn*—“ Tomhais, a Dhiarmaid, an torc  
 Cia meud troigh o 'shoc gu 'shàil.”

Cha do dhiùlt e achuing' Fhinn,  
 'S aithreach leinn a theachd o'n tigh;  
 Thomhais e 'n torc air a dhruim,  
 Mac O Dhuibhne nior throm troigh.

*Diarmaid*—“ Sè troighean deug dh' fhior thomhas  
 A tha 'n druim na muice fiadhaich.”

*Fionn*—“ Chan e sin idir a thomhas.  
 Tomhais e ris, a Dhiarmaid.

A Dhiarmaid, tomhais a ris  
 Na aghaidh gu mìn an torc;  
 Bu leatsa roghainn dhe 'chionn,  
 A ghille nan arm rinn-goirt.”

Dh' iompaich e, 's cha turus àigh,  
 Agus thomhais dhoibh an torc;  
 A ghuin am friogh nimhé garbh  
 Bonn an laoch bu gharg an trod.

*Diarmaid*—“ Ach deoch dhomhsa a d' chuaich, 'Fhinn,  
 Dheagh mhic mo righ do m' chobhair;  
 O'n chaill mi mo bhlàth 's mo bhrìgh,  
 Ochoin! is truagh mi mur tabhair.”

*Fionn*—Cha toir mise dhutsa deoch,  
 'S cha mhò choisgeas mi air d' ìota,  
 O'n 's beag a rinn thu do m' leas  
 'S is mór a rinn thu do m' aimhleas.”

*Diarmaid*—“ Cha d' rinn mise cron ort riamh,  
 Thall no bhos, an iar no 'n ear,  
 Ach imeachd le Gràinne am braid  
 'S a tuar 'gam thabhairt fo gheasaibh.”

Thuit e an sin air an raon,  
 Mac O Dhuibhn' nior thaobh feall,  
 'Na luighe ri taobh an tuirc,  
 Ach sin a dhàn dhut gu dearbh.

A ta se an sin fo chreuchd,  
 Mac O Dhuibhne, ciabh nan cleachd,  
 Aon mhacaomh fuileach na Féinn',  
 San tulaich so chéin am feart.

Seabhag sùil-ghorm Easa-ruaidh,  
 Fear le 'm beireadh buaidh gach uair.  
 An déidh a thorchairt le torc  
 Fo thulchainn a' chnuic so ta.

Bu bhuidhe sniomhanach a fhalt,  
 Fada rosg, geal glan a leac,  
 Guirme agus glais' 'na shùil,  
 Maise 's cais' an cùl nan cleachd.

Binneas is grinneas 'na ghlòir,  
 Gile 'na dhòid bharr-dhearg bhlàth,  
 Meud agus tabhachd san laoch,  
 Seang is saor a chneas làn.

Dh' adhlaic iad air aon tulaich,  
 Air sidhean na muice fiadhaich,  
 Gràinne Ni Chormaic O Chuinn,  
 Dà choin gheal' agus Diarmaid.

## X.

### THA TIGH'NN FODHAM EIRIGH.

#### ORAN DO THIGHEARNA CHLANN-RAONAILL.

[By JOHN MACDONALD—Iain Mac Dhughail 'Ie Lachlainn.]

*Seisd*:—Tha tigh'nn fodham, fodham, fodham,  
 Tha tigh'nn fodham, fodham, fodham,  
 Tha tigh'nn fodham, fodham, fodham,  
 Tha tigh'nn fodham éirigh.

Sud an t-slàinte churamach,  
 Olamaid gu sùntach i,  
 Decch-slàint' an Ailein Mhuideartaich,  
 Mo dhùrachd dhuit gu'n éirich.

Ged a bhiodh tu fada bhuann,  
 Dh' éireadh sunnd is aigne orm ;  
 'Nuair chluininn sgeul a b' aite leam,  
 Air gaisgeach nan gnìomh euchdach.

'S iomadh maighdean bharrasach,  
 Dha maith a thig an earrasaid,  
 Eadar Baile-Mhanaich  
 'S Caolas Bharraidh a tha 'n déigh ort.

Tha pairt an Eilean Bheagram dhiubh,  
 Tha cuid 's an Fhraing 's an Eadailt dhiubh,  
 'S cha 'n 'eil latha teagaisg,  
 Nach bi 'n Cille-Pheadair treud dhiubh.

'Nuair chruinnicheas an bannal ud  
 Bréid caol an càradh crannaig orr'  
 Bidh fallus air am malaidhean,  
 A' danns' air ùrlar déile.

'Nuair chiaradh air an fheasgar  
 Gu'm bu bheadarach do fhleasgaichean ;  
 Bhiodh pìoban mòr 'g an spreigeadh ann,  
 Is feadanan 'g an gleusadh.

Sgiobair ri là gaillinn thu,  
 A sheoladh cuan nam marannan,  
 A bheireadh long gu calachan,  
 'Le spionnadh ghlac do threun fear.

Sgeul beag eile dhearbhadh leat,  
 Gur sealgair sìthne 'n garbhlaich thu,  
 Le d' chuilbheir caol nach dearmadach,  
 Air dearg-ghreigh nan ceann eutrom.

B'e sud an leòghann aigeannach,  
 'Nuair nochdadh tu do bhaidealan,  
 Làmh dhearg is long is bradanan,  
 'Nuair lasadh meamna t'eudainn.

## XI.

## CEAD DEIREANNACH NAM BEANN.

[By DUNCAN BAN MACINTYRE—Dòmhaichadh Bàn Mac-an-t-Saoir.]

1724—1812.

Bha mi 'n dé 'm Beinn-dòrain,  
 'S na còir cha robh mi aineolach,  
 Chunna' mi na gleanntan  
 'S na beanntaichean a b' aithne dhomh:  
 B' é sin an sealladh eibhinn  
 Bhi 'g imeachd air na sléibhteann,  
 'Nuair bhiodh a' ghrian ag èirigh,  
 'S a bhiodh na feidh a lánanaich.  
 'S aobhach a ghreigh uallach,  
 'Nuair ghluaiseadh iad gu farumach;  
 'S na h-éildean air an fhuaran,  
 Bu chuannar na laoiigh bhallach ann,  
 Na maoslichean 's na ruadh-bhuic,  
 Na coilich-dhubh is ruadha,  
 'S e 'n ceòl bu bhinne chualas,  
 'Nuair chluinnt' am fuaim sa' chamhanaich.  
 'S togarrach a dh' fhalbhainn  
 Gu sealgaireachd nam bealaichean,  
 Dol mach a dhìreadh garbhlaich,  
 'S gu'm b' anmoch tighinn gu baile mi:  
 An t-uisge glan 's an t-àile  
 Th'air mullach nam beann àrda,  
 Chuidich e gu fàs mi  
 'S e rinn domh slàint' is fallaineachd.  
 Fhuair mi greis am àrach  
 Air àirighnean a b' aithne dhomh,  
 Ri cluiche, 's mire, 's mànran,  
 'S bhi 'n caoimhneas blàth nan caileagan;  
 Bu chùis an aghaidh nàduir,  
 Gu'm maireadh sin an dràs'd' ann,  
 'S e b' éiginn bhi 'gam fàgail  
 'Nuair thàinig tràth dhuinn dealachadh.  
 Nis o'n bhuail an aois mi,  
 Fhuair mi gaoid a mhaireas domh,  
 Rinn milleadh air mo dheudach,  
 'S mo léirsinn air a dalladh orm:



Chan urrainn mi bhi treubhach,  
 Ged a chuirinn feum air,  
 'S ged bhiodh an ruaig am dheidh-sa,  
 Cha dean mi ceum ro chabhagach.

Ged tha mo cheann air liathadh,  
 'S mo chiabhagan air tanachadh,  
 'S tric a leig mi mial-chù  
 Ri fear fiadhaich, ceannartach :  
 Ged bu toigh leam riamh iad  
 'S ged fhaicinn air an t-sliabh iad,  
 Cha téid mi nis g' an iarraidh  
 O'n chaill mi trian na h-analach.

Ri am dol anns a' bhùireadh,  
 Bu dùrachdach a leanainn iad :  
 'S bhiodh uair aig sluagh na dùthcha  
 Toirt òrain ùra 's rannachd dhaibh :  
 Greis eile mar ri càirdean  
 'N uair bha sinn anns na campan,  
 Bu chridheil anns an am sinn  
 'S cha bhiodh an dram oirnn annasach.

'N uair bha mi 'n toiseach m' òige,  
 'S i ghòraich a chum falamh mi ;  
 'S e fortan tha cur oirne  
 Gach aon ni còir a ghealladh dhuinn :  
 Ged tha mi gann a stòras  
 Tha m' inntinn làn de shòlas,  
 O'n tha mi ann an dòchas  
 Gu'n d' rinn nighean Deòrs' an t-aran domh.

Bha mi 'n dé 'san aonach  
 'S bha smaointean mór air m' aire-sa,  
 Nach robh 'n luchd-gaoil a b' àbhaist  
 Bhi siubhal fàsach mar rium ann :  
 'S a' bheinn is beag a shaoil mi  
 Gu'n deanadh ise caochladh ;  
 O'n tha i nis fo chaoraibh  
 'S ann thug an saoghal car asam.

'N uair sheall mi air gach taobh dhìom  
 Chan fhaodainn gun bhi smalanach,  
 O'n theirig coil is fracch ann,  
 'S na daoine bh' ann, cha mhaireann iad :

Chan 'eil fiadh r'a shealg ann,  
 Chan 'eil eun no earb ann,  
 'M beagan nach 'eil marbh dhuibh,  
 'S e rinn iad falbh gu baileach as.

Mo shoraidh leis na frìthean  
 O 's mìorbhailteach na beannan iad,  
 Le biolair uaine is fìor-uisg,  
 Deoch uasal, rìomhach, cheanalta:  
 Na blàran a tha prìseil,  
 'S na fàsaichean tha lionmhor,  
 O 's ait a leig mi dhìom iad,  
 Gu brath mo mhìle beannachd leo!

## XII.

## AN SRUTHAN.

[By DONALD MACKECHNIE—Domhnull MacEachran.]

Chunnaic mi 'n sruthan,  
 Ag éirigh 's a' mhunadh,  
 'S a' triall air a thurus,  
 Feadh ghlumag a' chàir;  
 A' fiaradh a' mhullaich,  
 'S a' siaradh na tulaich,  
 Ag iarraidh le bruthach,  
 'S a thurus gu tràigh.

A shruthain air t' athais,  
 Nach dean thu rium mailis,  
 Dé aobhar do chabhaig?  
 Fan tamull mar thà;  
 Na cluanagan uaine,  
 An achlais nam fuar-bheann,  
 Cur cagair ad chluasan,  
 Thu ghluasad gu fàil.

Chunnaic mi 'n sruthan,  
 A' tearnadh a' bhruthaich,  
 Gu mear a' cur chuir dheth,  
 'S na buinneachan blàth;  
 A' ruith mu na stacain,  
 A' leum bhàrr nam bacan,  
 Is eoin bheag 'na h-ealtainn  
 Ri caiseamachd dhà.

A shruthain, a shruthain,  
 Nach dean thu rium fuireach?  
 'S gur goirid an turus,  
   O mhunadh gu tràigh;  
 'Nuair ruigeas tu 'n réidhlean,  
 Cha bhi thu cho éibhinn,  
 'Theid moille 's a cheum sin  
   Tha eutrom an dràs.

Chunnaic mi 'n sruthan  
 Gu cianail a' siubhal,  
 A' chuing air a mhuineal,  
   'S e umhal air fàs;  
 A' gluasad gu dubhach,  
 An amar dubh giubhais,  
 A thionndadh na cuidheall,  
   Aig muileann a' ghràin.

A shruthain, a shruthain,  
 Gur mise tha duilich,  
 A' sealltainn na buile,  
   Gu'n d' chuireadh thu 'n dràs;  
 Do bhùrn air a thruailleadh,  
 Do shruth air a bhuaireadh,  
 Is barrag na druaipe  
   Mu d' bhruachan a' snàmh

Chunnaic mi 'n sruthan,  
 Seach baile nan turaid,  
 A' giùlan nan luingeas,  
   Bu truime gu sàil;  
 Air caochladh cho buileach,  
 An aogsg 's an cruitheachd,  
 Bho 'n chaochan a chunnaic  
   Mi sruthadh troimh 'n chàr.

A shruthain, a shruthain,  
 Mo bheannachd ad chuideachd,  
 Cha'n fhada ceann-uidhe  
   Nan uile bho d' chàs:  
 Tha fuaim a' chuain bhith-bhuain  
 Ad chluasan a dinneadh,  
 Gur suarach an t-slighe,  
   'S i 'n giorrad a' fàs.

Tha feasgar an latha,  
 A' tarruing am fagus,  
 An cala 's an t-sealladh,  
   'S an gabh thu gu tàmh;  
 Ach faicear thu fhathast,  
 Air sgiathan na maidne,  
 Gun smùr no gun smal ort,  
   Mar chanach a' chàir.

## XIII,

## LUACH NA SAORSA.

Stad tamul beag, a pheileir chaoil,  
 Tha 'dol gu d' uidhe; ged is faoin  
 Mo cheist—am bheil 'na d' shraon  
   Ro-ghuileag bàis?  
 Am bheil bith tha beò le anam caoin  
   Ro-sgairt o 'thamh?

An lamh a stiuir thu air do chùrs',  
 An robh i 'n dàn do chuir air iùl,  
 A dh' fhàgadh dìleachdain gun chùl  
   An tigh a' bhròin,  
 Is cridhe goirt le osann bhrùit  
   Aig mnaoi gun treòir?

An urras maith do chlann nan daoine'  
 Thu guin a' bhàis, le d' ruinn bhig chaoil,  
 A chur a'm broilleach fallain laoch  
   'S an àrfhaich fhuair?—  
 'N a eubha bàis am bheil an t-saors'  
   O cheartas shuas?

*Freagairt.*

'Na m' shraon tha caoin bhith sgairt o thàmh,  
 'Na m' ruinn bhig chaoil ro-ghuileag bàis,  
 'S an làmh a stiuir, bha dhith 's an dàn  
   Déur ghoirt do 'n truagh;  
 Ach 's uil' iad iobairt-saors' o 'n Ard;  
   Troì 'n Bhàs thig Buaidh.

## XIV.

## TUIREADH.

Dh' iadh ceò nan stùc mu aodann Chuilinn,  
 Is sheinn a' bhean-shìth a torman mulaid,  
 Tha sùilean gorm, ciùin, san Dùn a' sìleadh,  
 Bho 'n thriall thu uainn 's nach till thu tuilleadh.

Cha till, cha till, cha till Mac-Cruimein,  
 An cogadh no sìth cha till e tuilleadh,  
 Le h-airgead no nì cha till Mac-Cruimein,  
 Cha till gu bràth gu Là na Cruinne.

Tha osag nam beann gu fann ag imeachd,  
 Gach sruthan 's gach allt gu mall le bruthaich ;  
 Tha ealta nan speur feadh ghèugan dubhach,  
 A' caoidh gun d' fhalbh 's nach till thu tuilleadh.

Tha 'n fhairge fa-dheòidh làn bròin is mulaid,  
 Tha 'm bàta fo sheòl, ach dhiùlt i siubhal,  
 Tha gàrthaich nan tonn le fuaim neo-shubhach,  
 Ag ràdh gun d' fhalbh 's nach till thu tuilleadh.

Cha chluinnear do cheòl san Dùn mu fheasgar,  
 'S mac-talla nam mùr le mùirn 'ga fhreagairt,  
 Gach fleasgach is òigh gun cheòl, gun bheadradh,  
 Bho 'n thriall thu uainn 's nach till thu tuilleadh.

## NOTES

Pp. 1-54. The prose pieces are all from Dr Norman Macleod's "Caraid nan Gàidheal."

Earra-Ghàidheal or Argyle for the older Oirir-Gàidheal, "Coastland of the Gael."

P. 13, line 5: "Tirithe ìosal an eòrna." This description is interesting, as Tirithe means "Land of Corn," from old *iodh*, corn, still extant in *iodhlann*, corn-enclosure.

P. 15. The "Cuairtear nan Gleann" or Courier of the Glens was the second periodical edited by Dr Norman Macleod—in the years 1840-3.

P. 22. The "Eachdraidh Mu Bhliadhna Thearlaich" appeared serially in the "Teachdaire Gàidhealach," or Gaelic Messenger, the first of Dr Macleod's periodicals. Nearly all the poetry is from Alexander Macdonald's spirited Jacobite songs.

P. 23, line 10: Mac-ic-Ailein is the family patronymic of Clanranald, one of the oldest and strongest branches of the Clan Donald. Macdonald of Sleat (p. 24) was Sir Alexander Macdonald, ancestor of Lord Macdonald, and head of another leading branch of Clan Donald. It is an interesting fact that nearly all the gentlemen mentioned on pp. 23, 24, and 25 were Macdonald cadets.

P. 26. The line of poetry is from Alexander Macdonald, and contains no doubt a double entendre, "They would full the red cloth (of the soldiers) tightly," where *luaidheadh* can mean sending bullets (*luaidh*) into the red-coats.

P. 27, line 27: Morair Deorsa is the famous Lord George Murray.

P. 29: "Sliabh Chlambain" or Gleds-Field is the Gaelic name of Prestonpans.

P. 36. "Eaglaise-Bhreac" is the Gaelic translation of Anglie Fáh-Kirk or Speckled Kirk. It is now Falkirk.

P. 38, line 8 from the bottom: Mackintosh of Moy was the Chief of Clan Chattan, and took a lukewarm part on the King's side, while his wife, "Colonel Anne," led out the Clan—the Mackintoshes, Macgillivray's, Macbeans, and Shaws. Macpherson of Cluny led out his Clan independently of the rest of Clan Chattan.

P. 39. The escapade of Loudon towards Moyhall is known as the "Rout of Moy." The only man killed there was Macleod's piper, the famous Macrimmon.

P. 40, line 17: Mac-Shimidh is the family patronymic of Lord Lovat.

P. 41. "Blàr Chuil-fhodair"; Cuil-fhodair is a modern popular etymology in Gaelic—meaning Nook of the Fodder—of the older Culloden or Nook of the Little-pool.

Page 43. The poetry is from Macpherson's "Fingal," in Gaelic.

P. 51. The name Fionnaghal is for Fionn-ghuala, "Fair-shouldered."

P. 52, line 14: Mac-ille-Challum was the patronymic of the Macleods of Raasay.

P. 54. "Fearachar agus na Sithichean." The Rev. John Macrury, recently deceased, was minister of Suizort, Skye, and a native of Benbecula. This extract is in his beautiful native idiom. Author of "Eachdraidh Beatha Chrìosd," "Sgeulachdan Arabianach," &c.

P. 54, line 28: 'arbhar'—corn. L. 'arvum,' field.

P. 54, line 30: sithichean—the fairies—lit. "the hill-dwellers"—not "the peace-folk." 'Sidhi' was originally an Irish name for the gods, and 'sidheóga,' the Mod. Ir. term for fairies, is a dim. of 'si' 'i' and historically identical with it. Cf. 'Schiehallion'—'hill of the Caledonians.' Ir. 'sidh,' G. sithian—a fairy knoll. An interesting survival of this association of gods and fairies in the West Highlands is to be found in the place-name 'Luchruban,' Dean Munro's 'Isle of the Pigmies' at the Butt of Lewis. 'Luchruban' is really 'Lugh-chorpan,' 'little Lugh-body.' Lugh was, of course, the powerful Celtic god of arts and crafts, but he has nowadays degenerated into the fairy craftsman of fireside tales in Ireland, and is altogether unknown in Scotland.

P. 54, line 36: bhiodh no nach bitheadh.—Macrury designedly uses both forms for emphasis and contrast.

P. 54, line 37: Di-Sathuirne—L. 'Dies Saturni.'

P. 55, line 7: 'sabhul'—also 'sobhul'—'barn.' L. 'stabulum.'

P. 55, lines 9 and 11: a muigh, a mach. V. supra for cases. A muigh = E. Ir. 'im-maig' ('in' + 'maig,' dat. of 'mag'—field). Tha e muigh—he is outside—in the field. A mach = 'im-mach'—'in' + 'mach' (acc. of 'mag'). Chaidh e a mach—he went out—into the field.

P. 55, line 10: a teach—'into the house.' Acc. of motion [old G. prep. 'in' + old art. with initial 's' + 'teach' (house)]. O. Ir. 'isa tech.' L. 'tectum,' house. Cf. "Teach farsaing 's e fial failteach"—Mairi, nighean Alasdair Ruaidh.

P. 55, line 10: a stigh, 'in the house.' Dat. of rest. V. 'teach' above now displaced in Nom. by 'tigh.'

P. 55, line 23: leasg—also 'leisg,' lazy.

P. 55, line 25: thuar a dol an sàs ann—'about to seize him.'

P. 55, line 26: feala-dhà—also fealla-dhà. Perhaps from 'feall' + dhà—"double-dealing" (Macbain).

P. 56, line 2: colg-dhireach—also 'calg-dhireach, straight, direct' E. Ir., 'Colg'—sword. Cf. 'ceann-direach'—'head foremost.'

P. 56, line 32: 'tearnadh'—'descending'—here, 'alighting.'

P. 57. "An t-Eilean Sgiathanach." The late Rev. Alex. MacGregor, M.A., was minister of Kilmuir, Skye, and latterly had a charge at Inverness. He was a gifted and clear writer in English and Gaelic. The present extract, descriptive of the 'Quiraing,' an extinct volcano in Skye, is from a contribution of his to "An Gaidheal."

P. 57, line 5: 'Cuithfhraing,' Quiraing—probably N. 'kvi' + 'ra:l'—'round enclosure.' The local etymology is 'Cuithhe-Fhraing,' incorrectly Englished 'Francis's cattlefold.'

P. 57, line 7: '*filidh*'—an obsolete Gaelic term for a poet, still to be found in the Psalms. The '*filidh*' taught history and philosophy, and belonged to a higher class of poets than the bards.

P. 57, line 12: '*ni 's leoir*'—lit. 'thing that is enough.' Common form, '*'na 's.*'

P. 57, line 17: '*dubh-ghàgan*'—dark clefts.

P. 57, line 33: '*mar fhreiceadan*'—like guards.

P. 57, line 34: '*slighe*'—Ir. '*slige*,' a road, from '*sligim*,' I hew. One of the earliest traditional achievements of the Celts after thoroughly equipping themselves with implements of iron is the clearing of forests and the opening of roadways in Western Europe [c. 600 B.C.].

P. 58, line 2: '*fir-ealaidh*'—from "*fear-ealaidh*," a person of skill.

P. 58, line 14: '*cuing*'—'yoke'—prob. L. *con* + *iungere*.

P. 58, line 34: '*làn na prasaich*'—a mangerful.

P. 59, line 38: '*dùisealan*'—'slumber.' "*Crùbadh ann an dùiseil eadail*"—John MacCodrum.

P. 60. "*Bàthadh a Chuilein*." Donald Mackenzie (1836-1908) was a native of Jura, and is well known as the author of "*Am Fear Ciuil*," a collection of original poems and essays. He is one of the best writers of lucid Gaelic prose which the Highlands have produced in modern times.

P. 60, line 37: '*roid*'—a race, spring.

P. 60, lines 37, 38: '*an duile bheag*'—the tiny creature.

P. 61, 3. '*Caibe*'—'turf-cutter'; cf. '*caibe-làir*.'

P. 61, line 4: '*cli*'—strength, vigour.

P. 61, line 7: '*fad finn foinneach*'—also '*fad finn shuaimhneach*.'

P. 65. Cf. the following verses from John Logan's (1748-1788) exquisite ode, which Burke considered "the most beautiful lyric in the language:—

#### THE CUCKOO.

Hail, beauteous stranger of the grove!  
Thou messenger of spring!  
Now Heaven repairs thy rural seat,  
And woods thy welcome sing.

What time the daisy decks the green,  
Thy certain voice we hear;—  
Hast thou a star to guide thy path,  
Or mark the rolling year?

Delightful visitant! with thee  
I hail the time of flowers,  
And hear the sound of music sweet  
From birds among the bowers.

Sweet bird! thy bower is ever green,  
Thy sky is ever clear;  
Thou hast no sorrow in thy song,  
No winter in thy year.



Oh! could I fly, I'd fly with thee;  
 We'd make, with joyful wing,  
 Our annual visit o'er the globe,  
 Companions of the spring.

P. 75. "Miann a' Bhaird Aosda" has enjoyed a remarkable popularity on account of its supposed antiquity. Students of Gaelic literature, who know that literature in its ancient forms, may well doubt the antiquity of the poem from its ideas and poetic construction. Both are modern. Mrs Grant of Laggan (1755-1838) writes in one of her letters thus: "My old friend, Mr Grant of Corriemony, never forgave his being completely taken in by the 'Aged Bard's Wish.' Honest Evan Macpherson copied it, and as he valued it himself he gave it its complete appearance of antiquity in Corriemony's eyes." Mrs Grant herself was no doubt the author. There are several editions of the poem, the first being in 1776. It differs somewhat from John Mackenzie's (of the "Beauties"), which is followed here. The poem may be thus condensed: Place me by the purling streams, amongst the flowers (duly named): the hinds will run to and fro, the "lowing herd" will meet its young. I shall hear the hunter and the chase, and in thought see my former faithful hound. We used to sleep in the forest caves. I seem to see Ben-ard and other hills. The swan is introduced in verse 3 on p. 77, and several verses are devoted to its love-song. Two verses tell of parted lovers. The blind poet then comes back to his stream to dream of his own youthful love, now a vision, which he vividly recalls in the third person. Lastly, farewell the company of youth; the winds will gently waft me to Eilean Fhlaith's (—Flaitheanas, that is, always misexplained as Isle of Heroes, when it simply means Glory). Open, ye halls of Ossian and Daol (*sic!*); the bard comes; my harp and shell, farewell.

P. 79. "Oisean do 'n Ghrein," Ossian's two Addresses to the Sun. The one appears at the end of Macpherson's *Carhon*, the other at the beginning of his *Carrichura*. He left no Gaelic for the first; the Gaelic here given came from Macpherson's friend and amanuensis, Captain Morrison, who said he found it among his papers, before 1780. Anyway, it is worthy of Macpherson's Gaelic at its best. The Address was not known to the researchers for Ossianic poetry in 1763, and such an address is impossible in ancient Gaelic, either in thought or form.

P. 80. "Fingal and Agandecca" is Macpherson's English for extract VIII. It is an episode in *Fingal*, Bk. III., lines 30-142, and one of the best specimens of Macpherson's Gaelic and poetic style. Starvo is represented as King of Denmark (Lochlin, famed otherwise in Gaelic lore). He sat oversea in his hall brooding over his defeat by Fingal. He calls for Snivan, the Druid, who raised the chant at the god Lodin's or Odin's *Cromleac*—old-standing, slab-covered gravestones, once regarded as "Druidic," and certainly so by Macpherson. Lines 5 and 6 from the top of p. 81 mean: "When the spectre-stone heard the hero, the chiefs were recalled from flight by battle"—they returned and fought. Ardbheinn and Selma (*i.e.*, Sealladh math!) were Fingal's residences in (Macpherson's) Scot-

land, and Morbheinn was his kingdom. Line 17 from the top means: "Gentle (is) the soul of the maid (branch) of brown locks."

P. 83: "Bàs Dhiarmad." This is one of the so-called Ossianic Ballads; these ballads are all by unknown authors, by Ossian according to the popular fancy, save two, which the Dean of Lismore (1512) assigns to a poet, Allane M'Royree or Allan MacRory, who must have been a Scotch poet of the 15th century. The other ballad assigned by the Dean to Allan concerns the "Death of Oscar," and the Irish have it as one of the regular anonymous Ossianic ballads. Diarmad was the Apollo of the Feinne or Feians, who were ruled over by Fionn, son of Cumhal, called by Macpherson Fingal, which he spells and interprets as Fion-ghael or "Fair-Gael." Every woman fell in love with Diarmad's beauty or beauty-spot, as later tales have it, nor did he object. Grainne, daughter of King Cormac, was wedded to Fionn, but at the wedding feast she saw Diarmad, and persuaded him to elope with her from the feast. Fionn pursued the couple, and at last caught them. He would have killed Diarmad, but his men would not allow it, so he pardoned both to all appearance. The ballad tells how Fionn avenged himself. The text here given is nearly all from the Dean of Lismore; the Dean has only one conversation, that about the measuring of the magic boar, whose poisonous bristles killed the hero by wounding him in the bare feet. The scene of the tragedy is put by Allan MacRory in his, no doubt, native Perthshire, in Glenshee below Ben-gulbin.

Verse 1, line 2: *faoibh*, spoils; *lon*, the elk.

Verse 5, line 4: "Since sorrow is it to him to be without his spouse."

Verse 8, line 1: *comhghair*, shouting.

Verse 9, line 3: *gàinne*, arrow, here tusk. Line 4: *gath-bolg*, "belly-dart," Cuchulinn's great and mythic weapon.

Verse 10: *nach d' ob dàimh*, who refused not the bardic company gifts—the height of gentlemanliness.

P. 86. "Tha tighinn fodham eirigh." The author, John Macdonald, was a native of Benbecula. He composed this rousing martial lyric in praise of Allan Macdonald, of Clanranald, before the rising of 1715.

Page 86, verse 4, line 2: *rosg*, eyelash; *leac*, cheek. Line 4: *cleachd*, lock of hair.

P. 87, verse 3, line 1: '*barrasach*'—'superior,' from '*bàrr*.'

Verse 3, line 2: '*earrasaid*'—a loose garment or wrapper, formerly much worn by Gaelic-speaking women.

Verse 3, line 3: '*Baile-Mhanaich*'—"Monkton," in Benbecula.

Verse 4, line 1: '*Eilean Bheagram*'—near Howmore in S. Uist. It contains the ruins of a fortalice.

Verse 4, line 4: '*Cille-Pheadar*'—St Peter's, S. Uist. No traces of this building remain. The present church, also St Peter's, is in Daliburgh.

Verse 5, line 2: '*Breid caol*'—a ribbon.

Verse 8, line 4: '*dearg-ghreigh*'—Martin (1700) mentions red deer in S. Uist. There are none there now.

Verse 9, line 2: '*baidealan*'—'towers.' The reference is to his standard and coat-of-arms.

P. 90, verse 1, line 4: 'Càir'—foam; 'barrag'—'scum.'

P. 91, verse 6, line 7: 'druaip'—dregs.

P. 92. "Luach na Saorsa." This short and touching poem is by Lieut. Murdo Murray, M.A., a native of Back, Lewis. Lt. Murray was thrice wounded, and the poem was composed under fire in France at an early stage of the war. Lt. Murray is one of an interesting school of highly educated young bards of whom much is expected. One of the most gifted of them, Lt. John Munro, M.A., M.C., unfortunately lost his life recently in action. Both of these accomplished young men were duxes of the Nicolson Institute, Stornoway. Only considerations of space prevent us from including more of their work in the present text book.

Verse 1, line 3: 'sraon'—the ping or sigh of the bullet.

Verse 1, line 4: 'Ro-ghuileag bàis'—'sob, fortelling death.' The swan's death note is 'Guile! guile!'

Verse 1, line 6: 'Ro-sgairt o 'thamh'—'Crying out from his rest'—(i.e., before being struck).

Verse 2, line 2: 'An robh i'n dàn'—'Was it destined?'

Verse 3, line 1: 'An urras maith,' &c.—'Is it an assurance of good? &c.'

Verse 3, line 4: 'àrhaich'—'battlefield'—'àr,' slaughter.

Page 93, line 3: Dùn, the old Dunvegan Castle. Line 5: 'Mac-Cruimein.' The Mac-Crimmons were the hereditary pipers of Dunvegan. The one of them who forms the subject of this popular Lament fell at the Rout of Moy.

Page 93, line 11: 'Ealta nan speur'—'the coveys of the sky'—the fowls of heaven.

one of the correspondents of the Highland Society, writing in April 1801, forwarded a copy of an Address to the Sun which he had taken down thirty years previously from the recitation of an old man in Glenelg. This old man had learnt it in his youth long before Macpherson was born, from people in the same glen; and his manuscript, when translated, proved almost word for word identical with the passage in "Cantabrigia."

from George Eyre Todd's Introduction to the Countess of Ossian

foot note p. xvii: - of same book

The Rev. M. Clark of Kilmalie in the introduction to the new translation of Ossian (1870) quotes an advertisement from the Literary Journal of 1788 in which Mr Beckett, Macpherson's publisher, certifies that the Gaelic MSS. of Ossian have been exposed for public inspection twelve months at his shop in the Strand

Price, 1s 3d ; by Post, 1s 4½d.

# **How to Learn Gaelic**

---

ORTHOGRAPHICAL INSTRUCTIONS,  
GRAMMAR, AND READING LESSONS

With **VOCABULARY**

BY  
ALEXANDER MACBAIN, LL.D.,

AND  
JOHN WHYTE.

*FOURTH EDITION.*

The Vocabulary may be had separately; Price 3d, by Post 4d.

---

*Crown 8vo, Cloth, 280 pp. Price 3s; by Post, 3s 5d.*

# **Leabhar Nan Cnoc**

---

COMH-CHRUINNEACHADH DO NITHIBH SEAN  
AGUS NUADH

AIRSON

OILEAN AGUS LEAS NAN GAIDHEAL.

LE

**TORMOID MACLEOID, D.D.,**

MINISTER AN T-SOINGEIL ANN AN CAMPSIE.

**SECOND EDITION.**

"His translations are read like original composition, and the pieces which he composed have not been surpassed by any writer of Gaelic prose, of which Dr Macleod is the acknowledged master."—*Glasgow Herald.*

---

# **The Lost Pibroch**

---

And Other SHEILING STORIES,

By NEIL MUNRO.

TRANSLATED INTO GAELIC

By REV. ARCH. MACDONALD, Kiltarlity.

*Crown Octavo, 56 pages. Price, 1s; by post, 1s 1d.*

"NORTHERN CHRONICLE" OFFICE, INVERNESS.





PB 1525 .M32 1920 SMC  
Macbain, Alexander,  
Gaelic reader with outlines  
of grammar 3d. ed. --

